Co-chomhairleachadh air Reachdas Bile an Fhoghlaim: Sgrùdadh air na Freagairtean

Dreachd dhen Aithisg

Ògmhios 2024

Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Co-chomhairleachadh air Reachdas Bile an Fhoghlaim: Sgrùdadh air na Freagairtean

Dreachd dhen Aithisg

Màrt 2024

Air ullachadh le

Elaine Wilson-Smith is Kate Skellington Orr

Wellside Research

Clàr-innse

Co-chomhairleachadh air Reachdas Bile an Fhoghlaim: Sgrùdadh air na Freagairtean 1

Ro-ràdh 1

Bun-fhiosrachadh 1

An Co-chomhairleachadh Poblach 2

Fios air an Àireimh de Fhreagairtean is Luchd-freagairt 2

Modhan-sgrùdaidh 3

Cùisean a bu chòir a Thoirt Fa-near is Modhan-aithris 3

A’ Stèidheachadh Buidheann Theisteanas Ùr 6

Taghadh Farsaing de Theisteanasan Sàr Mhath 6

Sàr-mhathas an lùib Ionnsachadh is Teagasg 12

Bidh Sgoilearan is Oileanaich na h-Alba a’ Gabhail Pàirt ann an Co-dhùnaidhean a Bheir Buaidh Orra 16

Slatan-tomhais Sàr Mhath airson Teisteanasan ann an Alba 20

Teisteanasan ann am Foghlam agus Sgilean: Siostam Iomlanach 25

Ath-leasachadh air Modhan-sgrùdaidh airson Foghlam 30

Adhbharan Sgrùdaidh 30

Na Diofar Ionadan is Seirbheisean 35

Làn-bhuannachdan bho Sgrùdaidhean Foghlaim 46

A' Coileanadh nam Prìomhachasan 51

Cùisean Obrach is Cùisean Farsaing Eile 71

Buidheann Theisteanas Ùr 71

Ath-leasachadh air Sgrùdaidhean Foghlaim 79

Cuspairean a Nochd gu Cunbhalach is An Ath Cheum 89

Beachdan bho Mhion-chuibhreannan dhen t-Sluagh 89

Ceanglaichean ri Reachdas a th’ ann Mu Thràth 91

Cùisean Eile 91

Ceistean mun Cho-chomhairleachadh is Duilgheadasan leis 92

An Ath Cheum 93

Geàrr-iomradh

Ro-ràdh

Mar phàirt dhen phròg ram leantainneach gus ath-leasachadh a dhèanamh air foghlam, chùm Riaghaltas na h-Alba co-chomhairleachadh leis a' mhòr-shluagh agus luchd-ùidhe gus beachdan a shireadh air dreachd de Bhile an Fhoghlaim. Tha e na amas leis a' Bhile frèam reachdail a stèidheachadh gus buidheann ùr a chur an àite Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA) agus gus na dleastanasan sgrùdaidh a thoirt air falbh bho Fhoghlam Alba. Thèid dà bhuidhinn ùir a chur air chois mar thoradh air sin. Mus tèid an tionndadh deireannach dhen Bhile aontachadh, bhathar, leis a' cho-chomhairleachadh, a' sireadh bheachdan luchd-ùidhe air cumhachan a' Bhile agus chaidh sgrùdadh neo-eisimeileach a bharantachadh air na freagairtean a fhuaras.

Uile-gu-lèir, fhuaras 386 freagairtean susbainteach dhan cho-chomhairleachadh agus thugadh fa-near dhaibh san sgrùdadh seo. Fhuaras freagairtean bho 234 daoine fa leth agus 152 freagairtean a chaidh a chur a-steach às leth bhuidhnean. Ge-tà, bha na freagairtean a' riochdachadh àireamh na b' àirde de dhaoine, oir bha grunn bhuidhnean air co-chomhairleachadh farsaing a chumail iad fhèin gus cuideachadh le bhith a' sgrìobhadh nam freagairtean aca. Cuideachd, chaidh naoi tachartasan co-chomhairleachaidh a chumail air-loidhne, agus bha beagan na bu lugha na 1,000 neach an làthair aig na tachartasan sin.

A' Stèidheachadh Buidheann Theisteanas Ùr

A thaobh a bhith a' stèidheachadh buidheann theisteanas ùr (BTU), sa cho-chomhairleachadh bhathar a' sireadh bheachdan air:

- atharraichean air mar a thèid teisteanasan a dhealbh is a lìbhrigeadh gus am bi builean nas fheàrr ann do luchd-ionnsachaidh;
- molaidhean airson luchd-teagaisg, sgoilearan is oileanaich a bhith air an riochdachadh gu ìre nas motha sa BhTU le daoine air a' Bhòrd le eòlas practaigeach air mar a tha cùisean an-dràsta, agus tro chomataidhean a bheir taghadh farsaing de dhaoine còmhla le diofar sheallaidhean gus buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean a' BhTU, agus gus molaidhean a thoirt seachad air "Cairtean" sònraichte airson luchd-cleachdaidh;
- molaidhean a thaobh dhleastanasan barantachaidh agus mar a ghabhadh iad sin a chur air stèidh fa leth bho na dleastanasan buileachaidh; agus
- molaidhean gus Fòram Nàiseanta a stèidheachadh, airson a bhith ag obair gu dlùth agus ann an co-bhuinn ris a' BhTU, agus mar mheadhan air conaltradh soilleir a chumail suas ann an deagh àm.

A' Dealbh is a' Lìbhrigeadh Theisteanasan

Bhruidhinn luchd-freagairt air grunn chùisean co-cheangailte ris an obair gus teisteanasan a dhealbh is a lìbhrigeadh. Am measg nan nithean a thog iad bha:

- gum bu chòir barrachd cuideim a chur air, aithne a thoirt do, agus suime a chur ann an diofar sheòrsa theisteanasan, dhuaisean agus sgilean, agus gum bu chòir siostam a bhith ann far a bheilear a' toirt an aon seòrsa spèis do dhiofar shlighean is theisteanasan agus far am faighear an aon seòrsa cothruim orra;
- gum bu chòir cothrom a bhith aig daoine air curraicealam farsaing is eugsamhail le taghadh de shlighean ionnsachaidh is teisteanasan airson gach seòrsa neach-ionnsachaidh;
- gum bu chòir gluasad air falbh bho "a' teagasg airson na deuchainne", "ionnsachadh air mheomhair" agus "measaidhean air cuimhne dhaoine";
- a' cur dhòighean-obrach co-obrachail an sàs gus teisteanasan a dhealbh is ùrachadh, le taghadh farsaing de luchd-ùidhe an sàs ann;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh farsaing ga dhèanamh agus gu bheil fios aig daoine air an diofar sheòrsa theisteanasan a gheibhear;
- a' cur dòigh-obrach iomlanach an sàs airson teisteanasan (agus airson ath-leasachaidhean foghlaim san fharsaingeachd) le bhith a' beachdachadh air sin agus na leanas aig an aon àm: dealbhachadh a' churraicealaim agus feallsanachd teagaisg, agus foghlam adhartach/àrd-ìre, agus feumalachdan àiteachan-obrach;
- taic do na molaidhean a chithear ann an Aithisg Hayward, agus mar a chleachdar Dioplòma Coileanaidh na h-Alba (SDA); agus
- taic airson a bhith a' cleachdadh ìrean Frèam Chreideasan is Theisteanasan na h-Alba (SCQF) gus frèam theisteanasan eadar-cheangailte is co-aonaichte a stèidheachadh.

Cha do bhruidhinn daoine uiread air a' chomas gus teisteanasan a lìbhrigeadh air feadh na RA is gu h-eadar-nàiseanta – bha grunn dhen bheachd gum bu chòir an comas seo a ghleidheadh mar a tha e, agus bha cuid ag iarraidh barrachd fiosrachaidh air na tha a' tachairt le seo an-dràsta no bha dragh orra gum faodadh seo cron a dhèanamh air nas urrainnear a choileanadh ann an seirbheis a' phobaill leis an obair seo.

Bha cuid a luchd-freagairt cuideachd a' gabhail dragh mun bhuaidh a dh'fhaodadh na h-atharraichean a thoirt air buidhnean theisteanas eile ri linn farsaingeachd nan dleastanasan a thathar a' moladh airson a' BhTU.

Am Bòrd, Na Comataidhean is Cairtean

Bha taic ann san fharsaingeachd dhan mholadh gum biodh luchd-teagaisg is sgoilearan is oileanaich a' gabhail pàirt ann an structairean riaghlaidh a' BhTU. Ge-tà, bha beagan dhaoine an aghaidh a bhith a' toirt cothrom do chloinn is daoine òga làn-phàirt a ghabhail ann an structairean riaghlaidh.

Chaidh a ràdh, nach robh am moladh gus co-dhiù aon neach-teagaisg bho roinn nan sgoiltean is aon neach-teagaisg bho roinn nan colaistean a chur air a' Bhòrd math gu leòr agus nach robh ann ach gnìomh gun bhrìgh. Bhathar dhen bheachd gun robh feum air tòrr a bharrachd dhaoine air a' Bhòrd gus luchd-teagaisg a

riochdachadh, agus gum bu chòir do na daoine a thèid a thaghadh a bhith nan luchd-teagaisg a tha ag obair an-dràsta no a bha ag obair o chionn ghoirid. Mar an ceudna, thugadh fa-near nach robh na molaidhean soilleir a thaobh sgoilearan is oileanaich agus co-dhiù a bhiodh iadsan a' gabhail pàirt iad fhèin no buidhnean riochdachaidh proifeiseanta a bhruidhneadh às an leth – ged a bhathar a' smaoineachadh gun robh e cudromach gum biodh uallaichean aig na sgoilearan is oileanaich fhèin a thaobh a' Bhùird.

A thaobh a' Bhùird agus nan Comataidhean le luchd-teagaisg is sgoilearan is oileanaich, chaidh a mholadh cuideachd gum biodh feum air farsaingeachd de riochdairean, a bhiodh a' riochdachadh gach aois, ìre foghlaim, roinn, earrainn dheamografaigeach is shòiseo-eaconamach dhen t-sluagh, sgìre, raon cuspair, agus raon sònraichte/mion-raon, leithid Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, agus daoine a tha no a tha a' riochdachadh sgoilearan is oileanaich niùro-eugsamhail, agus daoine air a bheil ciorram, etc. Cuideachd, bhathar dhen bheachd gum feumadh taghadh de luchd-teagaisg is sgoilearan is oileanaich a bhith ann leis na dleastanasan sin a ghabhadh cothrom mu seach an àite na h-aon daoine a bhith ann fad an t-siubhail, agus gum biodh feum aca air taic gus pàirt a ghabhail ann an cùisean. Airson luchd-teagaisg, bha diofar mholaidhean ann leithid gum faodadh iad a bhith air am fo-fhastadh ann an dreuchd rè ùine air a' BhTU, no gum faigheadh iad ùine shònraichte is air a gleidheadh airson an dleastanasan, agus gum faodadh taic no luchd-obrach a bharrachd a bhith ann airson dèanamh cinnteach gun gabh an luchd-teagaisg pàirt ann. Bhathar dhen bheachd gum biodh feum air cothroman gus cur ri comasan dhaoine, trèanadh, luchd-comhairleachaidh, taic agus stiùireadh gus am b' urrainn do sgoilearan is oileanaich pàirt a ghabhail (airson clann is daoine òga gu h-àraidh).

Cuideachd, chaidh a dhèanamh soilleir nuair a bhite a' dèanamh co-chonaltradh ri luchd-teagaisg is sgoilearan is oileanaich gum feumadh an co-chonaltradh sin a bhith brìoghmhor is buadhach, agus gum feumte ealla a ghabhail ris na beachdan aca nuair a bhite a' dèanamh cho-dhùnaidhean. Bhathar dhen bheachd nach robh gu leòr fiosrachaidh sna molaidhean air an uiread de bhuaidh a b' urrainn dhan luchd-ùidhe seo a thoirt air cùisean, an dà chuid taobh a-staigh a' Bhùird agus taobh a-staigh a' BhTU san fharsaingeachd, agus air an t-seòrsa cumhachd a bhiodh aig na Comataidhean. Thogadh draghan, gun robh cunnart ann leis na molaidhean seo nach fhaigheadh na riochdairean ach 'èisteachd' gun ealla cheart ga gabhail ris na beachdan aca.

Chuir a' mhòr-chuid de dhaoine fàilte air Cairt airson luchd-teagaisg, ach bha measgachadh na b' fharsainge de bheachdan ann air Cairt airson sgoilearan is oileanaich.

Dleastanasan Barantachaidh

Bha measgachadh de bheachdan ann a thaobh am bu chòir dleastanasan a bhith aig a' BhTU airson an dà chuid teisteanasan a bhuileachadh agus a bharantachadh. Bha cuid dhen bheachd gun robh e ciallach gum biodh e an urra ris a' bhuidhinn ùir slatan-tomhais a stèidheachadh agus teisteanasan a bharantachadh, fhad 's a bhiodh dleastanasan soilleir ann agus cothroman gus

dèanamh cinnteach gu bheil ceanglaichean eadar an dà dhleastanas. Ge-tà, bha daoine eile ann a bha a' smaoineachadh nach bu chòir an dà dhleastanas a bhith aig a' bhuidhinn ùir, agus gum bu chòir na dleastanasan sin a bhith air an roinn eadar dà bhuidhinn fa leth (mar a chaidh a mholadh ann an Aithisg Muir) gus nach biodh strì eadar com-pàirtean ann agus gus am biodh iad air stèidh neo-eisimeileach fa leth bho chèile.

Fòram Nàiseanta, Obair Chom-pàirteach is Conaltradh

Bha coltas ann gun robh a' mhòr-chuid de luchd-freagairt a' cur taic ri dòighean-obrach com-pàirteach làidir is èifeachdach le co-obrachadh is com-pàirteachas. Bhathar cuideachd dhen bheachd gum bu chòir an dòigh-obrach sin a bhith air a cur an sàs le taghadh farsaing de luchd-ùidhe a' gabhail a-steach roinn an fhoghlaim air fad agus roinnean co-cheangailte (me, fastaichean, buidhnean ciùird, foghlam adhartach is àrd-ìre), agus buidhnean riochdachaidh is spèisealta.

Ged nach tug mòran den luchd-fhreagairt beachd seachad air an Fhòram Nàiseanta fhèin, bha iad a' cur taic ris a' bheachd gus diofar dhòighean a chleachdadh airson dèanamh cinnteach gun tèid taghadh farsaing de bheachdan a thoirt fa-near agus gun tèid co-obrachadh a chur an sàs. Thuirt cuid, ge-tà, gur e beachd math a bh' ann Fòram Nàiseanta a stèidheachadh, agus gum biodh cothrom a bharrachd ann, leis an fhòram, beachdan fhaighinn bho dhaoine, gum biodh e mar mheadhan gus comhairle neo-eisimeileach fhaotainn, agus gun toireadh e cothrom eile gus cunntachalachd a chur an sàs. A-rithist, bhathar dhen bheachd gum feumte a' bhallrachd atharrachadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gum biodh taghadh farsaing de riochdairean ann agus gum biodh an-còmhnaidh cothrom ann beachdan ùra is buntainneach a chluinntinn.

A thaobh conaltraidh, bha a' mhòr-chuid de dhaoine a' bruidhinn air mar dh'fheumadh am BTU èisteachd ri luchd-ùidhe, agus ealla a ghabhail ris na beachdan aca agus gnìomhan a dhèanamh a rèir nam molaidhean aca, cha robh mòran a' bruidhinn air mar bu chòir dhan BhTU conaltradh a dhèanamh. Mhol an fheadhainn a bhruidhinn air conaltradh gun robh e deatamach gum biodh conaltradh soilleir ann, agus mhol iad aithisgean a dhèanamh dhen t-seòrsa sa bheil fios air 'Na Thuirt Sibhse agus na Rinn Sinne' gus am biodh cunntachalachd ann. Cuideachd, feumaidh aithisgean a bhith air an sgaoileadh gu farsaing is feumaidh cothrom a bhith a' mhòr-shluagh orra.

A-rithist, chaidh a dhèanamh soilleir gum feumadh buaidh is brìgh a bhith ann le co-obrachadh sam bith, agus chaidh draghan a thogail gum faodadh cunnart a bhith gum biodh am BTU slaodach ann a bhith a' dèiligeadh ri cùisean, agus gum fàsadh obair na buidhne ro thoinnte agus ro bhiurocratach.

Ath-leasachadh air Modhan-sgrùdaidh airson Foghlam

Adhbharan Sgrùdaidh

Chaidh trì prìomh adhbharan sgrùdaidh a chur an cèill sa phàipear cho-chomhairleachaidh:

- gus am bi cunntachalachd is dearbhachd phoblach ann airson càileachd foghlaim do luchd-ionnsachaidh, do am pàrantan/luchd-cùraim agus do Phàrlamaid na h-Alba;
- gus taic a thoirt do luchd-solair foghlaim, a' gabhail a-steach sgoiltean, luchd-teagaisg agus luchd-obrach eile, airson piseach a thoirt air an obair aca tro bhith a' cur ris na comasan aca agus a' co-phàirteachadh dhòighean-obrach buadhmhor; agus
- gus fianais air foghlam is trèanadh a cho-phàirteachadh: airson taic a thoirt do sheirbheisean gus piseach a thoirt air obair aca; agus airson cuideachadh le bhith a' dealbh phoileasaidhean foghlaim.

Bha e follaiseach gun robh daoine ag aontachadh ris na h-adhbharan a chaidh a chur an cèill, agus rinn luchd-freagairt soilleir gur e 'taic' a bu chòir a bhith ann mar am prìomh adhbhar sgrùdaidh. Cuideachd, chuireadh fàilte air mar a bhathar a' cur cuideam air taic do dhaoine gus piseach a thoirt air foghlam tro bhith a' co-phàirteachadh fianais is dheagh dhòighean-obrach agus bhathar dhen bheachd gum faodadh sin cuideachadh le cunbhalachd air feadh an t-siostaim agus le leasachadh proifeiseanta leantainneach airson luchd-obrach foghlaim.

Ged a bha a' mhòr-chuid ag aontachadh gum bu chòir do chunntalachd is dearbhachd a bhith am measg nan adhbharan, bha cuid a' smaoineachadh nach robh e cho cudromach ri adhbharan eile.

Thuirt cuid a luchd-freagairt gun robh feum air adhbhar sònraichte co-cheangailte ri a bhith a' cur dìon air daoine, agus dh'fhaodadh gum b' e sin am prìomh adhbhar 'eile' a chaidh a mholadh. Am measg nam beachdan eile a fhuaras air adhbharan, bha gum faodadh iad a bhith a' gabhail a-steach taghadh nas fharsainge de luchd-compàirt, agus gun robh iad, mar a tha iad an-dràsta, 's dòcha caran neo-shoilleir a thaobh mar a bhuineas iad ri roinnean sònraichte (leithid ionnsachadh coimhearsnachd, foghlam treas-ìre agus nuadh phreantasachdan).

Na Diofar Ionadan is Seirbheisean

Thugadh seachad sa phàipear cho-chomhairleachaidh liosta de dh'ionadan is seirbheisean a bhiodh air an sgrùdadh agus, a-rithist, bha daoine ag aontachadh san fharsaingeachd ris na fheadhainn a chaidh ainmeachadh air an liosta. Ged a bha daoine san fharsaingeachd ag aontachadh gum bu chòir dhan aon bhuidheann sgrùdadh a dhèanamh air àiteachan far am bi clann is daoine òga ag ionnsachadh gus am bi cunbhalachd ann, bha cuid dhen bheachd nach biodh modhan-sgrùdaidh coitcheann airson a h-uile àite freagarrach. Bhathar dhen bheachd gum feumadh na modhan-sgrùdaidh a bhith freagarrach airson gach co-theacsa is suidheachadh.

Am measg nan draghan a thog luchd-freagairt bha gun robh na modhan-sgrùdaidh a th' ann an-dràsta airson tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne (TCC) feumach air an ùrachadh, agus thuirt cuid a luchd-freagairt gun robh duilgheadasan ann leis mar a bha Buidheann-sgrùdaidh a' Chùraim agus Luchd-sgrùdaidh an Rìgh an sàs ann an sgrùdaidhean air TCC. Thugadh molaidhean seachad gum bu chòir aon bhuidheann a stèidheachadh airson sgrùdaidhean TCC gus nach bi dùblachadh obrach ann, ged nach robh luchd-freagairt daonnan ag ràdh ciamar a b' fheàrr

leotha sin a dhèanamh. Mar an ceudna, thuirt cuid a luchd-freagairt gun robh e cudromach nach biodh dùblachadh ann le modhan-obrach airson sgrùdaidhean is dearbhadh càileachd ann am foghlam treas-ìre, agus airson Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg. B' e a' phrìomh phuing a bh' aig daoine nach robh ag iarraidh gum biodh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' sgrùdadh cholaistean, a tha air am maoineachadh le airgead poblach, gun robh modailean sgrùdaidh ann mu thràth a bha no a bhiodh na bu fhreagarraiche.

Thug beagan luchd-freagairt beachd seachad air na dleastanasan a bhiodh aig Buidheann-sgrùdaidh an Fhoghlaim a thaobh sgrùdaidhean air nuadh phreantasachdan. Am measg nan daoine a thug beachd seachad, b' ann bu mhotha air adhbhar leithid a sgrùdaidhean a bha iad a' bruidhinn agus ciamar a bu chòir an dèanamh, seach a bhith a' toirt beachd seachad air a' cheist fharsaing am bu chòir dleastanasan a bhith aig a' bhuidhinn-sgrùdaidh ùir san roinn.

Làn-bhuannachdan bho Sgrùdaidhean Foghlaim

Chaidh trì prìomhachasan a chur an cèill sa phàipear cho-chomhairleachaidh gus piseach a thoirt air obair is buaidh nan sgrùdaidhean ann an siostam an fhoghlaim, 's iad sin:

- a' dèanamh cinnteach gum bi earbsa aig clann, daoine òga, inbhich a tha ag ionnsachadh, pàrantan/luchd-cùraim, luchd-teagaisg agus luchd-obrach eile, agus aig a' mhòr-shluagh, ann an obair buidheann-sgrùdaidh an fhoghlaim;
- a' dèanamh cinnteach gum bi luchd-teagaisg is luchd-obrach eile, clann, sgoilearan is oileanaich, pàrantan/luchd-cùraim, ùghdarrasan ionadail agus luchd-solair an sàs ann an sgrùdaidhean; agus
- a' dèanamh cinnteach gun dèanar làn-fheum de dh'fhianais bho sgrùdaidhean gus: (a) dearbhachd is cunntachalachd phoblach a thoirt seachad; (b) piseach a thoirt air cùisean agus cur ri comasan dhaoine; agus (c) gus cuideachadh le bhith a' dealbh dhòighean-obrach is phoileasaidhean.

A-rithist, chuir a' mhòr-chuid de luchd-freagairt taic ris na prìomhachasan, agus bha taic nach beag ann airson a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi luchd-teagaisg is luchd-obrach eile, luchd-ionnsachaidh, pàrantan/luchd-cùraim, ùghdarrasan ionadail agus luchd-solair an sàs ann an sgrùdaidhean. Bhathar dhen bheachd gun robh am prìomhachas sin gu sònraichte cudromach ma bha daoine gu bhith a' cur earbsa ann an obair na buidhne-sgrùdaidh.

A' Coileanadh nam Prìomhachasan

A thaobh a bhith a' cur nam prìomhachasan an sàs, bha taic fhollaiseach ann (ged nach b' e taic aona-ghuthach a bh' ann) airson a bhith a' toirt nan dleastanasan sgrùdaidh air falbh bho Fhoghlam Alba gus buidheann fa leth a stèidheachadh gun feum air reachdas ùr airson sin a dhèanamh (agus bhiodh a' bhuidheann-sgrùdaidh fhathast cunntachail do Mhinistearan na h-Alba). Bhathar dhen bheachd, nam biodh leithid a' bhuidheann neo-eisimeileach ann, le a h-obair air a stiùireadh le molaidhean luchd-ùidhe is an rannsachadh as ùire, gun dèanadh sin cinnteach gun

robh na modhan-sgrùdaidh air stèidh neo-eisimeileach agus nach biodh draghan ann, mar a bha roimhe, a thaobh neo-phàirteachd nan sgrùdaidhean. Ged a bhathar a' coimhead air an roghainn sin mar thè radaigeach, bhathar cuideachd a' smaoineachadh gun robh feum air gus dèanamh cinnteach nach robh strì eadar com-pàirtean ann, a bhathar a' smaoineachadh a bha a' tachairt leis an t-siostam a th' ann an-dràsta, eadar na dleastanasan airson leasachadh, adhartas agus mheasaidhean. B' iad na prìomh phuingean a chualas an aghaidh a' mholaidh seo, nach biodh 'neo-eisimeileachd' bhon riaghaltas ann mar a bha luchd-ùidhe a' miannachadh agus nam biodh buidheann eile ann an sàs ann am foghlam is sgrùdaidhean, dh'fhaodadh gun cuireadh sin ris a' bhiurocrasaidh a th' ann a-cheana. Cuideachd, bha draghan aig cuid a dhaoine, nam biodh buidhnean fa leth ann airson sgrùdaidhean is taic, gun adhbhraicheadh sin dòighean-obrach is dòighean-smaoineachaidh sgarta is dealaichte.

Bha taic ann airson reachdas a chur an sàs gus an dreuchd 'Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba' a stèidheachadh fon lagh mar oifigear neo-eisimeileach agus e mar phrìomh uallach air an Neach-sgrùdaidh sin clàran-ama, tricead is prìomh amasan nan sgrùdaidhean a stèidheachadh. B' e am prìomh adhbhar a thugadh seachd mar thaic dhan bheachd sin, gum biodh barrachd cunntachalachd is neo-eisimeileachd ann agus gum biodh e na b' fhollaisiche gun robh leithid a chunntachalachd is neo-eisimeileachd ann, agus mar thoradh air sin, bhiodh am mòr-shluagh agus luchd-dreuchd proifeiseanta a' cur barrachd earbsa sna modhan-sgrùdaidh. Thog an fheadhainn a bha an aghaidh a' mholaidh sin draghan mu mar a ghabhadh aon oifigear a riaghladh is mu mar a ghabhadh dèanamh cinnteach gun robh iad cunntachail. Bha draghan ann cuideachd, gum faodadh atharraichean reachdail an siostam a th' ann an-dràsta a dhèanamh nas toinnte agus gum faodadh sin bacadh a chur air adhartas.

Bu chòir cuimhneachadh, gun tug cuid a luchd-freagairt beachdan seachad air na neartan is laigsean a bha iad a' smaoineachadh a bh' aig na roghainnean (agus mhol iad roghainnean eile) an àite a bhith ag ràdh gum b' fheàrr leotha aon tè gu h-àraidh.

Às bith dè am modail a dheigheadh a chur an sàs, bha taic làidir ann dhan mholadh gum biodh luchd-teagaisg is luchd-obrach eile, luchd-ionnsachaidh, pàrantan/luchd-cùraim, ùghdarrasan ionadail agus luchd-solair an sàs ann an sgrùdaidhean is modhan-riaghlaidh, agus dhan mholadh gun dèanar cinnteach gun gabhadh ealla ri beachdan luchd-ùidhe. Bhathar cuideachd dhen bheachd gum b' e an dòigh a b' fheàrr dèanamh cinnteach gun robh sgrùdaidhean cothromach agus a' frithealadh air feumalachdan dhaoine nam biodh luchd-ùidhe an sàs ann an cùisean agus cuideachd bhiodh sin a' ciallachadh gum biodh luchd-ùidhe a' cur earbsa sna modhan-sgrùdaidh.

Cha robh aonta cho soilleir ann a thaobh am bu chòir Comhairle Chomhairleachaidh a stèidheachadh fo reachdas mar mheadhan gus cothrom a thoirt do luchd-ùidhe a dhol an sàs ann an cùisean, le cuid a dhaoine dhen bheachd gun neartaicheadh sin an siostam agus cuid eile a' smaoineachadh gum biodh cus biurocrasaidh ann.

Mar an ceudna, ged a bha tòrr a' cur taic ri modhan-aithris foirmeil gus cuideachadh le bhith a' coileanadh an treas prìomhachais, a' gabhail a-steach taic airson aithrisean bliadhnail is cunbhalach gus sùil a chumail air obair na buidhne-sgrùdaidh agus gus sealladh farsaing a thoirt seachad air ìrean-coileanaidh air feadh siostam foghlaim na h-Alba, cha robh ann ach glè bheag de dhaoine a thug beachd seachad air dè b' fheàrr leotha a thaobh a bhith a' cleachdadh reachdas airson sin.

Bha aonta ann am measg luchd-freagairt, ge-tà, gum bu chòir fianais sgrùdaidh a bhith air a cho-phàirteachadh gu fada is farsaing. Bhathar gu h-àraidh dhen bheachd nan deigheadh deagh dhòighean-obrach a cho-phàirteachadh gun cuidicheadh sin leis na dòighean-obrach aig daoine air feadh gach ionad foghlaim agus chan ann dìreach leis na dòighean-obrach sna h-ionadan a bhios gan sgrùdadh.

Beachdan Co-cheangailte ri Barrachd air Aon Chuspair

Chaidh grunn chùisean eile, a bha a' buntainn ris an dà bhuidhinn ùir, a thogail. Chaidh a mholadh gum bu chòir dhan dà bhuidhinn ùir:

- dòighean-obrach com-pàirteach, co-obrachail agus taiceil a chur an sàs, an dà chuid leis na modhan-riaghlaidh aca agus leis na dòighean-obrach coitcheann aca;
- ceanglaichean co-obrachail is leantainneach a thogail is a chur air dòigh le agus eadar taghadh farsaing de luchd-ùidhe;
- dèanamh cinnteach gum bi cothroman brìoghmhor is ceart ann do thaghadh freagarrach de luchd-ùidhe airson co-chonaltradh/pàirt a ghabhail ann an cùisean, agus bidh taic ann do chloinn is daoine òga airson làn-phàirt a ghabhail ann an cùisean;
- dèanamh cinnteach gun tèid èisteachd is ealla a ghabhail ri beachdan luchd-ùidhe gu cunbhalach gus atharraichean brìoghmhor a chur an sàs – thuirt grunn luchd-freagairt bho bhuidhnean gun robh iad deònach cumail orra a' gabhail pàirt gnìomhach san obair gus reachdas, poileasaidhean is dòighean-obrach a stèidheachadh;
- dèanamh cinnteach gum bi a h-uile duine air an gabhail a-steach an lùib leasachaidhean ùra agus gum bi na leasachaidhean sin a' frithealadh air an taghadh fharsaing de dh'fheumalachdan a th' aig luchd-ionnsachaidh (a thaobh theisteanasan) agus air suidheachaidhean ionadail (a thaobh sgrùdaidhean); agus
- molaidhean is fiosrachadh soilleir is faoilidh a thoirt do luchd-ùidhe.

Bha deagh chuid de na beachdan a fhuaras a-mach air gnothaichean obrach is practaigeach co-cheangailte ris an dà bhuidhinn agus air measaidhean is sgrùdaidhean, agus bhathar a' bruidhinn air feumalachdan trèanaidh is cùisean co-cheangailte ri roinnean sònraichte. Cuideachd, thuirt luchd-freagairt gun robh feum air/gun robh draghan aca mu thaic-airgid agus maoineachadh freagarrach, an dà chuid gus cuideachadh le bhith a' stèidheachadh bhuidhnean ùra sam bith a bhiodh

ann agus gus roinn an fhoghlaim san fharsaingeachd a chuideachadh le bhith a' dèiligeadh ris agus a' cur nan atharraichean an sàs.

Bha cùisean coitcheann eile ann a chaidh a thogail sa cho-chomhairleachadh. Bhathar dhen bheachd nach robh fiosrachadh gu leòr san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh air mar a dh'obraicheadh na buidhnean ùra, dè na ceanglaichean is an dàimh a bhiodh ann eadar na buidhnean ùra agus buidhnean eile, ciamar a bhiodh na dleastanasan ùra co-cheangailte ri/eadar-dhealaichte bho na dleastanasan a th' ann an-dràsta, agus cia mheud de na molaidhean a dheigheadh a chur an sàs. Bhathar cuideachd a' sireadh barrachd fiosrachaidh mu na buannachdan is am mì-leas a thigeadh bho na molaidhean/dòighean-obrach a chaidh a chur an cèill san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh.

Cuideachd, bha cuid a luchd-freagairt a' faireachdainn nach robh atharraichean susbainteach gu bhith ann leis na bhathar a' moladh a thaobh mar a dheigheadh teisteanasan is sgrùdaidhean a chur an sàs – bha iad a' smaoineachadh gur e an aon rud a bhiodh ann fo sheula eile.

Mu dheireadh, bhathar dhen bheachd nach biodh gu leòr ann leis na h-atharraichean a bhathar a' moladh air inbhean laghail is modhan-riaghlaidh gus dèiligeadh ris na prìomh dhuilgheadasan co-cheangailte ri teisteanasan is sgrùdaidhean (no gus an t-ath-leasachadh farsaing a tha dhìth air feadh roinn an fhoghlaim a chur an sàs). Thugadh fa-near gum biodh atharraichean nach beag a dhìth air dòighean-smaoineachaidh is dòighean-obrach na roinne air fad.

Co-dhùnadh

Bha taic fharsaing ann airson a' mhòr-chuid de na molaidhean san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh, ach thog daoine grunn phuingean a bu chòir a thoirt fa-near agus cùisean dragha ris am faodar dèiligeadh san ùine air thoiseach.B' iad dìreach na cuspairean a leanas far an robh ìrean na bu mheasgaichte de thaic sna freagairtean aig daoine: na molaidhean gus na dleastanasan buileachaidh is barantachaidh fhàgail fo ùghdarras a' BhTU (an àite buidhnean fa-leth a bhith ann leis na dleastanasan sin), moladh gus raointean foghlaim sònraichte a chur fo ùghdarras na buidhne-sgrùdaidh ùire gus nach bi dùblachadh obrach ann, agus a bheil feum air/am b' fheàrr le daoine reachdas gus a' bhuidheann-sgrùdaidh ùr a stèidheachadh.

Ro-ràdh

Bun-fhiosrachadh

Dh'fhoillsich a' Bhuidheann airson Co-obrachaidh is Leasachaidh Eaconamaich (OECD) an aithisg aca air Curraicealam na h-Alba airson Sàr-mhathais: An t-Àm ri Teachd san Ògmhios 2021. Bhathar a' moladh buidheann spèisealta ùr a chur air chois airson a' churraicealaim agus mheasaidhean agus chaidh a mholadh ùrachadh a dhèanamh air dleastanasan buidheann-sgrùdaidh an fhoghlaim. An uair sin, chaidh an t-Ollamh Ken Muir CBE a chur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba mar Neach-comhairleachaidh Neo-eisimeileach air Ath-leasachaidhean Foghlaim gus comhairle neo-eisimeileach is chothromach a thoirt seachad air na h-atharraichean a bhathar a' moladh. Chaidh an aithisg aige, Luchd-ionnsachaidh aig Cridhe Chùisean: Lèirsinn airson Foghlam na h-Alba san Àm ri Teachd, fhoillseachadh sa Mhàrt 2022.

Sna freagairtean aig Riaghaltas na h-Alba do dh'aithisg Muir, ghabh iad ris a h-uile moladh a thaobh buidheann theisteanas, agus ghabh iad ann am prionnsapal ris a' mholadh gus buidheann-sgrùdaidh ùr a stèidheachadh tro reachdas.

Chaidh obair nach beag a dhèanamh gus sgrùdadh a dhèanamh air roghainnean gus na molaidhean sin a chur an sàs, leithid:

- obair a thaobh Sgrùdaidhean air Seirbheisean Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne agus Seirbheisean Cùraim-chloinne airson Clann Aois-sgoile ann an Alba;
- Còmhradh Nàiseanta air Foghlam, air a stiùireadh leis an Ollamh Carol Chaimbeul agus an t-Ollamh Alma Harris, agus chaidh an aithisg dheireannach, Tha a h-uile Neach-ionnsachaidh ann an Alba Cudromach – Còmhradh Nàiseanta air Foghlam, fhoillseachadh sa Chèitean 2023;
- Ath-sgrùdadh Neo-eisimeileach air Buileachadh, air a stiùireadh le Seumas Withers, agus chaidh an aithisg dheireannach, Deiseil airson an Ama ri Teachd: A' Cruthachadh Siostam Ionnsachaidh Iar-sgoile gus Cuideachadh le Cruth-atharrachadh air an Eaconamaidh, fhoillseachadh san Ògmhios 2023;
- dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba aithisg, Adhbharan is Prionnsapalan airson Foghlam Iar-sgoile, Rannsachadh is Sgilean – Na Ciad Phrìomhachasan, san Ògmhios 2023, a chaidh ullachadh gus stiùireadh a thoirt do dh'ath-leasachaidhean air foghlam fad-beatha is siostam nan sgilean; agus
- Breithneachadh Neo-eisimeileach air Teisteanasan is Measaidhean, a rinn an t-Ollamh Emeritus Louise Hayward, agus mar thoradh air sin chaidh Ar n-Àm ri Teachd – Breithneachadh Neo-eisimeileach air Teisteanasan is Measaidhean fhoillseachadh san Ògmhios 2023.

Rinn Riaghaltas na h-Alba tuilleadh co-chonaltraidh leis a' mhòr-shluagh is luchd-ùidhe gus cuideachadh le bhith a' dealbh Bile an Fhoghlaim, agus iad a' togail air toraidhean na h-obrach gu h-àrd agus a' gabhail ealla ris na molaidhean ann an

aithisgean Hayward is Withers. Leis a' Bhile seo, thathar ag amas air reachdas a stèidheachadh far am bithear a' cur buidheann ùr an àite an SQA agus a' toirt nan dleastanasan sgrùdaidh air falbh bho Fhoghlam Alba, agus mar sin thèid dà bhuidhinn ùir a chur air bhonn.

An Co-chomhairleachadh Poblach

Chaidh an co-chomhairleachadh a chumail fad sia seachdainean, bho 7 Samhain gu 18 Dùbhlachd 2023. Cuideachd, chaidh naoi tachartasan air-loidhne a chumail gus beachdan a chruinneachadh.

Chaidh 12 ceist fhaighneachd sa cho-chomhairleachadh, trì a bha a' faighneachd an robh daoine ag aontachadh ris no an aghaidh nam molaidhean le cothrom aig daoine beachdan a thoirt seachad cuideachd, agus naoi ceistean eile far an robhar a' sireadh bheachdan a-mhàin.

Bha dà earrainn sa phàipear cho-chomhairleachaidh. Sa chiad earrainn bhathar a' coimhead air mar a ghabhadh buidheann theisteanas ùr (BTU) a stèidheachadh, agus bhathar a' moladh sin a chur air chois mar bhuidhinn phoblaich neo-roinneil (NDPB). San dàrna earrainn, bhathar a' beachdachadh air mar a ghabhadh na dleastanasan sgrùdaidh a thoirt air falbh bho Fhoghlam Alba gus buidheann-sgrùdaidh ùr a stèidheachadh.

Fios air an Àireimh de Fhreagairtean is Luchd-freagairt

Uile-gu-lèir, **fhuaras 386 freagairtean susbainteach** agus thugadh fa-near dhaibh san sgrùdadh seo. Chaidh 327 de na freagairtean a chur a-steach tro Citizen Space (an goireas co-chomhairleachaidh air-loidhne aig Riaghaltas na h-Alba), fhuaras 54 freagairtean ann am puist-d, agus bha còig freagairtean co-chruinnichte ann (sin, far an d' fhuaras barrachd air aon fhreagairt bhon aon neach-freagairt agus chaidh na freagairtean aca a chur còmhla mar aon fhreagairt). Fhuaras aon fhreagairt bhàn agus cha deach sin a chleachdadh san sgrùdadh seo.

A thaobh nan 386 freagairtean a fhuaras, thug daoine fa leth 234 dhiubh seachad agus chaidh 152 freagairtean a chur a-steach às leth bhuidhnean. Chaidh na freagairtean bho bhuidhnean a sheòrsachadh a rèir diofar roinnean mar a chithear gu h-ìosal.

	Cia mheud	Ceudad
Sgoiltean/Na Tràth-bhliadhnaichean	28	18%
An Treas Roinn	28	18%
Ùghdarrasan Ionadail	27	18%
Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd	22	15%
Buidhnean Nàiseanta/Buidhnean Poblach	15	10%

An Roinn Iar-sgoile/Colaistean/Oilthighean	14	9%
A’ riochdachadh phàrantan/luchd-cùraim agus/no clann is dhaoine òga	9	6%
Buidhnean Buileachaidh	4	3%
Gnìomhachasan is An Roinn Phrìobhaideach	2	1%
Eile	2	1%
Cha deach a ràdh	1	1%
Gu h-iomlan	**152**	**100%**

Chithear gu h-àrd fios air na freagairtean a fhuaras; ge-tà, thug barrachd dhaoine na sin beachdan seachad. Thuirt cuid a bhuidhnean gun robh iad air beachdan a shireadh bho luchd-obrach, buill, daoine òga, pàrantan/luchd-cùraim, no buidhnean eile a bha iad a’ riochdachadh gus cuideachadh leis an fhreagairt aca. Am measg nam buidhnean sin bha aon bhuidheann a rinn sgrùdadh-bheachd le 169 pàrantan/luchd-cùraim, agus chleachd buidhnean eile buidhnean-breithneachaidh, coinneamhan is dòighean co-chonaltraidh eile gus beachdan a thrusadh.

Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, chaidh naoi tachartasan co-chomhairleachaidh air-loidhne a chumail (air an cur air dòigh le Riaghaltas na h-Alba) gus bruidhinn air na molaidhean agus beachdan a shireadh. Nam measg bha tachartasan le Foghlam Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA), Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (CLD), dà sheisean le buidhnean dreuchdail luchd-teagaisg, agus ceithir seiseanan poblach. **Bha beagan na bu lugha na 1,000 neach an làthair aig na seiseanan sin,** san sgrùdadh seo thugadh fa-near do gheàrr-chunntasan sgrìobhte dhiubh a chaidh a ghabhail sìos agus do lethbhric de na tar-sgrìobhainnean a chaidh a thogail bho na goireasan ‘chat’ (ma bha leithid a ghoireas ann).

Modhan-sgrùdaidh

Chaidh a h-uile freagairt (a’ gabhail a-steach fhreagairtean sgrìobhte is geàrr-chunntasan air tachartasan) a luchdachadh a-nuas agus a chruinneachadh ann an stòr-dàta Excel airson an sgrùdadh. Chaidh na freagairtean a leughadh agus chaidh mion-sgrùdadh a dhèanamh orra a thaobh nan cuspairean a dh’èirich agus cho tric ’s a nochd na cuspairean sin gus prìomh chùisean is cuspairean bitheanta a chomharrachadh san dàta. Chaidh sgrùdadh coimeasach a dhèanamh cuideachd gus faicinn dè cho cunbhalach no eadar-dhealaichte ’s a bha beachdan diofar sheòrsa luchd-freagairt (me, eadar daoine fa leth is buidhnean, agus eadar diofar roinnean airson bhuidhnean).

Cùisean a bu chòir a Thoirt Fa-near is Modhan-aithris

Bu chòir a thoirt fa-near gun tuirt cuid a luchd-freagairt nach robh gu leòr fiosrachaidh san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh airson leigeil leotha freagairtean fiosrach a thoirt seachad, no gun robh e doirbh dhaibh am

fiosrachadh/briathrachas a thuigsinn. Bhathar cuideachd a' faireachdainn gun robh cuid de na ceistean gu math farsaing, agus nach robh ceangal sònraichte eadar na ceistean sin agus na molaidhean no na roghainnean a bha air am mìneachadh anns gach earrainn dhen cho-chomhairleachadh. Mar thoradh air sin, bha tòrr de na freagairtean a' bruidhinn air taghadh farsaing de chùisean, agus cha robh cuid de na cùisean sin a' buntainn ris na molaidhean. Bha e cuideachd a' ciallachadh gu tric nach robh e soilleir dè b' fheàrr le daoine a thaobh nan roghainnean a bh' ann. Bha cuideachd beagan ath-aithris ann am measg nam freagairtean aig daoine do dhiofar cheistean, agus uaireannan bha luchd-freagairt a' toirt seachad fiosrachadh airson aon cheist a bhiodh e air a bhith na b' fhreagarraiche airson cheistean eile. Nuair a thachair sin, tha an aithisg a' feuchainn, cho fad 's as urrainn, ris na beachdan sin a ghabhail a-steach sa cheist/san earrainn fhreagarraich.

B' e prìomh phuing eile a bu chòir a thoirt fa-near, gun robh grunn cheistean san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh far an robhar a' sireadh bheachdan air cùisean reachdail agus air roghainnean far am biodh, no far nach biodh, reachdas a dhìth. Ge-tà, ann an tòrr fhreagairtean bha daoine a' bruidhinn air cùisean san fharsaingeachd, air mar a dheigheadh rudan a chur an gnìomh gu practaigeach no mar a dh'obraicheadh na dleastanasan, no air na rudan matha is dona mu gach roghainn, agus cha robh ag innse dè am b' fheàrr leotha, reachdas a bhith ann no gun reachdas a bhith ann. Tha an aithisg a' sealltainn bheachdan co-cheangailte ri roghainnean a thaobh reachdas nuair a bha iad ann, agus tha i a' toirt iomradh air na cùisean eile air an deach bruidhinn, ach bu chòir cuimhneachadh gun robh e gu tric glè dhoirbh dearbhadh cò an roghainn no dòigh-obrach a b' fheàrr le daoine.

Ged nach d' fhuaras freagairtean iomairt sa cho-chomhairleachadh seo, bha beagan fianais ann gun robh co-òrdachadh gu ìre ann le freagairtean, gu h-àraidh eadar cuid de na h-ùghdarrasan ionadail, agus eadar aonaidhean-ciùird/buidhnean riochdachaidh airson luchd-dreuchd agus buidhnean/daoine fa leth eile. Cha robh e soilleir cò sgrìobh na freagairtean sa chiad dol-a-mach, ach bha fianais ann gun deach freagairtean airson cuid a cheistean fa leth a chleachdadh le barrachd air aon duine no buidheann. Ge-tà, cha tug sin mòran buaidhe sam bith air an sgrùdadh agus na toraidhean, seach nach robh cus co-òrdanachaidh idir ann agus ri linn farsaingeachd nam beachdan a thugadh seachad – mar bu trice bha na cùisean a chaidh a thogail sna freagairtean co-òrdanaichte seo cuideachd air an togail le daoine eile agus mar sin b' fhiach e an cur ris an aithisg seo, a dh'aindeoin a' cho-òrdanachaidh eadar àireamh bheag de luchd-freagairt.

B' urrainn do luchd-freagairt pàirt a ghabhail sa cho-chomhairleachadh ann am barrachd air aon dòigh, me, a' cur freagairt a-steach dhan cho-chomhairleachadh, an dàrna cuid tron làrach-lìn no ann am post-d, agus a' frithealadh tachartas. Nuair a thachair sin, chaidh na beachdan uile aig daoine a thoirt fa-near agus a ghabhail a-steach an seo, ach bu chòir cuimhneachadh air sin nuair a thathar a' beachdachadh air toraidhean, oir dh'fhaodadh beagan dùblachaidh a bhith ann leis na beachdan aig daoine a chleachd barrachd air aon dòigh gus beachdan a thoirt seachad.

Ged a chleachd na tachartasan dòighean-obrach na b' fharsainge agus iad a' cur chòmhraidhean na b' fhosgailte air dòigh far nach robhar a' cumail ris na ceistean

stèidhichte sa cho-chomhairleachadh, ’s e a bhiodh a’ tachairt mar bu trice gum biodh iad a’ comharrachadh tòrr de na h-aon chùisean ’s a chaidh a chomharrachadh sna freagairtean sgrìobhte. Mar sin, chaidh na toraidhean bhon dà mhodh co-chomhairleachaidh a chur còmhla agus a shealltainn còmhla sna h-earrainnean buntainneach gu h-ìosal.

Nuair a thug luchd-freagairt fa leth beachdan seachad a bha eadar-dhealaichte bhon fheadhainn a thug buidhnean seachad, no nuair a bha diofar ann eadar beachdan bho na roinnean airson bhuidhnean, chaidh sin a chomharrachadh agus a dhèanamh follaiseach ann an aithrisean na h-aithisge seo. Ge-tà, bu chòir cuimhneachadh gun robh beachdan nan diofar sheòrsaichean luchd-freagairt gu tric a’ togail nan aon phuingean no a-mach air na h-aon chùisean.

Mu dheireadh, chan eil sna beachdan a fhuaras ach beachdan nan daoine a fhreagair an co-chomhairleachadh. Bu chòir cuimhneachadh, gur iad na daoine a fhreagras co-chomhairleachadh an fheadhainn a roghnaich sin a dhèanamh. Mar sin, cha bu chòir coimhead air na toraidhean seo mar dhealbh air beachdan an t-sluaigh san fharsaingeachd.

An Còrr dhen Aithisg seo

Chithear ann an Caibideilean 2 is 3 gu h-ìosal toraidhean a’ cho-chomhairleachaidh a thaobh nam molaidhean airson buidheann theisteanas ùr agus buidheann-sgrùdaidh ùr. Sna caibideilean sin thathar a’ sealltainn nan toraidhean a tha a’ buntainn ris gach ceist sa cho-chomhairleachadh. Cuideachd sna freagairtean dhan cho-chomhairleachadh, fhuaras cuid mhath de bheachdan eile, gu tric co-cheangailte ri dòighean-obrach nam buidhnean ùra no co-cheangailte ri mar a thèid teisteanasan is measaidhean a chur air dòigh is a chur an sàs is ri modhan-sgrùdaidh. Gheibhear am fiosrachadh sin ann an Caibideil 4 agus tha e air a sheòrsachadh a rèir chuspairean an àite mu choinneimh cheistean a’ cho-chomhairleachaidh feuch nach bi ath-aithris ann. Sa chaibideil mu dheireadh, chithear na beachdan a bha a’ nochdadh a-rithist is a-rithist air feadh cheistean a’ cho-chomhairleachaidh, agus thathar a’ sealltainn dè nithear mar an ath cheum gus Bile an Fhoghlaim a thoirt air adhart.

A’ Stèidheachadh Buidheann Theisteanas Ùr

Sa phàipear cho-chomhairleachaidh bhathar a’ sireadh bheachdan air ceithir de na molaidhean bho Aithisg Muir co-cheangailte ri bhith a’ stèidheachadh buidheann theisteanas ùr, ’s iad sin:

1. Bu chòir buidheann theisteanas ùr a stèidheachadh. Bu chòir dhan bhuidhinn ùir seo a bhith na Buidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB).

2. Bu chòir dhi dleastanasan buileachaidh an SQA a ghabhail os làimh, ’s iad na prìomh dhleastanasan a gheibheadh iad le sin: uallach gus teisteanasan a dhealbh is measaidhean nan teisteanasan sin a chur air dòigh, gus deuchainnean is teisteanasan-dearbhaidh nan deuchainnean a chur air dòigh, agus gus teisteanasan-dearbhaidh a thoirt seachad.

3. Bu chòir na seirbheisean fo chùmhnantan, bhom faighear teachd-a-steach, a tha an SQA a’ toirt seachad an-dràsta do bhuidhnean, riaghaltasan agus gnothachasan a bhith mar phàirt de dhleastanasan is raon-ùghdarrais an NDPB ùr. Bu chòir cuideachd gum bi an obair eadar-nàiseanta a bhios an SQA a’ dèanamh an-dràsta a bhith am measg uallaichean an NDPB ùr.

4. Bu chòir structair riaghlaidh na buidhne theisteanasan ùire atharrachadh gus am bi luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg, luchd-obrach is an luchd-ùidhe ris am bi iad a’ dèiligeadh air an riochdachadh gu ìre motha agus gus am bi a’ bhuidheann nas cunntachail dhaibh.

Taghadh Farsaing de Theisteanasan Sàr Mhath

Chaidh iarraidh air luchd-freagairt beachdan a thoirt seachad air an dàrna is an treas moladh gu h-àrd, sin, gum bu chòir dhan bhuidhinn theisteanas ùir (BTU) dleastanasan buileachaidh an SQA a ghabhail os làimh, agus gum bu chòir dhaibh obair eadar-nàiseanta an SQA agus an obair aca a nì teachd-a-steach a ghabhail os làimh cuideachd. Chaidh lèirsinn Riaghaltas na h-Alba a chur an cèill sa phàipear cho-chomhairleachaidh a thaobh mar a dheigheadh teisteanasan a dhealbh is a thoirt seachad agus chaidh a mholadh gum biodh e an urra ris a’ BhTU dèanamh cinnteach gun deigheadh an obair sin uile a chur an sàs gu h-èifeachdach mar phàirt dhen obair aca gus teisteanasan a chur air dòigh is a thoirt seachad.

C1: Dè na h-atharraichean air am bu chòir do Riaghaltas na h-Alba beachdachadh a thaobh mar a thathar a’ dealbh is a’ toirt theisteanasan seachad a bheireadh piseach, nur beachd-se, air builean airson sgoilearan is oileanaich na h-Alba?

Bhruidhinn luchd-freagairt air taghadh farsaing de chùisean is cuspairean, gu tric còmhla, an àite a bhith a’ moladh dìreach aon atharrachadh.

Ged a bha a’ cheist a’ bruidhinn gu sònraichte air mar a thathar a’ dealbh is a’ toirt theisteanasan seachad, bha daoine gu tric buailteach a bhith a’ bruidhinn air na h-eileamaidean is sgilean sònraichte a bu chòir a bhith air an gabhail a-steach/air an aithneachadh gu ìre nas fheàrr ann an structair nam measaidhean no nan teisteanasan, na builean a dh’fheumadh teisteanasan ùra a lìbhrigeadh, no na dòighean-obrach a b’ fheàrr leotha a thaobh chùisean obrach co-cheangailte ris a’ churraicealam, pròiseas nam measaidhean no ri bhith a’ dèiligeadh ri diofar sheòrsa chlasaichean. Thuirt cuid a dhaoine gun robh e cudromach cuimhneachadh air a' cheangal eadar an curraicealam agus measaidhean/teisteanasan agus bha iad dhen bheachd nan deigheadh atharrachadh a thoirt air dìreach aon phàirt dhen t-siostam nach fhaicte na toraidhean a bhathar a’ miannachadh a thaobh ìrean-coileanaidh/bhuilean nas fheàrr, thuirt iad gum biodh dòighean-obrach iomlanach a dhìth.

Prìomh Mholaidhean a thaobh Aithne nas Fheàrr/Leasachaidhean

Bhruidhinn luchd-freagairt air mar a bha feum air measgachadh de shlighean ionnsachaidh le teisteanasan far am bite a’ gabhail làn-ealla ri feumalachdan nan sgoilearan is nan oileanach, agus air mar a bu chòir cuideam a chur air, aithne a thoirt do agus luach a chur ann an grunn nithean. Am measg nan cùisean a bu trice air an deach bruidhinn sna freagairtean sgrìobhte agus aig na tachartasan, bha:

- barrachd aithne do dh’ionnsachadh/eòlas/coileanadh nas practaigiche, nach eil cho stèidhichte air cùisean acadaimigeach, leithid theisteanasan dreuchdail, ionnsachadh sa choimhearsnachd, obair shaor-thoileach agus greisean-obrach, agus sgeamaichean leithid Dhuaisean Diùc Dhùn Èideann, Duais Iain Muir, agus Duaisean Coileanaidh Òigridh;
- barrachd cuideim ga chur air na ceithir comasan (luchd-ionnsachaidh soirbheachail, daoine misneachail, com-pàirtichean èifeachdach, agus saoranaich earbsach), agus air taghadh nas fharsainge de sgilean, leithid daingneachd phearsanta, fèin-bhrosnachadh, conaltradh, co-rèiteachadh, obair chom-pàirteach/sgioba, sgilean eadar-phearsanta, sgilean eadar-phearsanta leasaichte, buidseatan/rian air ionmhas, beusan, loidsig is breithneachadh, a’ lorg fhuasglaidhean air duilgheadasan, sgilean practaigeach is obrach, sgilean iomairt is stiùiridh;
- feumar an aon spèis a nochdadh do agus feumaidh an aon chothrom a bhith ann air diofar theisteanasan (a’ gabhail a-steach, ach chan iad seo a-mhàin, teisteanasan acadaimigeach is dreuchdail), agus bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil taghadh nas fharsainge de theisteanasan dreuchdail gan tabhann ann an sgoiltean;
- bu chòir gum bi aig daoine ri smaoineachadh is ionnsachadh gu ceart airson mheasaidhean a bhios a’ dearbhadh nan comasan sin, a bharrachd air a bhith a’ dearbhadh sgilean is eòlas dhaoine, agus bu chòir gluasad air falbh bho “ionnsachadh air mheomhair” agus deuchainnean a tha mar “mheasadh air cuimhne” no comasan cuimhneachaidh; agus

- gum bu chòir gluasad air falbh bho bhith “a’ teagasg airson na deuchainne” agus an dòigh-obrach far a bheil structair is susbaint an ionnsachaidh/a’ chùrsa air an dealbh mu choinneimh na deuchainne:

> “Mar sin, tha e cudromach gum bi teisteanasan air an dealbh a rèir a’ churraicealaim, agus dhòighean ionnsachaidh, teagaisg, agus measaidh sna h-ìrean àrda dhen sgoil an àite na rudan sin a bhith air an stiùireadh leis na teisteanasan.” (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Chaidh a ràdh gum feum a h-uile sgoil curraicealam farsaing, eugsamhail is brìoghmhor a thoirt seachad (no gum feum iad com-pàirteachasan, co-bhanntachdan is dòighean-obrach didseatach a chur air dòigh gus sin a dhèanamh), agus gum feum iad cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd ann a thaobh chothroman air agus mar a thèid a chur an sàs. Bhathar dhen bheachd gum feumar barrachd a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gum bithear a’ nochdadh an aon spèis do dhiofar sheòrsaichean teisteanais, agus gum feumar siostaman a stèidheachadh airson dèanamh cinnteach gum bi daoine a tha a' frithealadh ionad no sgoil nas lugha agus/no air an dùthaich a’ faighinn cothrom air an aon taghadh farsaing de chuspairean/teisteanasan ’s a gheibh daoine ann an sgìrean eile. Bhathar cuideachd dhen bheachd gun robh e cudromach gum biodh cothrom aig sgoilearan is oileanaich niùro-eugsamhail, agus aig an fheadhainn le feumalachdan taice a bharrachd, air teisteanasan. Thuirt feadhainn eile gum biodh e cudromach dèanamh cinnteach le stuthan cùrsa is dòighean-measaidh gum bite a’ gabhail ealla ri diofar chultaran agus nach bite a’ fàgail cuid a sgoilearan/oileanaich fo anacothrom, leithid na feadhna bho sgìrean/suidheachaidhean far a bheil iad fo anacothrom, mhion-chuibhreannan dhen t-sluagh, msaa. Thuirt cuid a dhaoine gum biodh e cudromach gum faigheadh daoine òga a tha ag ionnsachadh san dachaigh aca cothrom air an taghadh iomlan de theisteanasan.

Co-obrachadh

Am measg nam prìomh chùisean eile air an deach bruidhinn bha mar a dh’fheumar dèanamh cinnteach gum bi susbaint nan cùrsaichean is measaidhean freagarrach, agus gun gabh an atharrachadh, airson beatha dhaoine, an àite-obrach san àm ri teachd, agus/no foghlam adhartach/àrd-ìre. B’ e an dòigh a’ b’ fheàrr sin a dhèanamh a rèir a’ mhòr-chuid de luchd-freagairt, co-obrachadh eadar am BTU agus luchd-compàirt is luchd-ùidhe, agus mhol daoine a bh’ aig na tachartasan gum feumadh luchd-ùidhe a bhith an sàs aig ìre nas practaigiche ann a bhith a’ dealbh theisteanasan.

Thuirt tòrr luchd-freagairt gum feumadh am BTU co-chonaltradh a chur air dòigh agus a dhèanamh ri taghadh farsaing de luchd-ùidhe agus cothrom a thoirt dhaibh molaidhean a thoirt seachd, luchd-ùidhe leithid: luchd-teagaisg; eòlaichean/luchd-comhairleachaidh airson chuspairean; colaistean is oilthighean; buidhnean nàiseanta; luchd-ionnsachaidh agus pàrantan/luchd-cùraim; agus fastaichean. Chaidh a mholadh gu h-àraidh gum bu chòir co-obrachadh a bhith ann le agus eadar buidhnean buileachaidh, luchd-teagaisg/-oideachaidh, colaistean is oilthighean, agus fastaichean gus modhan-obrach seasmhach is teisteanasan fa

leth a stèidheachadh. Bha grunn bhuidhnean dhen bheachd gum bu chòir beachdachadh air Fiosrachadh mun Mhargaidh Shònraichte (FMS) nuair a bhite a' dèanamh sin:

> "Feumaidh sibh barrachd comhairle fhaighinn bho thidsearan fiosrach a tha an sàs san obair, agus bho fhastaichean is ionadan foghlaim adhartaich is àrd-ìre air na beàrnan a th' ann a thaobh sgilean." (Neach fa leth)

> "Thoiribh cothrom do phrìomh luchd-ùidhe – leithid dhaoine òga, tidsearan is òraidichean, fastaichean, agus gnìomhachasan – gus pàirt a ghabhail ann a bhith a' dealbh is a' dèanamh measadh air teisteanasan. Nì sin cinnteach gum bi teisteanasan a' frithealadh air feumalachdan practaigeach gach duine." (Ùghdarrasan Ionadail)

Chaidh a ràdh cuideachd (ann am freagairtean sgrìobhte agus aig tachartasan) gum feumte conaltradh a dhèanamh gu fad is farsaing a thaobh atharraichean sam bith is theisteanasan ùra agus dèanamh cinnteach gun robh daoine mothachail air na bha a' tachairt, le bhith a' sgaoileadh fios am measg luchd-ùidhe agus a' mhòr-shluaigh airson cùisean a dhèanamh soilleir agus dèanamh cinnteach gum biodh tuigse aig a h-uile duine air na teisteanasan a tha rim faotainn agus gun cuireadh iad luach annta. Bhathar dhen bheachd gun robh sin gu h-àraidh cudromach airson sgoiltean is na daoine a nì feum de na teisteanasan, leithid ionadan foghlaim adhartaich is àrd-ìre agus fastaichean:

> "Feumar obair a dhèanamh leis na h-àiteachan dhan tèid daoine às dèidh na sgoile leithid ghnìomhachasan agus gu h-àraidh oilthighean, airson dèanamh cinnteach gu bheil tuigse choitcheann ann air teisteanasan ùra agus air luach nan teisteanasan sin." (Sgoiltean/Tràth-bhliadhnaichean)

> "Feumaidh oilthighean is colaistean a bhith an sàs sna còmhraidhean – gu h-àraidh a thaobh na nì iad a thaobh theisteanasan airson sgilean nas teicnigiche air a bheil iarraidh mhòr – agus bu chòir am brosnachadh gus taic a chur ri taghadh farsaing de theisteanasan a bhios freagarrach airson iomadh roghainn is ceann-uidhe a bhios aig daoine. Chan e a-mhàin gum feum an treas ìre de dh'fhoghlam agus, gu cudromach, fastaichean gabhail ris na h-atharraichean seo, ach cuideachd feumaidh am mòr-shluagh gabhail riutha." (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Dòighean-obrach Iomlanach a Dhìth

Chaidh a dhèanamh follaiseach ma thathar gu bhith a' beachdachadh air atharraichean sam bith air teisteanasan (agus measaidhean) gum feumar coimhead air a' churraicealaim, mar a tha e air a dhealbh is ath-sgrùdaidhean air, agus air feallsanachd teagaisg aig an aon àm. Chaidh a ràdh gun robh dòighean-obrach iomlanach a dhìth gus ath-leasachadh soirbheachail a chur an gnìomh. Chaidh sgrùdaidhean cunbhalach a mholadh cuideachd air a' churraicealam agus measaidhean, gus an gabhadh an nuadhachadh agus an ùrachadh nuair a bhiodh

feum air gus freagairt air atharraichean sa chomann-shòisealta, ann an teicneòlas agus ann an àiteachan-obrach/gnìomhachasan. Chaidh a dhèanamh follaiseach a-rithist gum feumadh luchd-teagaisg a bhith an sàs sna h-ùrachaidhean sin. Cuideachd, bu chòir ath-sgrùdadh a dhèanamh air na teisteanasan a gheibhear gus cur às dhan fheadhainn nach eil freagarrach tuilleadh agus feadhainn eile a stèidheachadh nan àite a tha nas freagarraiche airson a bhith ag ionnsachadh nan sgilean iomchaidh a tha dhìth san eaconamaidh/ann an gnìomhachasan.

Structair nan Teisteanasan

Chuir cuid (a' gabhail a-steach deagh chuid de na buidhnean) taic ris na molaidhean ann an Aithisg Hayward, agus gu h-àraidh ris a' mholadh gus Dioplòma Coileanaidh na h-Alba (SDA) a chleachdadh. Chaidh a ràdh gum bu chòir sin a chleachdadh gus ath-leasachadh a dhèanamh air teisteanasan, agus gum feumar tòiseachadh air an obair gus na molaidhean a chur an sàs:

> "Bu chòir aithne fhollaiseach a thoirt dhan lèirsinn is na molaidhean a chithear san aithisg aig Louise Hayward agus ealla a ghabhail riutha gus stiùir a thoirt dhan obair airson teisteanasan a chruthachadh san ùine air thoiseach. Chaidh beachdan na dùthcha a chruinneachadh is a chur an cèill san aithisg sin agus thathar a' cur taic làidir ris na molaidhean innte a thaobh an t-seòrsa ath-leasachaidh a chòrdadh rinn fhaicinn airson teisteanasan." (Ùghdarrasan Ionadail)

Chuir daoine eile taic ris, no mhol iad gum bu chòir beachdachadh air, na toraidhean bho Aithisg Stobart is Aithisg Withers. Cuideachd, bha taic fharsaing ann airson a bhith a' cleachdadh ìrean Frèam Chreideasan is Theisteanasan na h-Alba (SCQF) gus slighean ionnsachaidh a chomharrachadh agus gus frèam co-cheangailte is co-aonaichte a dhealbh:

> "Bu chòir do bharrachd dhaoine a bhith a' toirt aithne do thaghadh nas fharsainge de theisteanasan, gu h-àraidh feadhainn far nach eil tòrr an crochadh air measaidhean airson an teisteanas a thoirt a-mach, gus ealla a ghabhail ris an iomadh dòigh sam bi daoine òga a' dearbhadh an cuid eòlais agus gu bheil tuigse aca air cuspairean. Tha mi a' cur taic ris a' bheachd gum bu chòir frèam an SCQF a bhith mar a' phrìomh shlat-tomhais gus ìrean-coileanaidh a mheasadh airson teisteanasan." (Neach fa leth).

Chaidh molaidhean eile, co-cheangailte ri teisteanasan sònraichte, a thoirt seachad cuideachd. Nam measg bha gum bu chòir do chuid a theisteanasan (gu h-àraidh Nàiseanta 5 is Àrd-ìre) a bhith air an teagasg thairis air dà bhliadhna (an àite bliadhna), no gum bu chòir susbaint a' chùrsa atharrachadh gus dèanamh cinnteach gun gabh ionnsachadh brìoghmhor a thoirt seachad taobh a-staigh bliadhna. Bha beagan dhen bheachd gum bu chòir ìrean a bhith ann taobh a-staigh an teisteanais airson Nàiseanta 4 is Nàiseanta 5 (gu math coltach ris an Ìre Choitchinn a chleachd a bhith ann) gus brosnachadh a thoirt do sgoilearan agus gus dealbh nas fheàrr a thoirt do dh'fhastaichean air comasan dhaoine. Cuideachd, chaidh a mholadh (ann am freagairtean sgrìobhte agus aig tachartasan) gum bu

chòir gun urrainn do sgoilearan dà ìre a dhèanamh aig an aon àm gus cuideachadh le adhartas, dùbhlan a thoirt dhaibh agus gus leigeil le sgoilearan feuchainn air ìrean nas àirde a ruighinn gun chunnart ann nach fhaigh iad teisteanas sam bith, agus le sin cha bhi uiread de chunnart ann gum feum iad a dhol sìos ìre (me, bho Nàiseanta 5 gu Nàiseanta 4), oir bhathar dhen bheachd gum bi daoine a' call misneachd an uair sin. Cuideachd, bhathar dhen bheachd gum bu chòir Teisteanasan Nàiseanta (TA) agus Duaisean Adhartais Nàiseanta (DAN) a bhith a' co-fhreagairt nas fheàrr air a chèile gus leigeil le daoine gluasad eadar na dhà. Mhol daoine eile teisteanasan eadar-dhealaichte a chur an sàs, mar eisimpleir, a' tilleadh gu teisteanasan leis an Ìre Choitchinn, teisteanasan GCSE a chur an sàs no teisteanas coltach ri *baccalaureate*.

Mar a Thèid Ath-leasachaidhean a Chur an Sàs

B' e aon chùis a chaidh a thogail (an seo agus air feadh a' cho-chomhairleachaidh) maoineachadh airson sgoiltean agus foghlam, agus thuirt luchd-freagairt gum biodh feum air maoineachadh is taic fhreagarrach, an dà chuid gus an curraicealam a chur an sàs agus gus frithealadh air feumalachdan gach neach-ionnsachaidh, agus airson beachdachadh air atharraichean agus gus na h-atharraichean sin a chur an gnìomh.

Cuideachd, chaidh a ràdh gum biodh e cudromach gum biodh ùine gu leòr aig sgoiltean ro-làimh gus eòlas a chur air na dòighean-obrach ùra. Mar sin, dh'fheumte susbaint agus slatan-tomhais airson mheasaidhean a thoirt do sgoiltean ann an deagh àm agus greis mhath mus tòisicheadh na cùrsaichean ùra. Chaidh a mholadh cuideachd gum biodh taic a bharrachd a dhìth le sgrìobhainnean stiùiridh gan toirt seachad agus bho eòlaichean air cuspairean a dh'ullaichdeadh stuthan-teagaisg, measaidhean agus eisimpleirean de fhreagairtean. Cuideachd, bhiodh maoineachadh a dhìth airson diofar chothroman leasachaidh proifeiseanta do luchd-teagaisg, agus bhiodh ùrachadh a dhìth air a' phròg ram airson Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg (CFL). A thuilleadh air sin, feumar stiùiridhean is fiosrachadh a sgaoileadh ro thoiseach na bliadhna sgoile agus chan ann às dèidh do na cùrsaichean a bhith air tòiseachadh.

Beachdan Eile

Bhruidhinn beagan dhen luchd-fhreagairt mun taobh eadar-nàiseanta dhen obair aig a' bhuidhinn theisteanas a th' ann an-dràsta. Ged a bha grunn dhiubh dhen bheachd gum bu chòir dhan BhTU cumail orra le bhith a' toirt theisteanasan seachad sa chòrr dhen RA agus gu h-eadar-nàiseanta, thuirt cuid a dhaoine gun robh feum air mìneachadh air leithid a dh'obair choimeirsealta, is an teachd-a-steach a thig bhuaipe, mus b' urrainn dhaibh beachd a thoirt seachad air a' cheist am bu chòir dhan BhTU na dleastanasan sin a ghleidheadh, agus chaidh draghan a thogail gum faodadh leithid a dhleastanasan buaidh a thoirt air na dleastanasan a bhiodh aig a' bhuidhinn a thaobh sheirbheisean poblach.

Thog cuid a luchd-freagairt draghan mun bhuaidh a bhiodh aig na molaidhean airson BTU agus mar a dh'fhaodadh strì eadar com-pàirtean èirigh eadar am BTU agus buidhnean buileachaidh eile. Chaidh a ràdh gum faodadh e a bhith neo-iomchaidh nam biodh am BTU a' stiùireadh chùisean airson a h-uile teisteanas ann

an Alba agus a’ dealbh gach fear dhiubh, oir tha grunn bhuidhnean buileachaidh eile ann an-dràsta – bhathar a’ faireachdainn gum biodh monopolaidh ann, gum biodh cus chosgaisean ann, agus nach biodh uiread de chothroman aig luchd-ùidhe pàirt a ghabhail ann an cùisean leis an dòigh-obrach sin.

Bha dragh air cuid a luchd-freagairt nach robh mòran eadar-dhealachaidh ann eadar na molaidhean airson BTU agus dleastanasan, agus obair, an SQA. Mar sin, bhathar dhen bheachd nach deigheadh atharraichean brìoghmhor a chur an sàs:

> “Tha na tha sibh air a mhìneachadh an seo an ìre mhath coltach ris mar a tha cùisean an-dràsta leis an SQA.” (Neach fa leth)

Sàr-mhathas an lùib Ionnsachadh is Teagasg

Le bhith a’ moladh BTU a stèidheachadh, bha Riaghaltas na h-Alba a’ gabhail ri moladh an Ollaimh Muir: “Bu chòir structair riaghlaidh na buidhne a thathar a’ moladh, Teisteanasan Alba, atharrachadh gus am bi an luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg, luchd-obrach is an luchd-ùidhe ris am bi iad a’ dèiligeadh air an riochdachadh gu ìre motha agus gus am bi a’ bhuidheann nas cunntachail dhaibh.”

Gus sin a dhèanamh, chaidh trì prìomh mholaidhean a thoirt seachad sa cho-chomhairleachadh:

- bidh e mar riatanas gum bi daoine air Bòrd na buidhne theisteanas le eòlas practaigeach air an obair gus ionnsachadh is teagasg a thoirt seachad airson teisteanasan agus air na tha an lùib sin an-dràsta. Mar eisimpleir, bidh co-dhiù aon neach-teagaisg agus aon òraidiche bho cholaiste air a’ Bhòrd;
- thèid Comataidh shònraichte a stèidheachadh mar phàirt de structair na buidhne airson cho-dhùnaidhean a dhèanamh mar mheadhan gus beachdan fhaighinn bho luchd-teagaisg. Dh’fhaodadh na daoine a leanas a bhith air a’ Chomataidh seo: luchd-teagaisg a tha ag obair an-dràsta, riochdairean bho leithid na comainn phroifeiseanta is aonaidhean-ciùird aig luchd-teagaisg, agus eòlaichean le eòlas spèisealta air dòighean-teagaisg is feallsanachd teagaisg; agus
- bu chòir dhan buidhinn theisteanas “Cairt” shònraichte airson luchd-cleachdaidh a stèidheachadh airson luchd-teagaisg agus sin a dhèanamh ann an co-bhuinn riutha. Bheireadh a’ Chairt seo soilleireachd do luchd-teagaisg a thaobh na bu chòir dhaibh a bhith a’ sùileachadh bhon bhuidhinn theisteanas nuair a tha iad a’ lìbhrigeadh theisteanasan agus nuair a tha iad ag obair còmhla riutha.

C2: Ciamar as fheàrr as urrainn do Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gun gabhar ealla cheart ri beachdan luchd-teagaisg taobh a-staigh na buidhne theisteanas ùire, agus an tachair sin leis na molaidhean seo?

Bha taic làidir ann dhan bheachd gum bu chòir do luchd-teagaisg a bhith air an gabhail a-steach an lùib structair is obair a’ BhTU. San fharsaingeachd, chaidh

fàilte a chur air na molaidhean a thaobh a’ Bhùird, Comataidh Chomhairleachaidh agus Cairt ùr, ge-tà, bha laigsean ann a rèir cuid a dhaoine.

Feum air Ìrean Riochdachaidh nas Motha airson Luchd-teagaisg

Bha tòrr dhaoine dhen bheachd (ann am freagairtean sgrìobhte agus aig tachartasan) gum biodh feum air barrachd air aon neach-teagaisg is aon òraidiche air a’ Bhòrd agus gum bu chòir gu leòr luchd-teagaisg/òraidichean a bhith air a’ Chomataidh gus buaidh cheart a thoirt air cùisean. Gu dearbh, mhol grunn luchd-freagairt gum bu chòir eòlas a bhith aig a’ mhòr-chuid de bhuill a’ Bhùird agus na Comataidh air a bhith a’ teagasg sgoilearan/oileanach o chionn ghoirid. Bha e gu h-àraidh a' cur dragh air luchd-freagairt, nam biodh dìreach aon neach-teagaisg agus aon òraidiche air a’ Bhòrd gum biodh e furasta na beachdan aca a chur an dàrna taobh no gun a bhith a’ gabhail ealla riutha, agus/no gum biodh e do-dhèanta dhaibh a h-uile neach-teagaisg a riochdachadh gu ceart:

> “’S e ceum mòr a bhios ann nuair a thèid buidheann chomhairleachaidh luchd-teagaisg a stèidheachadh agus nuair a bhios barrachd luchd-teagaisg air a’ Bhòrd aig buidheann theisteanas ùr. Ge-tà, tha e gòrach a bhith a’ moladh gum bi dìreach aon neach-teagaisg air a’ Bhòrd… Bu chòir a’ mhòr-chuid de bhuill a’ Bhùird a bhith nan luchd-teagaisg bho gach ìre, a’ gabhail a-steach àrd luchd-stiùiridh. ’S ann an uair sin a bhiodh Bòrd ùghdarrasach ann a bhiodh a’ riochdachadh bheachdan nan daoine aig a bheil eòlas ceart air measaidhean.” (Neach fa leth)

Chaidh a dhèanamh follaiseach gun robh feum air barrachd luchd-teagaisg is òraidichean air a' Bhòrd gus am biodh daoine ann le taghadh farsaing de dh’eòlas/beachdan. Mar an ceudna, chaidh a mholadh gum bu chòir taghadh de dhaoine a bhith air na Comataidhean a nì cinnteach gum bi farsaingeachd de sheallaidhean air an riochdachadh. Leis an dà mholadh sin, bhathar dhen bheachd gum biodh feum air luchd-teagaisg ann an structairean riaghlaidh a’ BhTU a bhiodh a' riochdachadh farsaingeachd de chuspairean; sgìrean agus àiteachan SIMD; suidheachaidhean deamografach; aoisean sgoilearan; ìrean is feumalachdan; Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig; ionadan foghlaim a tha fo sgèith buidheann creideimh agus nach eil; luchd-teagaisg aig diofar ìrean dhen dreuchd aca; msaa. Chaidh a ràdh cuideachd gum bu chòir dhan luchd-teagaisg a bhith a’ teagasg an-dràsta no gum bu chòir gu bheil iad air a bhith a’ teagasg o chionn ghoirid, chaidh draghan a thogail nam biodh daoine ann nach robh air a bhith a’ teagasg o chionn ghreis nach biodh eòlas aca air cùisean mar a tha iad an-dràsta agus gum biodh iad a’ moladh rudan nach robh freagarrach. Mhol cuid a dhaoine gum bu chòir do luchd-teagaisg/òraidichean a bhith nam buill dìreach airson ùine stèidhichte (còig bliadhna aig a’ char as fhaide) no gum bu chòir a’ bhallrachd atharrachadh gu cunbhalach gus am bithear a’ cluinntinn bheachdan ùra agus gus am faighear beachdan freagarrach bho luchd-teagaisg a tha an sàs ann an obair teagaisg:

> “Feumaidh riochdairean a bhith air a’ Bhòrd is air a’ Chomataidh Chomhairleachaidh ùir bho dhiofar ionadan foghlaim agus diofar ìrean, chuspairean agus sgìrean. Feumaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh gu cunbhalach air ballrachd leithid a bhuidhnean gus an

> cluinnear diofar bheachdan agus gus am bi obair nam buidhnean sin fhathast earbsach is a’ togail air cùisean iomchaidh. Chan e dìreach daoine le eòlas practaigeach a tha a dhìth, mar a thathar ag ràdh sa phàipear cho-chomhairleachaidh, feumaidh luchd-teagaisg a tha fhathast a’ teagasg a bhith am measg buill a’ Bhùird.” (Ùghdarrasan Ionadail)

Cuideachd, bhathar dhen bheachd gun robh “buill ùra” a dhìth sa BhTU, chan e dìreach na h-aon daoine ann am buidheann “fo ainm ùr”:

> “Chan fhaigh sibh fuasgladh air na duilgheadasan le bhith a’ fastadh an aon luchd-obrach ann am buidheann fo ainm ùr. Tha daoine ùra le beachdan ùra a dhìth.” (Neach fa leth)

Ma thathar gu bhith a’ dèanamh co-chonaltradh ri luchd-teagaisg, leithid tro bhith a’ toirt cothrom dhaibh a bhith air Bòrd no Comataidh, no tro mhodhan co-chonaltraidh eile (mar a chithear ann an Caibideil 4), feumar ùine shònraichte a chur air dòigh dhaibh a bhios air a gleidheadh airson chothroman co-chonaltraidh agus feumar taic a thoirt dhaibh. Bhiodh sin a dhìth gus am biodh luchd-teagaisg is òraidichean a’ faighinn ùine dheth bho theagasg (gun a bhith a’ toirt droch bhuaidh air na clasaichean aca) agus/no gus cothrom a thoirt dhaibh a dhol an sàs ann an co-chonaltradh no co-chomhairleachaidhean san latha-obrach aca.

Comataidh a Bheir Buaidh Cheart air Cùisean

Bha grunn math luchd-freagairt dhen bheachd gun robhar gu tric air iarraidh air luchd-teagaisg beachdan a thoirt seachad san ùine a dh’fhalbh, ach gun robh daoine a’ faireachdainn nach deach ealla a ghabhail riutha, nach deach dad a dhèanamh mun deidhinn, no gun deach an cur an dàrna taobh is beachdan dhaoine eile a’ faighinn prìomhachas. Mar sin, chaidh draghan a thogail mu obair is buaidh na Comataidh a bhathar a’ moladh, agus dragh air luchd-freagairt gum bite a' toirt èisteachd gun sùim do bheachdan luchd-teagaisg an àite a bhith a’ toirt cothrom dhaibh buaidh cheart a thoirt air co-dhùnaidhean. Bhathar dhen bheachd gum feumte beachdan luchd-teagaisg a thoirt fa-near, rudeigin a dhèanamh mu na beachdan aca, agus gu cudromach, gum bu chòir innse dhaibh mu ghnìomhan no builean sam bith a bhios ann mar thoradh air a’ cho-chonaltradh. Gu dearbh, bhruidhinn grunn luchd-freagairt air conaltradh eadar am BTU is luchd-teagaisg, agus iad ag ràdh gun robh e cudromach gum faigheadh luchd-obrach fios air leasachaidhean ùra, agus fios greis ro-làimh mu atharraichean:

> “Feumaidh e a bhith follaiseach do luchd-obrach gun deach ealla a ghabhail ri beachdan a thugadh seachad.” (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Cuideachd, thuirt grunn luchd-freagairt (a’ gabhail a-steach feadhainn aig tachartasan) gun robh na molaidhean a’ sealltainn dhòighean sam b’ urrainn do luchd-teagaisg beachdan a thoirt seachad dhan BhTU, ach nach robhar a’ toirt fiosrachadh no dearbhadh seachad a thaobh dè a’ bhuaidh a bhiodh aig na beachdan aca, no dè na structairean a bhiodh ann gus dèanamh cinnteach gun deigheadh ealla a ghabhail ri comhairle no gun deigheadh gnìomhan a chur an sàs mu choinneimh na comhairle sin. Bhathar cuideachd dhen bheachd nach robh

fiosrachadh gu leòr sna molaidhean mu mar a b’ urrainn do luchd-teagaisg pàirt brìoghmhoir a ghabhail ann a bhith a’ dealbh chlàran-oideachaidh, agus mu na ghabhadh dèanamh mura robh am BTU air cumhachan na Cairte a choileanadh:

> “Tha iomradh sna molaidhean air Cairt a bhiodh a’ sealltainn na bu chòir do luchd-teagaisg a bhith a’ sùileachadh bho bhuidheann ùr sam bith; ge-tà, chan eil mòran fiosrachaidh sam bith sna molaidhean air dè b’ urrainn do neach-teagaisg, roinn, sgoil no ùghdarras ionadail a dhèanamh mura deach cumhachan na Cairte a thathar a’ moladh a choileanadh. Chan eil coltas ann gu bheil na molaidhean a’ stèidheachadh dòigh èifeachdach sam biodh buidheann ùr sam bith a’ gabhail ealla ri beachdan luchd-teagaisg… Nam biodh gealltanas ann gus obrachadh le leithid a dhòigh-obrach, far am bite a’ gabhail ealla ri eòlas is fèin-fhiosrachadh an luchd-teagaisg, bhiodh e na bhuailtiche gun toireadh sin cothroman dhaibh buaidh a thoirt air obair na buidhne ùire seach ballrachd gun bhuaidh air a’ Bhòrd aca.” (An Treas Roinn)

Taghadh nas Fharsainge de Riochdairean

Ged a bhathar dhen bheachd gun robh e cudromach gum biodh luchd-teagaisg (me, tidsearan agus òraidichean) an sàs ann an cùisean, mhol grunn dhaoine is bhuidhnean gum bu chòir luchd-dreuchd eile cuideachd a bhith nam buill de Bhòrd is Comataidh a’ BhTU, leithid:

- taghadh nas fharsainge dhen fheadhainn a bhios a’ lìbhrigeadh is a’ toirt seachad theisteanasan, leithid luchd-solair trèanaidh neo-eisimeileach is san treas roinn, daoine a bhios a’ toirt ionnsachadh inbheach is coimhearsnachd seachad, roinn na h-òigridh/Luchd-obrach Òigridh/riochdairean airson Duaisean Òigridh, Com-pàirteachas an SCQF, prìosain, ionadan tèarainte agus àiteachan-obrach;
- luchd-teagaisg bun-sgoile/airson Foghlam Farsaing Coitcheann (FFC) agus luchd-obrach tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne (TCC);
- buidhnean riochdachaidh airson luchd-dreuchd is aonaidhean luchd-teagaisg – ged a chaidh beachdan a thogail an aghaidh na dhà dhiubh – thuirt cuid a luchd-freagairt gun robh e cumanta gu leòr luchd-obrach a bhith aig na buidhnean riochdachaidh nach robh a’ teagasg tuilleadh agus mar sin dh’fhaodadh nach biodh eòlas aca air na dòighean-obrach as ùire, agus bha aonaidhean a’ riochdachadh luchd-teagaisg, cha robh iad a' bruidhinn às leth dhaoine òga no foghlam san fharsaingeachd;
- ùghdarrasan ionadail;
- eòlas-inntinn foghlaim;
- daoine le eòlas spèisealta air taic airson ionnsachadh agus feumalachdan foghlaim sònraichte agus ciorraman (FFSC);
- riochdairean bho Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus daoine le eòlas air foghlam bogaidh;
- luchd-oideachaidh thidsearan; agus

- taghadh de dhaoine a nì feum de na teisteanasan, leithid oilthighean, fastaichean, buidhnean gnìomhachais/malairt.

Laigsean is Beachdan Neo-thaiceil

Chaidh a ràdh ann am freagairtean sgrìobhte agus aig na tachartasan gun robh barrachd fiosrachaidh a dhìth air adhbhar a' Bhùird, dreuchdan, dleastanasan is obair a' Bhùird agus na Comataidh, agus air mar a dh'obraicheadh a' Chomataidh agus mar a bhiodh i eadar-dhealaichte bhon Chomhairle/Chomataidh Chomhairleachaidh a th' aig an SQA an-dràsta, agus mar a dh'obraicheadh am Bòrd is a' Chomataidh còmhla. Am measg nam puingean sònraichte bha: nach robh Prìomh Dhleastanasan na Comataidh air am mìneachadh, is cha robh fiosrachadh air modhan-aithris, cò chuireadh buill na Comataidh an dreuchd, an ceangal eadar a' Chomataidh agus builean na Cairte, agus air mar a dheigheadh barrachd cunntachalachd is soilleireachd a chur an sàs. Bhathar dhen bheachd gun robh leithid a dh'fhiosrachadh a dhìth gus sealltainn dè cho èifeachdach 's a bhiodh na structairean riaghlaidh. Bhathar cuideachd dhen bheachd gun robh barrachd fiosrachaidh a dhìth air cruth is susbaint na Cairte mus b' urrainn do luchd-freagairt beachd a thoirt oirre, agus thuirt cuid a dhaoine gur dòcha nach biodh feum air a' Chairt.

Thuirt daoine a bha an aghaidh nam molaidhean, no a bha a' togail cheistean san fharsaingeachd mu bhuaidh nam molaidhean, gun robh a' bhuidheann ùr gu math coltach ris a' bhuidhinn a th' ann an-dràsta le dòighean-obrach coltach ris an SQA, mar sin bha e doirbh dhaibh dòighean a chomharrachadh san dèanadh seo diofar mòr sam bith. Bhathar dhen bheachd nach robh feum air comataidhean is modhan-stiùiridh a bharrachd, ach b' e a bha dhìth atharraichean susbainteach air luchd-obrach, dòighean-obrach agus air mar a nithear co-obrachadh/co-chonaltradh le luchd-teagaisg is luchd-dreuchd.

Cuideachd, thuirt cuid a dhaoine, gur iad feumalachdan fhastaichean is eaconamach as cudromaiche nuair a thig e gu bhith a' cur leasachaidhean an sàs ann am foghlam, agus mar sin 's dòcha nach bu chòir barrachd suime a thoirt do bheachdan luchd-teagaisg seach beachdan dhaoine eile san t-siostam.

Bidh Sgoilearan is Oileanaich na h-Alba a' Gabhail Pàirt ann an Co-dhùnaidhean a Bheir Buaidh Orra

Chaidh a mholadh san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh – agus sin a' togail air a' mholadh aig an Ollamh Muir a chithear os cionn C2 – gum bu chòir buidheann theisteanas ùr a stèidheachadh gus cothroman soilleir is brìoghmhor a thoirt do dhaoine a tha ag ionnsachadh airson teisteanasan airson buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean a nì a' bhuidheann mu theisteanasan is measaidhean. A-rithist, chaidh trì prìomh mholaidhean a thoirt seachad gus seo a thoirt gu buil:

- bu chòir buill a bhith air a' Bhòrd as urrainn beachdan a thoirt seachad às leth dhaoine a tha ag ionnsachadh airson teisteanasan;
- thèid Comataidh shònraichte a stèidheachadh mar phàirt de structairean na buidhne airson co-dhùnaidhean foirmeil a dhèanamh. Dh'fhaodadh na

leanas a bhith nam buill dhen Chomataidh seo: daoine a tha, no a bha o chionn ghoirid, ag ionnsachadh airson diofar sheòrsaichean teisteanais; buill de bhuidhnean a bhios a' riochdachadh diofar sgoilearan is oileanaich; agus luchd-obrach spèisealta a tha an sàs ann an co-chonaltradh le sgoilearan is oileanaich; agus

- feumaidh a' bhuidheann Cairt luchd-cleachdaidh shònraichte a dhealbh airson sgoilearan, oileanaich agus an luchd-riochdachaidh aca agus sin a dhèanamh ann an co-bhuinn riutha. Sa Chairt sin thèid na bu chòir dhaibh a bhith a' sùileachadh bhon bhuidhinn a chur an cèill agus 's e a tha fa-near dhuinn leatha dèanamh cinnteach gum bi na teisteanasan agus mar a thèid an lìbhrigeadh a' frithealadh air feumalachdan nan daoine a tha airson na teisteanasan sin a thoirt a-mach.

C3: Ciamar as fheàrr as urrainn do Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gum bi na beachdan aig sgoilearan, oileanaich is luchd-ionnsachaidh eile air an riochdachadh gu ceart taobh a-staigh na buidhne theisteanas ùire, agus an tachair sin leis na molaidhean seo?

Bha a' mhòr-chuid de bhuidhnean a' cur taic ris a' mholadh gus cothrom a thoirt do sgoilearan is oileanaich airson pàirt a ghabhail sa BhTU, agus ris na trì molaidhean sònraichte. Ge-tà, bha measgachadh nas motha de bheachdan aig daoine fa leth.

Taic do Luchd-ionnsachaidh gus Pàirt a Ghabhail ann an Cùisean

Chuir tòrr taic ris na molaidhean, agus thuirt luchd-freagairt gun robh iad cothromach, freagarrach agus gum bu chòir gun toireadh iad na cothroman, a bhathar a' miannachadh, do sgoilearan is oileanaich gus pàirt a ghabhail agus beachdan a thoirt seachad. Ged a chaidh a mholadh (ann am freagairtean sgrìobhte agus le daoine aig tachartasan) gum bu chòir do sgoilearan is oileanaich a bhith an sàs ann an cùisean air feadh nan cothroman co-chonaltraidh, a-rithist, chaidh tòrr de na h-aon phuingean a thogail 's a chunnacas fo C2 – me, gun robh farsaingeachd de riochdairean a dhìth air a' Bhòrd agus air a' Chomataidh le daoine bho dhiofar shuidheachaidhean sòisealta, eaconamach is deamografach, de dhiofar aoisean is bho dhiofar sheòrsaichean foghlaim, a tha an sàs ann an teisteanasan aig diofar ìrean, bho dhiofar sgìrean (a' gabhail a-steach teisteanasan eadar-nàiseanta), agus gus dèanamh cinnteach gum bi luchd-ionnsachaidh niùro-eugsamhail, le ciorram, a tha air a bhith fo chùram, a tha fo chunnart no fo dhìon no luchd-cùraim òga air an gabhail a-steach; gun gabhar ealla cheart ri beachdan luchd-ionnsachaidh; agus gum bu chòir gum faighear fios air a' bhuaidh a bhios aig beachdan nan sgoilearan is nan oileanach agus air na builean a thig bho na beachdan sin. Thuirt grunn luchd-freagairt gum feumar ballrachd a' Bhùird is na Comataidh atharrachadh gu tric gus am bi luchd-ionnsachaidh orra le eòlas air foghlam mar a bhios e aig an àm. Bha daoine eile dhen bheachd gum biodh e cudromach gum biodh daoine air a' Bhòrd/a' Chomataidh a bha air crìoch a chur air teisteanas o chionn ghoirid (o chionn ceithir bliadhna no nas lugha), oir b' urrainn dhaibh innse mu na dh'ionnsaich iad o chionn ghoirid agus bhiodh tuigse aca air buaidh/luach an teisteanais. Thuirt tòrr dhaoine cuideachd gun robh e cudromach dèanamh cinnteach gum faigheadh luchd-ionnsachaidh air nach eil e cho furasta

ruighinn, agus daoine nach eil cho buailteach cur a-staigh airson leithid a dhreuchd, taic agus gum biodh iad air am brosnachadh gus pàirt a ghabhail:

> “Tha e riatanach gun urrainn do dhaoine òga pàirt brìoghmhor a ghabhail ann an cùisean, agus nach e guth gun bhuaidh a bhios aca. Feumaidh na daoine òga, a bhios an sàs san structair riaghlaidh a thathar a’ moladh, a bhith a’ riochdachadh bheachdan is sheallaidhean caochladh luchd-ionnsachaidh, leithid na feadhna bho sgìrean bailteil agus dùthchail agus an fheadhainn aig a bheil eòlas air a bhith a’ suidhe theisteanasan. Cuideachd, bu chòir daoine a tha ag ionnsachadh airson taghadh farsaing de theisteanasan a bhith nam measg, leithid Phreantasachdan Bun-ìre agus inbhich a tha ag ionnsachadh.” (Ùghdarrasan Ionadail)

Thuirt cuid a luchd-freagairt nach robh e soilleir leis na molaidhean an robhar am beachd dèanamh cinnteach gum biodh sgoilearan is oileanaich fhèin (me, clann is daoine òga) air a’ Bhòrd, no am biodh riochdairean eile (inbhich) ann nan àite. Thuirt a’ mhòr-chuid de dhaoine gum bu chòir do na sgoilearan is oileanaich fhèin an dleastanas sin a ghabhail os làimh. Ge-tà, chaidh a mholadh cuideachd gur dòcha gum bi feum aig sgoilearan is oileanaich air comasan ùra ionnsachadh, trèanadh, taic is stiùireadh gus am b’ urrainn dhaibh làn-phàirt a ghabhail, beachdan dhaoine eile a thrusadh agus a bhith air a’ Bhòrd agus air a’ Chomataidh mar riochdaire airson a h-uile sgoilear is oileanach eile.

Dòighean Co-chonaltraidh Eile

Ged a bhathar dhen bheachd gum biodh e fìor chudromach beachdan sgoilearan is oileanach a shireadh, bha diofar dhòighean air am moladh mar an dòigh a b’ fheàrr le daoine. Bha cuid ag iarraidh dòighean co-chonaltraidh eile a chur ris an fheadhainn a bhathar a’ moladh gus an gabhadh taghadh na b’ fharsainge de bheachdan a chluinntinn sa BhTU is air a’ Chomataidh/a’ Bhòrd. Bha daoine eile dhen bheachd nach robh anns na molaidhean ach cothroman co-chonaltraidh gun bhrìgh agus gum bu chòir dòighean eile a chur air dòigh gus am b’ urrainn do bharrachd sgoilearan is oileanaich pàirt a ghabhail.

Draghan mu na Molaidhean

Ge-tà, bha luchd-freagairt eile ann nach robh a’ toirt taic do na molaidhean no thog iad draghan mun deidhinn. San fharsaingeachd, bhathar dhen bheachd gum biodh e doirbh dèanamh cinnteach gum b’ urrainn do bhuidheann cho beag de sgoilearan is oileanaich, a bhiodh air a’ Bhòrd no air a’ Chomataidh, beachdan is eòlas a h-uile seòrsa sgoileir is oileanaich a riochdachadh, eadar an fheadhainn air feadh Alba agus gu h-eadar-nàiseanta. Bhathar dhen bheachd leis na molaidhean nach fhaigheadh sgoilearan is oileanaich dad ach “èisteachd gun sùim” an àite cothrom a bhith a’ riochdachadh dhaoine ann an dòigh bhrìoghmhor is cheart. Bha dragh air cuid a dhaoine gur dòcha gum biodh beachdan duine no dithis (aig am biodh na beachdan is miannan pearsanta aca fhèin) a’ stiùireadh atharraichean a bheireadh buaidh air tòrr dhaoine eile agus nach biodh na riochdairean sin a’ cur an cèill no a’ beachdachadh gu ceart air beachdan no eòlas nan daoine eile:

> “Tha draghan mòra orm mu seo. Le tidsearan, tha buidhnean ann a bhios a’ feuchainn ri beachdan a h-uile duine a riochdachadh, chan eil sin ann airson daoine òga. Cluinnear guthan duine no dithis agus bheir iad buaidh air builean iomadh neach.” (Neach fa leth)

> “Chan obraich neach-labhairt oir ’s e a’ chlann fhuaimneach/mhisneachail a bhios ann gach turas air feadh na dùthcha. Feumaidh sibh cluinntinn bhon chloinn shàmhaich/a tha air an dìochuimhneachadh agus a tha a’ faighinn chùisean doirbh.” (Neach fa leth)

Bha cuid dhen bheachd nach biodh gu leòr eòlas farsaing no fèin-fhiosrachadh gu leòr aig clann is daoine òga gus teisteanasan a thuigsinn no gus beachdan a thoirt orra, gu h-àraidh a thaobh nam feumalachdan a th’ aig àiteachan-obrach is foghlam àrd-ìre. Bhathar a’ faireachdainn nach biodh e furasta dhaibh molaidhean fiosrach, practaigeach a thoirt seachad a ghabhadh cur an sàs. Fiù ’s a nuair a bha luchd-freagairt a’ cur taic ris a’ mholadh gum bu chòir do sgoilearan is oileanaich pàirt a ghabhail mar luchd-comhairleachaidh, bha cuid dhen bheachd gur ann an urra ri inbhich le trèanadh is eòlas freagarrach a bu chòir dha a bhith fhathast co-dhùnaidhean a dhèanamh. Bha beagan dhaoine cuideachd dhen bheachd gum biodh beachdan am pàrantan gu tric a’ toirt buaidh air beachdan cloinne is dhaoine òga, agus thuirt daoine eile gum bu chòir prìomhachas a chur air feumalachdan a’ chomainn-shòisealta, na h-eaconamaidh agus fhastaichean, chan ann air beachdan sgoilearan is oileanach.

Dìreach mar a chaidh a ràdh mu luchd-teagaisg a bhith an sàs ann an co-dhùnaidhean, thogadh an aon seòrsa dhraghan an seo mu cho èifeachdach ’s a bhiodh a’ Chairt agus a’ Chomataidh. Thuirt luchd-freagairt (ann am freagairtean sgrìobhte agus aig tachartasan) nach robh fiosrachadh mionaideach ann air cunntachalachd, slatan-tomhais airson soirbheachas, mar a dh’obraicheadh na comataidhean comhairleachaidh le luchd-teagaisg agus sgoilearan is oileanaich còmhla, na thachradh mura gabhte ealla ri beachdan dhaoine no nan deigheadh am beachdan a chur an dàrna taobh. Gu dearbh, chaidh a ràdh, le bhith a’ stèidheachadh Comataidh “Chomhairleachaidh”, bhathar a’ sealltainn nach fheumte èisteachd ris a’ chomhairle a bheirte seachad.

Cuideachd, bha na bu lugha taice ann am measg dhaoine fa leth airson Cairt airson sgoilearan is oileanaich (an coimeas ris a’ Chairt airson luchd-teagaisg), agus thuirt tòrr a thug iomradh oirre nach robh feum oirre agus nach toireadh i mòran buaidhe no buaidh sam bith air cùisean:

> “Chan eil sa chairt ach cleasachd, tha e nas cudromaiche gun tèid na gnìomhan seo fhighe a-steach air feadh amasan is phlanaichean ro-innleachdail na buidhne.” (Neach fa leth)

Ge-tà, bha daoine eile, a’ gabhail a-steach grunn bhuidhnean is dhaoine fa leth, a’ cur taic ri Cairt airson sgoilearan is oileanaich, fhad ’s a bhiodh i soilleir agus nach robh ceàird-chainnt innte:

> “Thathar a’ cur fàilte air cairt airson luchd-ionnsachaidh, oir cuidichidh sin gus a dhèanamh soilleir dè bu chòir dhaibh a bhith a’ sùileachadh agus cuidichidh i daoine òga le bhith a’ tuigsinn dè bu chòir dhaibh a bhith a’ sùileachadh bhon bhuidhinn ùir.” (Ùghdarrasan Ionad)

Mhol beagan luchd-freagairt, an àite a bhith a’ stèidheachadh Chomataidhean is Chairtean fa leth airson luchd-teagaisg proifeiseanta agus sgoilearan is oileanaich, gum biodh e na b’ fheumaile ’s dòcha aon Chomataidh a stèidheachadh gus beachdan an dà bhuidhne a chluinntinn agus gus còmhraidhean a chur air dòigh eatorra, agus aon Chairt a chruthachadh dhan dà bhuidhinn.

Mu dheireadh, bha beagan dhaoine dhen bheachd gum chòir, leis a’ Chairt no eileamaid eile dhen bhuidhinn ùir, sealltainn dè bhite a’ sùileachadh bho sgoilearan is oileanaich – airson sealltainn gun robh com-pàirteachas a dhìth airson foghlam soirbheachail agus gus sealltainn dè na dleastanasan is uallaichean a bhiodh air sgoilearan/oileanaich an lùib foghlam agus ann a bhith a’ cosnadh teisteanas.

Slatan-tomhais Sàr Mhath airson Teisteanasan ann an Alba

Chithear sa phàipear cho-chomhairleachaidh molaidhean airson dhleastanasan barantachaidh (me, a’ dèanamh cinnteach gu bheil teisteanasan a’ coileanadh shlatan-tomhais a tha aithnichte gu nàiseanta). Chaidh a ràdh gum bu chòir na dleastanasan barantachaidh a bhith air an cumail fa leth bhon riaghaltas agus gum biodh iad aig a’ BhTU. Mar sin, bhiodh e an urra ris a’ BhTU slatan-tomhais a stèidheachadh airson bhuidhnean buileachaidh a tha a’ toirt theisteanasan seachad ann an Alba (ach a-mhàin airson cheuman oilthighe) agus a tha a’ sireadh barantachadh airson nan teisteanasan aca, agus bhiodh e an urra riutha cuideachd co-dhùnadh a dhèanamh air cò na teisteanasan a choilean na slatan-tomhais sin gus inbhe bharantaichte a chosnadh. Dheigheadh structairean riaghlaidh a stèidheachadh sa BhTU gus dèanamh cinnteach gun deigheadh na dleastanasan airson slatan-tomhais a stèidheachadh agus teisteanasan a bharantachadh a choileanadh air stèidh neo-eisimeileach is fa leth bho obair na buidhne gus teisteanasan na buidhne fhèin a lìbhrigeadh.

C4: Ciamar as urrainn do Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gu bheil na teisteanasan a thathar a’ tabhann ann an Alba earbsach, sàr-mhath agus freagarrach?

B’ e ceist fharsaing a bh’ innte, agus mar sin thug luchd-freagairt taghadh farsaing de bheachdan is molaidhean seachad, agus bha tòrr fhreagairtean ann nach robh ceangailte ri barantachadh no ris na modhan-barantachaidh a bhathar a’ moladh. Am measg nan cuspairean air an tugadh iomradh bha: na b’ fheàrr le daoine a thaobh cruth nam measaidhean no cuin a bhiodh iad gan cumail no an seòrsa theisteanasan a bhite a’ tabhann; cùisean practaigeach co-cheangailte ri measaidhean/deuchainnean; gum feum measaidhean dearbhadh a thoirt seachad air sgilean, eòlas is tuigse shònraichte; a’ cleachdadh teicneòlas, TF is AI ann an cùrsaichean, measaidhean is ann a bhith a’ dealbh theisteanasan; agus molaidhean airson an t-siostaim a bhiodh a dhìth gus am b’ urrainn do dh’Alba ìre

na b’ àirde a ruighinn ann an clàran-coileanaidh eadar-nàiseanta airson foghlam. Am measg nan cùisean, a thog daoine, a bu dlùithe a bha a’ buntainn ris na molaidhean airson barantachadh theisteanasan bha: structair riaghlaidh a’ BhTU; gum feum slatan-tomhais a bhith co-ionann ri slatan-tomhais eadar-nàiseanta; an siostam barantachaidh saor-thoileach; agus gum feumadh pàirt a bhith aig luchd-ùidhe ann am barantachadh. Cuideachd, thugadh adhbharan seachad carson nach robh daoine a’ cur taic ris na molaidhean.

Structairean Riaghlaidh

Bha cuid a luchd-freagairt dhen bheachd nam biodh e an urra ris a’ BhTU slatan-tomhais a stèidheachadh is barantachadh a chur an sàs, gum biodh sin ciallach, gum bite a’ stèidheachadh dhleastanasan soilleir agus cothroman gus dèanamh cinnteach gu bheil ceangal eadar an dà dhleastanas. Bhathar cuideachd dhen bheachd gum biodh e fìor chudromach gum biodh a’ bhuidheann fa leth bhon riaghaltas:

> “Gus earbsachd is inbhean àrda nan teisteanas a ghleidheadh, tha e deatamach gum bi na modhan-barantachaidh fhathast neo-eisimeileach agus fa leth bho stiùir an riaghaltais. Le bhith a’ fàgail nan dleastanasan sin air a’ bhuidhinn theisteanas ùir, thathar a’ dèanamh cinnteach gum bi iad neo-phàirteach agus nach toir cùisean poilitigeach buaidh orra. Bu chòir an neo-eisimeileachd seo a dhèanamh follaiseach, agus sin a’ dearbhadh gu bheilear ag amas air co-dhùnaidhean cothromach gun leiteachas a dhèanamh a thaobh chùisean co-cheangailte ri barantachadh.” (An Roinn Iar-sgoile/Colaistean/Oilthighean)

Ge-tà, thuirt cuid a luchd-freagairt, seach gum biodh a’ bhuidheann fo ùghdarras Riaghaltas na h-Alba/cunntachail do Mhinistearan, gun robh ceistean ann a thaobh dè cho neo-eisimeileach ’s a b’ urrainn dhi a bhith.

Thuirt grunn luchd-freagairt nach robh fiosrachadh soilleir no mionaideach ann mun raon-ùghdarrais is na modhan-riaghlaidh airson nan dleastanasan seo aig a’ BhTU. Bha ceistean gu h-àraidh aig luchd-freagairt mu dhreuchd an Neach-ghairm, dleastanasan buill na Comataidh a bhiodh fo stiùir an Neach-ghairm agus cò na buill a bhiodh ann, agus an ceangal eadar a’ Chomataidh agus Bòrd a’ BhTU. Bha barrachd fiosrachaidh a dhìth mus b’ urrainn do luchd-freagairt beachdan fiosrach a thoirt seachad air a’ chùis seo no mus b’ urrainn dhaibh a bhith cinnteach gun robh leithid a mhodhan-obrach freagarrach. Bha luchd-freagairt cuideachd ag iarraidh barrachd fiosrachaidh mu mar a dheigheadh na dleastanasan seo aig a’ BhTU a choileanadh gu practaigeach:

> “…chan eil fiosrachadh gu leòr sa cho-chomhairleachadh gus breithneachadh ceart a dhèanamh air cho math ’s a bhiodh na modhan-riaghlaidh a thathar a’ moladh agus air co-dhiù a dhèanadh no nach dèanadh iad cinnteach gun deigheadh na dleastanasan seo a choileanadh ann an dòigh shoilleir, cho-ionann is chothromach.” (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Bhruidhinn beagan luchd-freagairt eile air mar a dh'fheumte dèanamh cinnteach gum biodh luchd-obrach sàr-mhath, le trèanadh is eòlas math air am fastadh aig a' BhTU, agus thuirt iad gun robh e cudromach gum bite a' cur prìomhachas air luchd-teagaisg, sgoilearan is oileanaich an lùib nam modhan-barantachaidh.

Barantachadh a Chumas ri Slatan-tomhais Eadar-nàiseanta

B' e fear de na prìomh chuspairean air an do bhruidhinn luchd-freagairt, cho cudromach 's a bhiodh e dèanamh cinnteach gum biodh na teisteanasan a bhiodh gan tabhann ann an Alba/leis a' BhTU co-ionann ris an fheadhainn a gheibhte sa chòrr dhen RA no gu h-eadar-nàiseanta, no gun gabhadh coimeas a dhèanamh eatorra, a thaobh càileachd/slatan-tomhais sàr-mhath. Gus sin a dhèanamh, chaidh a mholadh gum bu chòir bun-mheasadh a dhèanamh agus na bun-ìrean sin a sgrùdadh gu cunbhalach:

> "Bu chòir leis an ath-sgrùdadh beachdachadh air dearbhadh bhon taobh a-muigh is bun-mheasadh tro bhith ag obrachadh còmhla ri buidhnean dearbhaidh càileachd eadar-nàiseanta airson foghlam. Bheireadh sin sealladh bhon taobh a-muigh dhuinn air càileachd nan teisteanasan agus cò ris a tha iad coltach an coimeas ri teisteanasan eile." (An Treas Roinn)

Mhol cuid a dhaoine na siostaman theisteanas soirbheachail a gheibhear ann an dùthchannan eile a chur an sàs ann an Alba feuch nach biodh dàil ann no gus dèanamh cinnteach nach bite ri "ath-obair is ath-chruthachadh".

Siostam airson Barantachadh Saor-thoileach

Bha measgachadh de bheachdan aig daoine a thaobh dè cho freagarrach 's a bhiodh e barantachadh saor-thoileach a bhith ann fhathast airson teisteanasan a bheireadh buidhnean eile seachad. Bha cuid dhen bheachd nach bu chòir barantachadh saor-thoileach a bhith ann tuilleadh gus dèanamh cinnteach gum biodh càileachd gach teisteanas air a dearbhadh agus gum bite a' tomhas luach gach teisteanas a rèir nan aon slatan-tomhais:

> "Bu chòir a h-uile teisteanas… a' gabhail a-steach an fheadhainn a gheibhear sna preantasachdan ann an Alba, a bhith air am barantachadh, fo riaghladh, agus mar phàirt de Fhrèam Chreideasan is Theisteanasan na h-Alba (SCQF)." (Buidhnean Buileachaidh)

> "Bu chòir gach teisteanas a bhith air a bharantachadh agus roghainnean matha a thabhann a tha a' frithealadh air feumalachdan taghadh farsaing de luchd-ionnsachaidh." (Sgoiltean/Na Tràth-bhliadhnaichean)

Ge-tà, thuirt daoine eile gun robh modhan-obrach aig buidhnean buileachaidh eile mu thràth airson barantachadh, dearbhadh agus dearbhadh càileachd, agus mar sin bha iad dhen bheachd gum biodh e na bu fhreagarraiche, le bhith a' stèidheachadh a' BhTU, gum biodh siostam airson barantachadh saor-thoileach ann. Bhathar gu h-àraidh dhen bheachd gum biodh e freagarrach teisteanasan oilthighe a chumail fa leth bho agus taobh a-muigh raon-ùghdarrais is modhan-

barantachaidh a’ BhTU seach gum bi oilthighean a’ cleachdadh nam modhan-barantachaidh buadhach aca fhèin:

> “…tha sinne dhen bheachd gum biodh sin a’ ciallachadh nach biodh e mar riatanas gum biodh a h-uile teisteanas nach buin ri Ionad Foghlam Àrd-ìre a’ tighinn fo riaghladh agus fo shiostam barantachaidh na buidhne ùire agus iad a’ faighinn chreideasan a rèir an SCQF. Bheireamaid taic dhan dòigh-obrach seo far am bite fhathast a’ cur siostam dearbhaidh càileachd an sàs le cumhachdan tiomnaichte, siostam a tha sùbailte agus a ghabhas ealla ri diofar fheumalachdan." (Buidhnean Buileachaidh)

Cothroman Com-pàirt agus Taic do Luchd-ùidhe an Lùib Barantachaidh

Bha aonta farsaing ann gum b’ ann riatanach a bhitheadh e gum biodh am BTU fhèin agus na teisteanasan a bhite a’ tabhann a’ freagairt air feumalachdan luchd-ionnsachaidh agus dhaoine eile, agus thuirt tòrr luchd-freagairt gum feumadh taghadh farsaing de luchd-ùidhe a bhith an sàs ann an cùisean gus dèanamh cinnteach gun tachradh sin. Bha iarrtas farsaing ann airson luchd-teagaisg is luchd-ùidhe eile a bhith an sàs sa phròiseas bharantachaidh:

> “Iarr air prìomh luchd-ùidhe pàirt a ghabhail sa phròiseas bharantachaidh, leithid luchd-oideachaidh, luchd-dreuchd proifeiseanta bho ghnìomhachasan, agus oileanaich. Le sin, nithear cinnteach gum faighear taghadh farsaing de bheachdan, agus gum bi na teisteanasan a’ freagairt air na feumalachdan foghlaim is practaigeach a th’ aig daoine.” (Ùghdarrasan Ionadail)

Cuideachd, chaidh a ràdh gum feumte dèanamh cinnteach gum biodh goireasan is maoineachadh gu leòr ann air feadh an t-siostaim fhoghlaim airson dèanamh cinnteach gum biodh inbhean àrda ann agus gun deigheadh teisteanasan sàr-mhath is iomlan a dhealbh. Bha draghan air cuid a dh’ùghdarrasan ionadail is sgoiltean gum biodh na modhan-obrach airson barantachadh is dearbhadh càileachd a’ fàgail uallach air sgoiltean/luchd-obrach nan sgoiltean agus gum feumadh iad cus ùine a chosg orra, agus mar sin thuirt iad gum feumadh dòighean-obrach freagarrach a bhith ann le taic is maoineachadh ceart.

Thuirt cuid a bhuidhnean gun robh eòlas aca air a bhith a’ dealbh theisteanasan, air obair mar ionad barantaichte, no air a bhith a’ dealbh mhodhan dearbhaidh càileachd is barantachaidh agus thuirt iad gum biodh iad deònach bruidhinn ris an riaghaltas mun eòlas sin agus mu na dh’ionnsaich iad gus cuideachadh leis a’ phàirt seo.

Daoine nach Tug Taic do na Molaidhean

Bha cuid a luchd-freagairt (daoine a chuir freagairt sgrìobhte a-steach agus daoine aig tachartasan) an aghaidh a’ bheachd gum bu chòir dha a bhith an urra ris a’ BhTU an dà chuid teisteanasan a dhealbh is a bhuileachadh, agus na teisteanasan sin a dhearbhadh/a bharantachadh. Bhathar dhen bheachd gum bu chòir do dhà bhuidhinn fa leth a bhith a’ dèiligeadh ris na h-eileamaidean sin:

> “Mholamaid bòrd neo-eisimeileach a stèidheachadh, fa leth bhon BhTU, gus am pròiseas barantachaidh a stiùireadh. Leis a’ chomataidh a thathar a’ moladh taobh a-staigh a’ BhTU, fiù ’s le neach-gairm fa leth agus riatanasan aithris, dh’fhaodadh nach biodh sin cho neo-eisimeileach agus cho buadhach ri bòrd a bha gu tur neo-eisimeileach is fa leth.” (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

> “Tha sinn a’ moladh gu mòr do Riaghaltas na h-Alba gum bu chòir dhaibh beachdachadh as ùr air na tha iad a’ moladh airson dhleastanasan barantachaidh is buileachaidh aig a’ bhuidhinn theisteanas ùir, bu chòir dhaibh an cothrom a ghabhail leis an iomairt gus na h-ath-leasachaidhean seo a chur an sàs agus cur às dhan strì eadar com-pàirtean a gheibhear an-dràsta leis mar a tha cùisean.” (Gnìomhachasan is An Roinn Phrìobhaideach)

Chaidh a ràdh cuideachd, nam biodh an dà dhleastanas fo sgèith na h-aon bhuidhne, gum biodh sin a’ dol an aghaidh nam molaidhean a fhuaras ann an Aithisg OECD bho 2021 agus Aithisg Muir, oir mhol na dhà dhiubh sin na dleastanasan sin a chumail fa leth bho chèile:

> “B’ e an tuigse a bh’ againn gum biodh a’ bhuidheann seo fa leth bhon Bhuidhinn Bhuileachaidh aig an SQA, agus gu dearbh b’ e sin a chaidh a mholadh ann an aithisg Muir. Ge-tà, san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh thathar ag ràdh, ged a bhiodh modhan-riaghlaidh fa leth aig an dà bhuidhinn, gum biodh iad ceangailte ann an dòigh air choreigin. Tha sinn a’ moladh gu mòr… gu bheil feum air dà bhuidhinn fa leth gus nach bi na dleastanasan aca a’ dol an lùib a chèile agus gus an tèid na dleastanasan a choileanadh gun leiteachas. Tha a’ bhuidheann a thathar a’ moladh sa cho-chomhairleachadh car coltach ris an SQA mar a tha e an-dràsta le dà phàirt – fear airson teisteanasan agus pàirt airson barantachadh. Chan eil sinn a’ smaoineachadh gum biodh e gu mòran feum ath-leasachadh a dhèanamh far am bite a’ cumail ris an aon structair, agus tha sinn dhen bheachd gur e an aon dòigh dèanamh cinnteach nach bi na h-aon duilgheadasan aig an t-siostam Albannach a-rithist dà bhuidhinn a stèidheachadh a tha gu tur fa leth bho chèile.” (Buidhnean Buileachaidh)

A thuilleadh air na briathran gu h-àrd, bha cuid a luchd-freagairt dhen bheachd gum biodh na molaidhean a’ ciallachadh nach fhaighte ach siostam barantachaidh gu math coltach ris an fhear a th’ ann mu thràth ach fo ainm no ann an riochd eile agus mar sin cha robh iad a’ smaoineachadh gun atharraicheadh mòran ri linn nam molaidhean.

Thog beagan dhaoine ceistean mun bhriathrachas is cainnt a chleachdadh san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh. Bhathar gu h-àraidh dhen bheachd gun robh feum air mìneachadh na bu shoilleire air faclan leithid ‘earbsach’, ‘inbhe/ìre àrd’, agus ‘freagarrach/a’ freagairt air feumalachdan’, agus gun robh fiosrachadh a dhìth

air cò ris a bhiodh e an urra ciall leithid a bhriathrachas a stèidheachadh agus am biodh am BTU a’ cumail ris na riatanasan/slatan-tomhais sin.

Teisteanasan ann am Foghlam agus Sgilean: Siostam Iomlanach

Gus coimhead air a’ mholadh aig an Ollamh Muir – “Gum bu chòir do Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean nàiseanta eile obrachadh còmhla ann an dòigh nas èifeachdaiche gus dèanamh cinnteach gum bi poileasaidhean a’ co-fhreagairt air a chèile agus air lèirsinn ùr sam bith airson foghlam Albannach” – chuir am pàipear co-chomhairleachaidh an cèill dòighean sam b’ urrainn dhan BhTU obair a choileanadh is cùisean a stiùireadh gu nàiseanta a thaobh theisteanasan fhad ’s a bhiodh iad mar phàirt de shiostam foghlaim is sgilean iomlanach a tha a’ frithealadh air a h-uile neach. Am measg nam molaidhean sònraichte bha:

- fòram nàiseanta èifeachdach a stèidheachadh trom faodadh buill beachdan neo-eisimeileach is neo-phàirteach a thoirt seachad, air na raointean air a bheil eòlas sònraichte aca, dhan BhTU – coltach ris a’ Chomhairle Chomhairleachaidh aig an SQA;
- gum chòir dhan BhTU obrachadh gu dlùth còmhla ris a h-uile buidheann foghlaim is sgilean nàiseanta, Riaghaltas na h-Alba, agus lìonraidhean ionadail is sgìreil leithid cholaistean is buidhnean sgilean; agus
- gum chòir dhan BhTU conaltradh soilleir a dhèanamh ann an deagh àm, gus dèanamh cinnteach gum faigh gach cuibhreann dhen chomann-shòisealta fiosrachadh air na tha iad a’ dèanamh, agus carson a tha iad ga dhèanamh. Le sin, nithear cinnteach gun urrainn dhan a h-uile neach le ùidh ann an obair na buidhne a’ bhuidheann a dhèanamh cunntachail airson na nì iad.

C5: Ciamar as fheàrr as urrainn dhan bhuidhinn theisteanas, nur beachd-se, obrachadh le càch ann an siostam an fhoghlaim is nan sgilean gus am bi builean nas fheàrr ann airson a h-uile duine?

Ged a bhruidhinn cuid a luchd-freagairt air cùisean nach robh ceangailte ris na molaidhean sònraichte seo (leithid chùisean practaigeach a thaobh mar a bu chòir dhan BhTU a bhith ag obrachadh, ciamar a bu chòir teisteanasan a dhealbh, roghainnean a thaobh diofar sheòrsa mhodailean measaidh, no cùisean a ghabhadh leasachadh ann am foghlam san fharsaingeachd), bha coltas ann robh a' mhòr-chuid de luchd-freagairt a’ cur taic ris a’ mholadh gun steidhicheadh am BTU dòighean co-obrachaidh làidir is èifeachdach gus obrachadh còmhla ri daoine eile.

Fòram Nàiseanta airson a’ BhTU

Thuirt cuid a luchd-freagairt gum b’ e beachd math a bh’ ann Fòram Nàiseanta a stèidheachadh gus comhairle is beachdan a thoirt dhan BhTU. Bha iad a’ smaoineachadh gun toireadh seo dòigh/cothrom eile do dhaoine gus beachdan a thoirt seachad, seallaidhean neo-eisimeileach is neo-phàirteach a chur an cèill is comhairle a thoirt dhaibh, agus gun deigheadh ìre eile de sgrùdadh is cunntachalachd a stèidheachadh a thaobh obair a’ BhTU. Chaidh a mholadh gum bu chòir taghadh farsaing de bhuidhnean a bhith air an fhòram seo, gum bu chòir

dha a bhith fosgailte dhan a h-uile neach le ùidh sa chùis, agus gum bu chòir dha aithris a dhèanamh air cùisean gu poblach is gu cunbhalach:

> “Tha mi a’ cur taic ris a’ mholadh airson fòram nàiseanta a bheir beachdan neo-eisimeileach is neo-phàirteach seachad dhan bhuidhinn theisteanas. Dh’fhaodadh seo a bhith mar mheadhan gus beachdan a chluinntinn bho chaochladh dhaoine, gus cur ri soilleireachd is cunntachalachd, agus gus co-dhùnaidhean fiosrach a dhèanamh, agus sin a’ cur ri earbsachd is cothromachd siostam theisteanas na h-Alba.” (Neach fa leth)

> “Le bhith a’ stèidheachadh fòram nàiseanta èifeachdach, coltach ris a’ Chomhairle Chomhairleachaidh, gheibhear daoine le diofar bheachdan is seòrsaichean eòlais, agus nì sin cinnteach gum bi siostam nan teisteanas a’ frithealadh air feumalachdan ghnìomhachasan is luchd-ionnsachaidh." (Gnìomhachasan is An Roinn Phrìobhaideach)

A-rithist, chaidh a mholadh, ma bha daoine sònraichte gu bhith nam buill dhen fhòram seo, gum feumadh na buill a bhith air airson ùine shònraichte agus mar sin gun deigheadh ballrachd an fhòraim atharrachadh gus dèanamh cinnteach gun cluinnte beachdan diofar dhaoine agus gum biodh diofar dhaoine an sàs ann. Cuideachd, chaidh rabhadh a thoirt seachad gum faodadh am fòram a bhith gun bhuaidh mura deigheadh rian ceart a chumail air agus mura biodh riochdairean freagarrach air:

> “…tha cunnart ann nach bi ann ach ‘cothrom còmhraidh’ gun bhuaidh no brìgh mura dèanar cinnteach gum bi riochdairean ceart ann.” (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Ge-tà, cha tug a’ mhòr-chuid de luchd-freagairt beachd sònraichte seachad air Fòram Nàiseanta is mar a dheigheadh a stèidheachadh/a chleachdadh, bhruidhinn iad ann an dòigh na b’ fharsainge air mar a dh’fheumadh am BTU comhairle a ghabhail bho luchd-ùidhe. Bhathar dhen bheachd, às bith dè seòrsa chomataidhean, bhùird, fhòraman no bhuidhnean a bhiodh ann, gum bu chòir taghadh farsaing de luchd-ùidhe a bhith an sàs annta, gum bu chòir co-chomhairleachadh is co-chonaltradh cunbhalach a dhèanamh, no gum bu chòir dhan BhTU luchd-ùidhe fhastadh/fho-fhastadh airson obrachadh dhaibh, airson dèanamh cinnteach gun cluinnear farsaingeachd de bheachdan agus gum bi co-obrachadh ceart ann.

Co-obrachadh

Chaidh a mholadh gum bu chòir dhan BhTU modhan-obrach co-obrachail is com-pàirteach a chleachdadh gus co-chonaltradh a dhèanamh ri farsaingeachd de luchd-ùidhe aig gach ìre, agus ri feadhainn aig a bheil eòlas spèisealta, airson dèanamh cinnteach gum bi na teisteanasan a’ freagairt air feumalachdan dhaoine:

> “Le bhith ag obair gu dlùth agus gu h-èifeachdach còmhla ri buidhnean foghlaim is sgilean, agus gnothachasan is fastaichean, ’s

> urrainn dhan bhuidhinn theisteanas ùir dèanamh cinnteach gum bi na teisteanasan a’ freagairt air feumalachdan dhaoine òga, luchd-oideachaidh, agus air saoghal acadaimigeach is saoghal obrach a tha a' sìor atharrachadh.” (Ùghdarrasan Ionadail)

Mhol cuid a luchd-freagairt cò còmhla ris a bu chòir dhan BhTU obrachadh agus/no cò bu chòir a bhith air an Fhòram Nàiseanta. Nam measg bha luchd-teagaisg is òraidichean (bha e cudromach gum biodh luchd-obrach clas nam measg, bu chòir taic fhreagarrach a bhith ann dhaibh gus ùine a ghabhail dheth bho na dleastanasan clas aca no airson leigeil leotha dleastanasan na dàrna dreuchd a ghabhail os làimh); ionadan ionnsachaidh; sgoilearan is oileanaich (de gach aois is bho gach ìre); pàrantan/luchd-cùraim; ùghdarrasan ionadail; foghlam adhartach is àrd-ìre; gnothachasan/fastaichean; buidhnean cosnaidh/malairt; riochdairean FMG; riochdairean airson co-ionannachd agus buidhnean spèisealta eile a bheireadh comhairle seachad a thaobh chùisean co-cheangailte ri mion-shlòigh is mhion-chuibhreannan dhen t-sluagh; buidhnean buileachaidh is maoineachaidh eile; an treas roinn; buidhnean riochdachaidh, proifeiseanta agus taice; agus buidhnean poblach eile.

Bhathar cuideachd dhen bheachd gum feumadh am BTU a bhith na b’ mhothachaile air atharraichean is feumalachdan dhaoine agus na bu shùbailte nan dòighean-obrach, agus iad a’ sireadh bheachdan bho luchd-ùidhe gu cunbhalach agus a’ dèanamh atharraichean/ùrachaidhean nuair a bhiodh feum orra.

Conaltradh

Bha a’ mhòr-chuid de luchd-freagairt a thug beachd seachad air conaltradh a-mach air mar a dh’fheumadh am BTU èisteachd ri luchd-ùidhe, an àite a bhith a’ bruidhinn air dòighean san sgaoileadh am BTU na brathan-conaltraidh aca fhèin. Bhathar dhen bheachd gun robh feum air siostaman comhairleachaidh is conaltraidh làidir is buadhach, gus dèanamh cinnteach, agus e cho cudromach, gun tèid èisteachd, is ealla a ghabhail, ri beachdan luchd-ùidhe agus gun tèid gnìomhan a dhèanamh ri linn nam beachdan sin:

> “Feumaidh na daoine san t-siostam a bhith a’ faireachdainn gu bheilear ag èisteachd riutha agus feumaidh a’ bhuidheann ùr a bhith mothachail air beachdan/fianais an luchd-ùidhe agus ealla a ghabhail riutha gun dàil… Feumaidh an SQA barrachd co-chonaltraidh a dhèanamh, agus èisteachd ri is ealla a ghabhail ri beachdan gach neach-ùidhe.” (Ùghdarrasan Ionadail)

A thaobh nan daoine a bhruidhinn air conaltradh air an taobh a-muigh, chaidh a mholadh gum bu chòir dhan BhTU dòighean-conaltraidh soilleir a stèidheachadh coltach ri “Na Thuirt Thusa, Na Rinn Sinne” airson dèanamh cinnteach gum faigh luchd-ùidhe fiosrachadh mar bu chòir agus gum faiceadh iad gun deach èisteachd riutha, agus nuair nach deach gabhail ri comhairle gun tuigeadh iad carson. Chaidh a mholadh cuideachd gum bu chòir geàrr-chunntasan nan coinneamhan fhoillseachadh gu poblach, agus brathan-conaltraidh a sgaoileadh gu farsaing, leithid sna meadhanan nàiseanta an àite dìreach ann an irisean foghlaim:

> “Tha mi a’ smaoineachadh gu bheil e cudromach gun èist iad ri beachdan dhaoine eile… Tha fios agam nach urrainn dhaibh na tha a h-uile neach-ùidhe ag iarraidh a choileanadh, ach nuair nach deach gabhail ris na molaidhean aca, bhiodh e feumail nam mìnicheadh iad carson a rinneadh co-dhùnaidhean agus carson nach do ghabh iad ri cuid a mholaidhean.” (Neach fa leth)

Chaidh a mholadh cuideachd gum bu chòir ro-innleachd conaltraidh shoilleir a dhealbh, le clàr-ama gus an gabh planadh a dhèanamh.

> Cuideachd, thuirt cuid a luchd-freagairt gun robh taghadh farsaing de lìonraidhean ionadail, roinneil is nàiseanta ann mu thràth a b’ urrainn dhan BhTU a chleachdadh, an dà chuid gus fiosrachadh a sgaoileadh agus gus beachdan a shireadh. Bhathar cuideachd dhen bheachd gum biodh leithid a lìonraidhean feumail ann a bhith a’ trusadh bhall airson chomataidhean/an fhòraim.

Cùisean a Thog Ceann/a bu Chòir a Thoirt Fa-near

Thuirt cuid a luchd-freagairt gum feumadh buaidh is brìgh a bhith ann le co-obrachadh sam bith, agus bha dragh orra gur dòcha nach tigeadh piseach air cùisean le bhith dìreach a’ cruthachadh chomataidhean is fòraman. Cuideachd, bhathar dhen bheachd, le bhith a’ stèidheachadh grunn chomataidhean, fhòraman agus bhuidhnean comhairleachaidh eile gum faodadh a’ bhuidheann ùr a bhith car slaodach, ro thoinnte is ro bhiurocratach na h-obair:

> “Tha coltas ann a-rithist bho na thathar a’ moladh gum biodh Fòram eile mar mheadhan gus buaidh a thoirt air cùisean – gu math coltach ris na fo-chomataidhean is ‘cairtean’ air an deach bruidhinn roimhe. Buaidh air dè ge-tà? Dè bhios am Bòrd fhèin a’ tuigsinn agus a’ dèanamh? Cia mheud buidheann, cairt is fòram eile a bhios a dhìth gus am bi am Bòrd aig a’ bhuidhinn ùir èifeachdach gu leòr? Le grunn bhuidhnean, chairtean is fhòraman leth-eisimeileach, tha cunnart ann gum bi eòlas dhaoine, beachdan is beachdan ùra air an call no air am mùchadh am measg cus bheachdan eile.” (A’ riochdachadh phàrantan/luchd-cùraim agus/no clann is dhaoine òga)

A-rithist, bha grunn luchd-freagairt dhen bheachd nach robh na molaidhean soilleir a thaobh ciamar a dheigheadh na prìomh dhleastanasan is roghainnean a chur an gnìomh, ciamar a dh’obraicheadh an siostam, agus dè an t-àite a bhiodh aig buidhnean com-pàirt sònraichte ann an comataidhean, buidhnean comhairleachaidh, fòraman, agus an lùib nam modhan co-obrachaidh.

Cuideachd, chaidh ceistean a thogail mu bhriathrachas a-rithist le cuid a luchd-freagairt. Cha robh iad cinnteach dè bhathar a’ ciallachadh le ‘builean nas fheàrr’ agus ‘freagarrach/a’ freagairt air feumalachdan’, agus cò ris a bhiodh e an urra slatan-tomhais airson soirbheachas aontachadh. Bha luchd-freagairt ag iarraidh aithris shoilleir air ‘adhbhar na buidhne’.

Thuirt grunn luchd-freagairt, ged nach robh dad aca an aghaidh nam molaidhean a bh' ann, cha robh iad a' dèiligeadh ri tòrr de na prìomh dhuilgheadasan ann am

foghlam. Chaidh a ràdh gum feumte ath-leasachadh na b' fharsainge a dhèanamh, seach dìreach a bhith a' stèidheachadh BTU (agus Foghlam Alba is a' bhuidheann-sgrùdaidh air am bithear a' coimhead san ath-chaibideil), agus gum bu chòir coimhead air na modhan lìbhrigidh airson foghlam air fad agus air buidhnean eile a th' ann. Cuideachd, chaidh a ràdh gum feumte atharraichean farsaing a thoirt air saoghal an fhoghlaim seach dìreach crathadh a thoirt air na structairean. Chaidh a mholadh cuideachd gum faodadh Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg (CFL) a bhith aig teis-meadhan nam planaichean airson atharraichean.

A-rithist, thuirt beagan luchd-freagairt nach robh na bhathar a' moladh mòran eadar-dhealaichte bho adhbhar is structair an SQA mar a tha e:

> "An-dràsta, chan eil e soilleir ciamar a bhiodh a' bhuidheann ùr eadar-dhealaichte bhon tè a th' ann mu thràth… Feumaidh a' bhuidheann theisteanas ùr obrachadh còmhla ri buidhnean foghlaim is sgilean nàiseanta, Riaghaltas na h-Alba, agus lìonraidhean ionadail is sgìreil, a' gabhail a-steach sgoiltean, colaistean, agus buidhnean sgilean – ge-tà, nach e sin an dearbh rud a bhios an SQA a' feuchainn ri dhèanamh?" (Ùghdarrasan Ionadail)

Ath-leasachadh air Modhan-sgrùdaidh airson Foghlam

Bha dà phrìomh mholadh ann an Aithisg Muir a thaobh mhodhan-sgrùdaidh air an deach coimhead sa cho-chomhairleachadh. B' iad sin:

1. Bu chòir buidheann-sgrùdaidh ùr a stèidheachadh agus neo-eisimeileachd na buidhne sin air a daingneachadh fo reachdas. Bu chòir modhan-riaghlaidh na buidhne a bhith a rèir a cuid neo-eisimeileachd, agus i air a maoineachadh le Pàrlamaid na h-Alba, le luchd-obrach a tha nan seirbheisich chatharra agus nan luchd-sgrùdaidh, agus an luchd-sgrùdaidh sin air am fastadh le aonta an Rìgh tron Chomhairle Dhìomhair.

2. Am measg dhleastanasan cudromach na buidhne-sgrùdaidh neo-eisimeilich bidh: a' cur taic ri leasachaidhean, a' dèanamh measadh air atharraichean mòra ann an siostam an fhoghlaim agus a' dèanamh aithris gach bliadhna agus thar ùine nas fhaide air ìrean-coileanaidh ann am foghlam na h-Alba.

Adhbharan Sgrùdaidh

Sa phàipear cho-chomhairleachaidh bhathar a' sealltainn gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' cur taic ris na prìomh adhbharan sgrùdaidh a leanas:

1. gus am bi cunntachalachd phoblach ann agus dearbhadh air càileachd an fhoghlaim do luchd-ionnsachaidh, agus dham pàrantan/luchd-cùraim agus do Phàrlamaid na h-Alba;

2. gus taic a chur ri luchd-solair foghlaim, leithid sgoiltean, luchd-teagaisg is luchd-obrach eile, gus piseach a thoirt air foghlam, tro bhith a' cur ri comasan dhaoine agus a' co-phàirteachadh mhodhan-obrach buadhach; agus

3. gus fianais a cho-phàirteachadh mu fhoghlam is trèanadh airson cuideachadh le leasachaidhean air seirbheisean agus le bhith a' dealbh phoileasaidhean foghlaim.

C6: A bheil sibh ag aontachadh no a' dol an aghaidh nan adhbharan a chithear? A bheil dad eile a bu toil leibh a chur riutha?

Dh'aontaich beagan a bharrachd air dà thrian (69%, àir.=265) de luchd-freagairt ris na h-adhbharan sgrùdaidh san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh.

	Àireamh	Ceudad	Ceudad Dligheach
Ag aontachadh	265	69%	87%
An aghaidh	41	10%	13%
Fo-àireamh Iomlan (Fhreagair iad)	**306**		

Cha do fhreagair iad	80	21%
Gu h-iomlan	**386**	

Mar an ceudna, dh'aontaich a' mhòr-chuid de na daoine a thug freagairt chàileachdail seachad ris na molaidhean. Bha, ge-tà, eadar-dhealachadh sna h-ìrean de thaic a thugadh do gach fear, agus thuirt grunn luchd-freagairt gum bu chòir prìomhachas a chur air na h-adhbharan agus gum bu chòir an cur ann an òrdugh eadar-dhealaichte bhon dòigh san deach an nochdadh san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh (le barrachd prìomhachais air 2, an uair sin 3, agus 1 aig an deireadh):

> "…bu chòir prìomhachas a chur air taic do luchd-solair foghlaim, an uair sin air a' mholadh gus fianais is deagh mhodhan-obrach a cho-phàirteachadh, agus bu chòir cunntachalachd phoblach is dearbhadh càileachd a bhith ann mar an t-adhbhar mu dheireadh nach eil cho cudromach ris a' chiad dhà." (Sgoiltean/Na Tràth-bhliadhnaichean)

Prìomhachasan a Dhà is a Trì

Thuirt tòrr luchd-freagairt gum bu chòir 'taic iomlan' a bhith mar am prìomh adhbhar airson sgrùdaidhean (leithid taic do luchd-solair foghlaim – sgoiltean, luchd-teagaisg agus luchd-obrach eile). Ged a bha a' mhòr-chuid de luchd-freagairt dhen bheachd gum bu chòir prìomhachas a bhith air taic do luchd-solair foghlaim, bha molaidhean ann gum faodhte beachdachadh air taic ann an seagh na b' fharsainge, me, gus an robh i a' gabhail a-steach taic do luchd-solair prìobhaideach, saor-thoileach is neo-eisimeileach. Mhol cuid a luchd-freagairt gum bu chòir a dhèanamh follaiseach san dàrna adhbhar gu bheil dleastanasan cudromach aig ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' toirt taic seachad is a' sgrùdadh chùisean gus piseach a thoirt air foghlam:

> "Tha sinn ag aontachadh san fharsaingeachd ris na h-adhbharan a thugadh seachad, ged a bu toil leinn iomradh sònraichte fhaicinn air ùghdarrasan ionadail sna h-adhbharan. 'S e an dàrna prìomh adhbhar sgrùdaidh, "gus taic a chur ri luchd-solair foghlaim, leithid sgoiltean, luchd-teagaisg is luchd-obrach eile, gus piseach a thoirt air foghlam, tro bhith a' cur ri comasan dhaoine agus a' co-phàirteachadh mhodhan-obrach buadhach." Tha sinne a' smaoineachadh gu bheil e cudromach iomradh sònraichte a thoirt air ùghdarrasan ionadail san adhbhar sin, leis cho cudromach 's a tha e dèanamh cinnteach gun urrainnear piseach a thoirt air foghlam air feadh ùghdarrais ionadail." (Ùghdarrasan Ionadail)

Ged a bhathar a' toirt taic do bhith 'a' toirt piseach air foghlam' is 'a' cur ri comasan dhaoine', bhathar ag iarraidh barrachd soilleireachd air dè bhiodh sin a' ciallachadh.

Cuideachd, chaidh fàilte mhòr a chur air mar a bhathar a' cur cuideam air leasachaidhean tro bhith a' co-phàirteachadh fianais is dheagh mhodhan-obrach agus bhathar dhen bheachd gum faodadh sin cuideachadh le cunbhalachd air

feadh an t-siostaim (rud a bha a dhìth a rèir luchd-freagairt aig na tachartasan agus dhaoine eile). Bha taic nach beag ann dhan adhbhar seo, agus b' e aon de na prìomh adhbharan airson sin gum b' e dòigh chudromach a bh' ann dèanamh cinnteach gum biodh leasachadh proifeiseanta leantainneach ann do luchd-obrach (agus bhiodh sin gu buannachd an luchd-obrach fhèin agus na cloinne is nan teaghlaichean dha bheil iad a' toirt taic). Cuideachd, chuirte fàilte air mar a bha seo na b' fheàrr na an seann adhbhar sgrùdaidh:

> "…tha sinn a' cur fàilte air mar a thathar a' cur cuideam air taic do leasachaidhean tro bhith a' co-phàirteachadh mhodhan-obrach buadhach, agus sibh a' gabhail ris nach robhar a' dèanamh sin gu cunbhalach san obair aig HMIe ron seo, seach nach robh e comasach dhaibh am pàirt sin dhen obair aca a choileanadh." (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Bhathar a' moladh mìneachadh nas soilleire a thoirt seachad air na bhathar a' ciallachadh le 'seirbheisean' an lùib na h-obrach seo, agus math dh'fhaodte dòighean-ionnsachaidh is modhan-obrach buadhach ann an rannsachadh bho cholaistean, oilthighean is luchd-compàirt ann an dùthchannan eile a cho-phàirteachadh cuideachd. Bhathar cuideachd ag iarraidh barrachd soilleireachd air dè seòrsa fianaise a bhite a' cruinneachadh, agus cò leis a bhite ga co-phàirteachadh agus càite, agus dè cho tric 's a bhiodh an fhianais air a co-phàirteachadh. San fharsaingeachd, ge-tà, bha aonta ann gum bu chòir dha a bhith mar phrìomh adhbhar dhen obair sgrùdaidh dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt mholaidhean seachad ann an deagh àm do luchd-solair foghlaim le gnìomhan as urrainn dhaibh a dhèanamh (agus bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil na molaidhean mionaideach, cuideachail, agus air an toirt seachad gun dàil).

Mhol àireamh bheag de luchd-freagairt gum bu chòir 'cur ris' a bhith mar phàirt de na h-adhbharan (2 is 3 gu h-àrd), oir bu chòir leis an sgrùdadh a bhith ag amas air cur ri slighe leasachaidh na sgoile (me, a' cur ris na tha ag obair gu math a-cheana, an àite a bhith a' beachdachadh air na tha feumach air 'a leasachadh'). Bha cuid dhen bheachd nach robh briathran mar 'phiseach' uabhasach cuideachail agus a' sealltainn gun robh rudeigin ceàrr, agus gum biodh facal mar 'leasachadh/leudachadh' na bu fhreagarraiche 's dòcha. Bhathar cuideachd a' moladh gum bu chòir gàirdeachas a dhèanamh ri is taisbeanadh a dhèanamh air soirbheachas, le bhith a' toirt seachad eisimpleirean soirbheachail is brosnachail:

> "Bu mhath leinn seo a chur ris na h-adhbharan, gun dèanar gàirdeachas ri soirbheachas mar thoradh air sgrùdaidhean. Tha fada cus bheachdan neo-thaiceil ann an-dràsta mu fhoghlam." (Sgoiltean/Na Tràth-bhliadhnaichean)

Prìomhachas a h-Aon

Ged a bha a' mhòr-chuid de luchd-freagairt ag aontachadh gum bu chòir cunntachalachd is dearbhadh a bhith ann mar adhbharan, chaidh a mholadh nach bu chòir uiread prìomhachais a chur orra sin (dh'fhaodadh daoine a bhith a' smaoineachadh gur e ceasnachadh is peanasachadh a bha fa-near le amasan mar

sin agus gum biodh ionadan a' faireachdainn gun robh cus sgrùdaidh ga dèanamh orra). Bhathar dhen bheachd nan deigheadh cunntachalachd a chur san treas àite am measg nan adhbharan gun dèante cinnteach le sin gum bite fhathast a' cur cuideam mòr air mar a ghabhas cur ri comasan dhaoine agus modhan-obrach buadhach a cho-phàirteachadh mar thaic do shàr fhoghlam do dhaoine òga. San fharsaingeachd, bha luchd-freagairt ag aontachadh gun robh cunntachalachd phoblach (a' gabhail a-steach cunntachalachd do choimhearsnachdan) agus dearbhadh air càileachd foghlaim nan adhbharan sgrùdaidh cudromach, fhad 's a dheigheadh an cur an sàs ann an dòigh thaiceil, cho-obrachachail:

> "…feumar barrachd cuideim a chur air taic do luchd-solair foghlaim an lùib ath-leasachaidhean gus am bithear a' faicinn sgrùdaidhean mar mheadhan air cùisean a leasachadh, le laigsean air an comharrachadh mar chothroman gus ionnsachadh an àite a bhith a' dèanamh càineadh air daoine." (An Treas Roinn)

Bhathar cuideachd dhen bheachd gum bu chòir na trì adhbharan a thugadh seachad san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh a chur an sàs gu gnìomhach agus gu leantainneach, me, barrachd taice/comhairle/stiùiridh bho luchd-sgrùdaidh, às dèidh dhaibh na sgrùdaidhean a dhèanamh, a thaobh mar a ghabhas leasachaidhean/atharraichean a dhèanamh:

> "Bu chòir an dàrna is an treas adhbhar a chur an sàs gu gnìomhach gus dèanamh cinnteach gum bi an taic, air a bheilear a-mach, a' cuideachadh leis gach ìre de na leasachaidhean airson na sgoile agus nach ann dìreach aig àm an sgrùdaidh fhèin." (Ùghdarrasan Ionadail)

Molaidhean Eile

Thuirt grunn luchd-freagairt gun robh iad airson gum biodh adhbhar sònraichte ann co-cheangailte ri dìon dhaoine is dìon air math dhaoine, agus dh'fhaodadh gur e seo am prìomh adhbhar 'a bharrachd' a chomharraich daoine:

> "Bu chòir dha a bhith mar am prìomh amas aig a' bhuidhinn-sgrùdaidh dìon a chur air math chloinne is dhaoine òga agus dìon a chur orra bho chron agus tha e na adhbhar iomagain nach beag nach robh e am measg nam prìomh adhbharan sgrùdaidh aig Riaghaltas na h-Alba." (Sgoiltean/Na Tràth-bhliadhnaichean)

Thugadh luaidh air beagan adhbharan 'a bharrachd' eile, agus bha farsaingeachd bheachdan eile ann co-cheangailte ris na dòighean sam bu chòir piseach a thoirt air na modhan-sgrùdaidh fhèin. Chithear fios air na molaidhean sin ann an Caibideil 4, ach tha iad san fharsaingeachd a' moladh dhòighean-sgrùdaidh nas co-obrachail is nas taiceil.

San fharsaingeachd, fhuaras beachdan far an robh daoine ag ràdh gun robh na h-adhbharan a bhathar a' moladh ceart gu leòr, ged a bha cothroman ann fhathast piseach a thoirt air an fhrèam-sgrùdaidh gus am biodh e na b' làidire:

> “Tha sinn toilichte gu bheil na prìomh adhbharan air an toirt fa-near san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh, ach tha sinn a’ moladh gu mòr gum bi frèam-sgrùdaidh nas co-obrachail, nas taiceil, agus nas lèirsinniche ann.” (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Cùisean a bu chòir a Thoirt Fa-near is Taic Neo-iomlan

Bha cuid a luchd-freagairt ann a bha ag aontachadh san fharsaingeachd ris na h-adhbharan ach nach robh ag aontachadh ris a’ mholadh gum bu chòir frèam reachdail a bhith ann airson sgrùdaidhean. Dheigheadh barrachd biurocrasaidh a chruthachadh le sin, bhathar a’ smaoineachadh (agus chaidh bruidhinn air seo a-rithist ann am freagairtean do cheistean nas fhaide air adhart sa phàipear).

Thuirt cuid a luchd-freagairt nach robh na h-adhbharan, mar a bha iad, uabhasach soilleir a thaobh roinnean sònraichte (leithid ionnsachadh coimhearsnachd, foghlam treas-ìre agus nuadh-phreantasachdan). Chaidh bruidhinn air seo cuideachd ann an ceistean eile.

Beachdan Neo-thaiceil

Am measg nan daoine **nach robh ag aontachadh** ris na h-adhbharan mar a bha iad (agus nan daoine nach do fhreagair a’ cheist chuingealaichte), bha tòrr de na beachdan càileachdail aca coltach ris an fheadhainn aig na daoine a bha aontachadh, me, gum feumte dòighean-obrach co-chomhairleachail is leasachail a chur an sàs le modhan-obrach co-obrachail, an àite dòighean-aithris peanasach. A-rithist, thuirt luchd-freagairt nach bu chòir prìomhachas a chur air cunntachalachd agus nach bu chòir, leis a’ chunntachalachd sin, cus uallaichean obrach is biurocratach fhàgail air luchd-teagaisg is luchd-stiùiridh sgoiltean. Chaidh a dhèanamh follaiseach gum bu chòir dha a bhith mar phrìomh adhbhar dhan bhuidhinn-sgrùdaidh obrachadh còmhla ri sgoiltean is na coimhearsnachdan aca gus taic a chur ri luchd-obrach agus piseach a thoirt air foghlam nan sgoilearan:

> “Bu chòir, tro obair sgrùdaidh agus tron fhianais a gheibhear bhon obair sin, taic a thoirt do luchd-solair foghlaim gus piseach a thoirt air foghlam is trèanadh is builean airson a h-uile neach-ionnsachaidh. Bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh taic a chur ri luchd-solair foghlaim gus leasachaidhean, stèidhichte air fianais, a chur an sàs a thaobh foghlam, trèanadh is bhuilean airson a h-uile neach-ionnsachaidh ann an Alba tro obair sgrùdaidh agus tro bhith a’ cur ri comasan dhaoine is a’ toirt comhairle dhaibh.” (Buidhnean Nàiseanta/Buidhnean Poblach)

A-rithist, bha cuid a’ togail ceist mu na faclan ‘piseach is leasachadh’ agus chaidh a mholadh an àite sin gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh dèanamh cinnteach gu bheil am foghlam ‘freagarrach’ (thoradh, le bhith an-còmhnaidh a’ moladh leasachadh leantainneach, dh’fhaodadh sin uallaichean neo-reusanta fhàgail air luchd-oideachaidh, sgoilearan agus oileanaich). Bha luchd-freagairt a’ moladh sealladh nas iomlanaiche (neo-acadaimigeach) a ghabhail air ‘foghlam’, me, gum bu chòir dha a bhith mar amas cudromach dèanamh cinnteach gum faigh sgoilearan/oileanaich an taghadh de dh’eòlas is sgilean a bhios a dhìth orra airson

a bhith nan inbhich neo-eisimeileach. An lùib sin chaidh a mholadh beachdachadh air mar a dh'fhaodte ionnsachadh a thoirt seachad ann an àrainneachdan ionnsachaidh neo-àbhaisteach. Mar sin, chaidh a mholadh gum bu chòir adhbhar a bharrachd a bhith ann co-cheangailte ri bhith a' toirt piseach, ann an dòigh nas fharsainge, air builean is eòlas an lùib foghlam airson a h-uile pàiste is duine òg.

Cuideachd, thug na daoine nach robh ag aontachadh ris na h-adhbharan beachdan seachad a thaobh mar a bu chòir dhan luchd-sgrùdaidh a bhith a' toirt air an riaghaltas (ionadail agus àrd-riaghaltas) a bhith cunntachail an àite sgoiltean fa leth.

Thuirt cuid a dhaoine nach robh ag aontachadh no nach do fhreagair a' cheist chuingealaichte gum feumadh an fhianais a bhite a' co-phàirteachadh a bhith neo-eisimeileach is gun leiteachas nan robh i a' dol a dhèanamh feum:

> "Ma tha cunntachalachd phoblach agus dearbhadh gu bhith againn a thaobh càileachd an fhoghlaim do luchd-ionnsachaidh, am pàrantan, luchd-cùraim, agus do Phàrlamaid na h-Alba, tha e riatanach gun ullaichear aithrisean air nach bi daoine bho thaobh a-muigh na buidhne a' toirt buaidh." (Ùghdarrasan Ionadail)

Bha cuid a luchd-freagairt teagmhach gun deigheadh na h-adhbharan a choileanadh (agus eòlas aca air mar a chaidh sgrùdaidhean ceàrr roimhe).

Thugadh aon bheachd farsaing deireannach seachad: ged a bhathar ag aontachadh ris na h-adhbharan, bha iad 's dòcha ro choltach ri amasan àrda, lèirsinneach agus cha deigheadh an coileanadh ach le taic is maoineachadh gu leòr:

> "Tha an liosta gu h-àrd uabhasach àrd-lèirsinneach. Chan eil maoineachadh is goireasan gu leòr aig a' bhuidhinn-sgrùdaidh a th' ann an-dràsta agus chan eil buidseat mòr gu leòr aca gus na h-adhbharan seo uile a choileanadh… Feumaidh sinn dèanamh cinnteach – le amasan àrda – gum bi sinn practaigeach cuideachd a thaobh na ghabhas coileanadh aig amannan nuair a tha geàrraidhean ann is nas lugha stòrasan." (Neach fa leth)

Na Diofar Ionadan is Seirbheisean

Chaidh liosta de dh'ionadan is seirbheisean a shealltainn sa phàipear cho-chomhairleachaidh san robhar a' smaoineachadh gum bu chòir sgrùdaidhean foghlaim leantainn. Chaidh beachdan a shireadh (fo C7) air na diofar ionadan a bhiodh air an sgrùdadh le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam, agus (fo C8) air dleastanasan Buidheann-sgrùdaidh an Fhoghlaim a thaobh cholaistean a gheibh maoineachadh poblach, ciad fhoghlam luchd-teagaisg (CFL), tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne (TCC), agus nuadh-phreantasachdan.

C7: A bheil sibh ag aontachadh ris an taghadh de dh'ionadan a bhiodh air an sgrùdadh le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam? A bheil dad ann a dh'atharraicheadh sibh?

A-rithist, chuir dà thrian de luchd-freagairt (66%, àir.=256) taic ris a' mholadh gum chòir sgrùdadh foghlaim a dhèanamh air an liosta air fad de dh'ionadan is seirbheisean a thugadh seachad sa phàipear cho-chomhairleachaidh.

	Àireamh	Ceudad	Ceudad Dligheach
Tha	256	66%	84%
Chan eil	49	13%	16%
Fo-àireamh Iomlan (Fhreagair iad)	**305**		
Cha do fhreagair iad	81	21%	
Gu h-iomlan	**386**		

Coltach ri C6 gu h-àrd, bha na prìomh bheachdan càileachdail an seo a' buntainn ris mar a ghabhadh modhan-sgrùdaidh a leasachadh airson a h-uile ionad. A-rithist, thèid bruidhinn air seo san ath-chaibideil.

Ged a bha aonta ann gum bu chòir dhan aon bhuidheann sgrùdadh a dhèanamh air a h-uile àite far a bheil clann is daoine òga ag ionnsachadh feuch am bi cunbhalachd ann, chaidh beachdan a thoirt seachad cuideachd nach biodh an aon dòigh-sgrùdaidh daonnan freagarrach agus gum bu chòir aire a thoirt do gach suidheachadh is co-theacsa le sgrùdaidhean.

Ionadan Eile a bu Chòir a bhith ann

A thaobh nan ionadan is nan àiteachan eile a bha luchd-freagairt a' moladh airson sgrùdaidhean, mhol cuid a dhaoine gum bu chòir Foghlam Alba a bhith air a sgrùdadh cho math ris an fheadhainn a bhios a' cur ri is a' dealbh phoileasaidhean foghlaim:

> "Bu chòir sgrùdaidhean a bhith ann aig gach ìre de shiostam an fhoghlaim is nan sgilean. Tha sin a' gabhail a-steach chomataidhean riaghaltais nàiseanta is ionadail a tha an sàs ann a bhith ag ullachadh phoileasaidhean mun churraicealam is measaidhean. Le bhith dìreach a' sgrùdadh nam builean deireannach, thathar a' call chothroman airson cunntachalachd is dearbhadh càileachd… Ma thathar a' sgrùdadh mar a thèid foghlam a thoirt seachad gun a bhith a' coimhead air luchd-sgrìobhaidh nam poileasaidhean, chan eil sibh a' tuigsinn idir dè th' ann an sgrùdadh is breithneachadh. Feumaidh sgrùdadh air poileasaidhean a bhith mar phàirt dhen mheasadh a nithear." (Neach fa leth)

Thugadh beachdan seachad cuideachd gum bu chòir sgrùdadh a dhèanamh air ùghdarrasan ionadail, chan ann dìreach air na sgoiltean/ionadan aca, agus aig na tachartasan chaidh bruidhinn air a' cheist, am bu chòir dhuinn a bhith a' dèanamh sgrùdadh air sgoiltean no ùghdarrasan ionadail (no air an dà chuid):

> "…b' fheàrr leinn gun dèante sgrùdadh air càileachd an fhoghlaim ann an Ùghdarrasan Ionadail air feadh an ùghdarrais, an àite dìreach ann an sgoiltean. Tha uallach iomlan aig Ùghdarrasan Ionadail airson nan sgoiltean aca agus feumaidh iad a bhith cunntachail airson luach is math nan seirbheisean a bhios iad a' toirt seachad tro na h-ionadan a tha fo an sgèith." (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Thuirt beagan dhaoine gun robh iad ag iarraidh sgrùdaidhean brìoghmhor a bhith ann agus cunbhalachd am measg ùghdarrasan ionadail/ùghdarrasan foghlaim ionadail, gu h-àraidh a thaobh nan dleastanasan aca airson dearbhadh càileachd:

> "Bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh ùir beachdachadh air na dleastanasan aig ùghdarrasan ionadail ann a bhith a' dearbhadh càileachd air feadh ionadan. Le sin, dh'fhaodadh cothrom a bhith ann bruidhinn air cho buadhach 's a dh'fheumadh na modhan-obrach a bhith gus dèanamh cinnteach gum biodh cunbhalachd ann air feadh Alba, ach cuideachd dh'fhaodadh seo cuideachadh le bhith a' comharrachadh sgoiltean airson an sgrùdadh a rèir an fhiosrachaidh a gheibhear, le prìomhachas ga chur air na h-ionadan nach deach a sgrùdadh o chionn 7-9 bliadhna." (Ùghdarrasan Ionadail)

Cuideachd, thugadh seachad àireamh glè bheag de bheachdan air feadh cheistean a' cho-chomhairleachaidh far an robh daoine a' faighneachd am biodh e freagarrach oilthighean a bhith fo ùghdarras HMIe:

> "…chan eil iomradh air oilthighean san fharsaingeachd an seo no ann an àite sam bith eile. Leis an inbhe, 'Ollamh', tha iad a' faighinn èisteachd sna meadhanan agus àiteachan eile, mar sin bu chòir sgrùdadh a dhèanamh air an obair aca agus dearbhadh gu bheil i earbsach." (Neach fa leth)

Am measg nam molaidhean eile gus leudachadh air na dleastanasan sgrùdaidh bha:

- an treas roinn agus buidhnean 'prothaid' a bhios a' toirt sheirbheisean foghlaim seachad ann an ionadan a gheibh maoineachadh poblach no a gheibh maoineachadh poblach airson obair sna h-àiteachan a tha air an ainmeachadh;
- buidhnean a bhios a' ruith chùrsaichean còmhnaidheach do sgoilearan;
- sgoiltean 'eadar-dhealaichte', leithid sgoiltean air-loidhne agus sgoiltean coille;
- sgoiltean àrainne/sgoiltean le modhan-stiùiridh com-pàirteach;
- sgoiltean creideimh neo-eisimeileach;
- conservatoire òigridh/buidhnean spèisealta a bhios a' toirt oideachadh do chloinn is daoine òga aig a bheil tàlantan sònraichte;
- suidheachaidhean far a bheil pàiste air an oideachadh aig an taigh;

- seirbheisean coimhearsnachd is in-ghabhail a bheir taic do chloinn nach eil làn-thìde san sgoil;
- seirbheisean comhairleachaidh is saidhceòlais (ann an sgoiltean);
- seirbheisean do dh'oileanaich le Feumalachdan Taice a Bharrachd;
- ionadan airson ciad fhoghlam luchd-teagaisg (CFL) (chaidh a mholadh aig tachartasan cuideachd);
- comhairle choitcheann teagaisg na h-Alba (GTCS);
- àidseantan stiùiridh, a bhios a' lìonadh a' bheàrn eadar colaistean is luchd-dreuchd;
- luchd-solair trèanaidh a tha ag obair ann an diofar roinnean (a' gabhail a-steach feadhainn a tha a' tairgsinn theisteanasan dreuchdail); agus
- am poileas (nuair a bhios iad an sàs ann am foghlam/ag obair ann an ionadan foghlaim).

Soilleireachd a Dhìth is Draghan gan Togail

Chaidh beagan cheistean a thogail mu na h-ionadan air an liosta, gu h-àraidh a thaobh na leanas:

- cha robh e soilleir am biodh/carson a bhiodh dleastanasan aig HMIe an lùib sgrùdaidhean air ionadan TCC nach robh ceangailte ri sgoiltean;
- cha robh e soilleir carson a bha foghlam Gàidhlig air an liosta mar raon fa leth airson sgrùdaidhean (an àite a bhith air a sgrùdadh mar phàirt dhen ìre fhoghlaim a bhite a' toirt seachad tron Ghàidhlig);
- cha robh fiosrachadh soilleir ann air mar a dheigheadh modal sgrùdaidh a roghnachadh airson gach seòrsa àite;
- bha ceistean aig daoine am bu chòir foghlam ann am prìosain is ionadan airson eucoraich òga a bhith an crochadh air iarrtasan bho Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Phrìosan ann an Alba gus leithid a dh'fhoghlam a chur air dòigh no am bu chòir modhan-obrach nas cunbhalaiche a chur an sàs far nach fheum iarrtas a bhith ann;
- bhiodh e feumail barrachd fiosrachaidh a bhith ann air na dleastanasan a bhiodh aig daoine an sàs ann an Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (ILC) an lùib sgrùdaidhean air feadh dhiofar ionadan (agus 's dòcha gun gabhadh an sgrìobhadh ann an liosta nan ionadan atharrachadh gu 'dleastanasan nan ùghdarrasan ionadail a thaobh Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd' gus sealltainn nach eil Seirbheis ILC aig a h-uile sgìre);
- bhiodh e feumail mìneachadh a bhith ann air carson a tha seirbheisean le fiosrachadh, comhairle is stiùireadh air dreuchdan air an liosta, agus iad sin fo sgèith Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) an-dràsta; agus
- nuair a thathar a' beachdachadh air an fhiosrachadh sa cho-chomhairleachadh aig RnA, bu chòir/dh'fhaodar ealla a ghabhail ri frèam càileachd na treas-ìre aig Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC)

agus ris na thathar a’ moladh an sin gus nach bi dùblachadh ann le obair ath-sgrùdaidh/sgrùdaidh agus measaidhean le diofar bhuidhnean.

Cuideachd, bha teagamhan aig cuid a dhaoine a thaobh dè cho comasach ’s a bhiodh HMIe air obair sgrùdaidh a dhèanamh anns a h-uile seòrsa ionaid is àite air an liosta, agus bhathar a’ smaoineachadh leis taghadh fharsaing de dh’àiteachan gur dòcha gum biodh e doirbh gu leòr luchd-sgrùdaidh fhastadh agus a chur an dreuchd aig am biodh na sgilean is eòlas freagarrach airson na h-obrach. Mhol cuid a luchd-freagairt gum bu chòir barrachd cuideim a chur air leasachaidhean ann an càileachd foghlaim fhoirmeil (foghlam stàite is prìobhaideach) sna tràth-ìrean, ann am bun-sgoiltean is ann an àrd-sgoiltean an àite ann am foghlam treas-ìre/iar-sgoile.

B’ e an t-seirbheis mun tugadh an uiread bu motha de **bheachdan measgaichte** seachad sa cho-chomhairleachadh, A’ Cumail ri Riaghailtean Beathachaidh ann an ionadan foghlaim. Ged a chuir a’ mhòr-chuid fàilte oirre, bha cuid a’ smaoineachadh gum biodh e na b’ fheàrr mura biodh uallaichean airson cumail ris na riaghailtean sin mar phàirt de fhrèam HMIe.

Cùisean Co-cheangailte ri Roinnean Sònraichte

Ged a chuirte fàilte air ILC air liosta nan ionadan a dheigheadh a sgrùdadh, bha draghan ann cuideachd gur dòcha gum bite a’ sùileachadh gum biodh cuid a luchd-coileanaidh com-pàirteach saor-thoileach a’ cumail ri ìrean foghlaim àrda fhad ’s a bhiodh iad a’ faighinn na bu lugha maoineachaidh no a’ call a’ mhaoineachaidh aca.

Cuideachd, bhruidhinn luchd-freagairt air na modhan-sgrùdaidh a th’ ann an-dràsta airson tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne (TCC), agus iad ga thoirt fa-near gu bheil Buidheann-sgrùdaidh a’ Chùraim agus HMIe an sàs annta. Chaidh a mholadh gum bu chòir aon bhuidheann a stèidheachadh gus TCC a sgrùdadh gus nach bi obair dhùbailte ann, ged nach robh luchd-freagairt an-còmhnaidh ag ràdh ciamar a b’ fheàrr leotha sin a dhèanamh, agus cha robh e soilleir an robh luchd-freagairt ag iarraidh TCC a chumail air an liosta no a thoirt far na liosta:

> “Tha tuigse choitcheann ann air feadh Riaghaltas na h-Alba agus riaghaltas ionadail gu bheil TCC cudromach dhan obair gus builean nas fheàrr a ghleidheadh do chloinn is daoine òga. ’S e aon bhuidheann an dòigh as fheàrr cur às do na h-eallaichean, biurocrasaidh, agus uallaichean ris a bheil tòrr dhaoine san roinn a’ dèiligeadh leis an t-siostam a th’ ann an-dràsta.” (Aonaidhean-ciùird/ Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

A rèir nan daoine a bha a’ moladh sgrùdaidhean aig ìre an ùghdarrais ionadail a chur an sàs a-rithist, bha iad dhen bheachd gum faighte dearbhadh càileachd air foghlam aig ìre na sgoile le sin.

Na h-Adhbharan Nach Tug Daoine Taic dhan Liosta

Am measg nan daoine nach do dh’aontaich ris an liosta a chaidh fhoillseachadh, thuirt àireamh bheag dhiubh nach bu chòir colaistean le maoineachadh poblach no

prìobhaideach a bhith air an liosta. B’ iad na prìomh adhbharan airson sin gun robh modhan-obrach eadar-dhealaichte aca airson sgrùdaidhean/dearbhadh càileachd, agus gun robh colaistean an-dràsta a’ co-dhealbh (còmhla ris an SFC agus Buidheann Dearbhaidh Càileachd na h-Alba) Frèam Dearbhaidh Càileachd na Treas-ìre (TQEF). Nam biodh colaistean air an liosta dh’fhaodadh obair dhùbailte a bhith ann, chaidh a ràdh, rud nach biodh èifeachdach a thaobh ùine no chosgaisean (chaidh bruidhinn air seo fo cheistean eile cuideachd).

Mar an ceudna, thog cuid ceistean mu cho feumail ’s a bha na siostaman a th’ ann an-dràsta airson sgrùdaidhean is dearbhadh càileachd ann am prògraman airson Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg (CFL) (thathar a’ bruidhinn air seo a-rithist nas fhaide air adhart sa cho-chomhairleachadh) agus bha draghan air daoine gum faodadh dùblachadh a bhith ann eadar seo agus obair eile a tha ga dèanamh.

Thuirt beagan luchd-freagairt nach bu chòir do sgoiltean neo-eisimeileach is prìobhaideach a bhith air an liosta, agus nach bu chòir dleastanasan a bhith aig HMIe a thaobh foghlam luchd-teagaisg aig ìre oilthighe, bhuidhnean saor-thoileach no phreantasachdan. A-rithist, bha cuid a luchd-freagairt dhen bheachd gun robh an liosta ro fhada, agus gum feumte prìomhachas a chur air cuid a raointean air sàillibh nach biodh gu leòr stòrasan is luchd-obrach aig HMIe:

> “Bu chòir obair sgrùdaidh a dhèanamh dìreach ann an ionadan far a bheil dleastanas reachdail ann foghlam a thoirt seachad. Mar eisimpleir: sgoiltean; dleastanasan foghlaim aig ùghdarrasan ionadail; agus foghlam ann am prìosain is ionadan airson eucoraich òga. Bu chòir buidhnean sgrùdaidh fa leth a bhith ann airson raointean eile. Le sin, bhiodh siostam sgrùdaidh foghlaim ann a bhiodh na b’ èifeachdaiche, na bu chunbhalaiche agus na bu fhreagarraiche.” (Neach fa leth)

Nuair nach robh luchd-freagairt ag aontachadh ris an liosta de dh’ionadan san fharsaingeachd (an àite a bhith dìreach an aghaidh cuid a sheòrsaichean ionaid a bhith air an liosta), b’ e a bha air cùl sin mar bu trice, nach robh iad a’ cur taic ris na modhan-sgrùdaidh a th’ ann an-dràsta no gum b’ fheàrr leotha sgrùdaidhean a bhith ann aig ìre an ùghdarrais ionadail an àite taobh a-staigh ionad fa leth. Thug daoine eile taic san fharsaingeachd do liosta nan ionadan fhad ’s a bhiodh modal sgrùdaidh sam bith freagarrach agus gun deigheadh measadh air cunnartan a dhèanamh.

C8: A bheil beachdan sònraichte agaibh air dleastanasan na buidhne-sgrùdaidh airson sgrùdaidhean air colaistean a gheibh maoineachadh poblach, ciad fhoghlam luchd-teagaisg, seirbheisean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne agus/no nuadh-phreantasachdan?

Thug beagan na bu lugha na dà thrian dhen luchd-fhreagairt beachdan càileachdail seachad airson na ceiste seo, agus thuirt cuid dhiubh gun robh iad a’ smaoineachadh gum bu chòir sgrùdadh neo-eisimeileach a dhèanamh le buidheann bhon taobh a-muigh air a h-uile ionad a gheibh maoineachadh poblach gus am biodh siostam co-aonaichte ann air feadh raon an fhoghlaim.

Colaistean a Gheibh Maoineachadh Poblach

Bha measgachadh de bheachdan ann air dleastanasan buidheann-sgrùdaidh an fhoghlaim a thaobh cholaistean a gheibh maoineachadh poblach. Bha cuid dhen bheachd gun robh sgrùdaidhean le HMIe riatanach airson dèanamh cinnteach à càileachd is buaidh ionadan foghlaim adhartaich, ge-tà, bha a' mhòr-chuid a' smaoineachadh gum biodh e na b' fheàrr dòighean eile a chleachdadh gus sgrùdadh is dearbhadh càileachd a dhèanamh ann am foghlam na treas-ìre.

B' e a' phrìomh phuing a bh' aig daoine, nach robh ag iarraidh gum biodh HMIe a' sgrùdadh cholaistean a gheibh maoineachadh poblach, gun robh modalan eile ann mu thràth no modalan a bhiodh na b' fhreagarraiche. Thuirt luchd-freagairt gun tug an SFC coimisean do Bhuidheann Dearbhaidh Càileachd na h-Alba o chionn ghoirid gus ath-sgrùdaidhean a chur air dòigh is a dhèanamh (le taic bho Fhoghlam Alba) air colaistean is oilthighean a gheibh maoineachadh poblach (agus bha taic làidir ann airson na dòigh-obrach sin airson foghlam treas-ìre seach gur e dòigh-obrach na bu cho-obrachail is na bu chom-pàirtiche a bh' ann)[1].

Gu dearbh, bhathar dhen bheachd gun robh na modhan-obrach aig an SFC an-dràsta ag obair gu math a thaobh cholaistean le neo-eisimeileachd gu leòr ann seach gum biodh buidhnean bhon taobh a-muigh a' dèanamh ath-sgrùdaidhean.

Thug luchd-freagairt eile iomradh air an obair aig Pròiseact Càileachd na Treas-ìre (PCT) a tha ga chur an sàs fo sgèith an SFC, a bhiodh a' stèidheachadh aon fhrèam coitcheann airson dearbhadh càileachd is leasachadh do cholaistean is oilthighean (leis an fhrèam sin bhite a' faighinn comhairle bho is a' dèanamh feum dhen eòlas aig Com-pàirteachas Frèam Chreideasan is Theisteanasan na h-Alba (SCQF)). Chuirte fàilte air an iomairt seo gus aon siostam a chur air dòigh do dh'Fhoghlam Adhartach is Àrd-ìre thar foghlam treas-ìre agus cha bu chòir dad a dhèanamh gus stad a chur air sin, bhathar a' smaoineachadh:

> "Gum feumar dèanamh soilleir nach bi colaistean air an sgrùdadh dà thuras leis an QAA agus leis a' bhuidhinn-sgrùdaidh, oir bhiodh sin ag adhbharachadh eadar-dhealachadh eadar colaistean is oilthighean aig àm nuair a tha a' mhòr-chuid de dhùthchannan ag amas air roinn cho-aonaichte a stèidheachadh aig an treas-ìre." (Buidhnean Buileachaidh)

Nam biodh aon siostam ann airson sgrùdaidhean a dhèanamh air colaistean is oilthighean, thigeadh buannachdan bho sin:

- bhiodh dòighean/slighean na b' fhasa ann do dh'oileanaich gus gluasad eadar colaiste is oilthigh;

[1] Thuirt aon bhuidheann gun robh e cudromach an aon mhodal a chur an sàs airson cholaistean is oilthighean oir tha e cudromach do dh'oilthighean gum bi na h-ath-sgrùdaidhean orra a' cumail ri Inbhean is Stiùiridhean Eòrpach airson Càileachd ann am Foghlam Àrd-ìre agus gun tèid na h-ath-sgrùdaidhean fhèin a dhèanamh le ball de Chomann na h-Eòrpa airson Dearbhadh Càileachd ann am Foghlam Àrd-ìre (ENQA).

- bhiodh barrachd chothroman ann co-obrachadh buadhach a chur air adhart eadar colaistean is oilthighean, an dà chuid a thaobh rannsachaidh agus a bhith a' toirt taic do dh'oileanaich gus soirbheachadh is builean matha a choileanadh; agus
- bhite a' cur spèis cho-ionann air adhart an lùib leithid a shiostam, agus a' cur taic ri oileanaich gus an t-slighe a b' fheàrr a fhreagradh orra fhèin a ghabhail, a thaobh nam feumalachdan is nan roghainnean ionnsachaidh is dreuchdail aca.

Am measg nan daoine a bha airson gum biodh colaistean air an sgrùdadh le HMIe, thugadh beachdan seachad gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh a bhith a' coimhead gu h-àraidh air an àrainneachd ionnsachaidh iomlan, modhan-teagaisg, agus mar a tha cùrsaichean a' freagairt air feumalachdan ghnìomhachasan. Ri linn mar a tha saoghal an fhoghlaim dhreuchdail a' sìor atharrachadh, chaidh a mholadh gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh measadh a dhèanamh air cho comasach 's a tha colaistean atharraichean a chur an sàs ri linn leasachaidhean teicneòlach agus atharraichean ann am margaidh nan obraichean. A-rithist, thuirt cuid de na daoine, a chuir taic ri sgrùdaidhean air colaistean, gun cuireadh iad taic ri sin fhad 's a bhiodh na planaichean a' cumail ris an aon slighe a chaidh a chomharrachadh le frèam càileachd na treas-ìre aig an SFC agus nach bu chòir dùblachadh a bhith ann le ath-sgrùdaidhean/sgrùdaidhean is measaidhean le grunn bhuidhnean. Cha robh ann ach glè bheag de dhaoine a chuir taic ris a' mholadh modal gu tur ùr a chur an àite nam modhan-obrach a th' ann an-dràsta airson sgrùdadh is dearbhadh càileachd:

> "Tha sinn gu làidir dhen bheachd gum bu chòir sgaradh a bhith ann eadar luchd-maoineachaidh is luchd-sgrùdaidh gus am bi soilleireachd ann ann an roinn nan colaistean. Leis an dòigh-obrach sin bhiodh pròg ram sgrùdaidh ann a bha gu tur neo-eisimeileach is fa leth bho dhleastanasan farsaing Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, a' gabhail a-steach maoineachadh. Leis an t-suidheachadh a th' ann an-dràsta dh'fhaodar a ràdh gu bheilear ga dhèanamh doirbh sgrùdadh neo-eisimeileach a dhèanamh, agus beachdan a thoirt seachad gun eagal is gun leiteachas air ìrean-coileanaidh ann an roinn nan colaistean." (Buidhnean Nàiseanta/Buidhnean Poblach)

Thugadh beachd deireannach seachad nach bu chòir, le modail sgrùdaidh ùr, gun deigheadh neartan an t-siostaim-sgrùdaidh a bh' ann airson cholaistean a chall far am biodh Luchd-measaidh Com-pàirteach a' cur ri comasan dhaoine, a' cuideachadh gus ath-sgrùdaidhean co-ionaid a chumail agus a bhiodh a' neartachadh an ionaid aca fhèin aig ìre ro-innleachdail agus ionadan air feadh na roinne.

Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg

Bha measgachadh de bheachdan ann air dleastanasan na buidhne-sgrùdaidh a thaobh Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg (CFL). B' e am beachd a bu chumanta a bh' aig daoine, ge-tà, gun robh buidhnean inbhean a' toirt sùil air leithid a dh'ionadan mu thràth no gun robh modhan làidir aca gus measadh a dhèanamh air càileachd an fhoghlaim. Mar eisimpleir, tha dleastanasan aig Comhairle Choitcheann

Teagaisg na h-Alba (GTCS) ann a bhith a' cruthachadh/a' barantachadh inbhean is slatan-tomhais airson CFL agus a thaobh clàradh airson dreuchd theagaisg, agus bidh HMIe a' faighinn fiosrachadh tron Fhrèam Fhèin-mheasaidh airson CFL. Thathar a' coimhead air sin mar deagh eisimpleir de dh'obair chom-pàirteach.

Thuirt cuid a luchd-freagairt gun robh daoine dhen bheachd gun robh na modailan fèin-mheasaidh a bh' ann mu thràth feumail:

> "Tha sinn ag iarraidh oirbh beachdachadh gu faiceallach air atharraichean sam bith air a' mhodail fhèin-mheasaidh… Tha am frèam fèin-mheasaidh sùbailte is 's urrainnear atharrachadh, gus ealla a ghabhail ri diofar shuidheachaidhean, sgìrean agus bhuidhnean de luchd-ionnsachaidh." (Aonaidhean-ciùird/ Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

> "Feumaidh modhan-sgrùdaidh an HMIe airson CFL a bhith freagarrach agus bu chòir barrachd feum a dhèanamh dhen fhrèam fhèin-mheasaidh airson CFL, oir tha farsaingeachd de mhodhan-obrach aig CFL mu thràth airson Dearbhadh Càileachd mar a dh'fheumas a bhith aca ri linn riaghailtean nan oilthighean, leithid bùird stiùiridh phròraman, comataidhean dearbhadh càileachd, measadh chùrsaichean, measadh phròraman agus aithisgean bho Luchd-measaidh bhon Taobh A-muigh." (An Roinn Iar-sgoile/Colaistean/Oilthighean)

Cuideachd, thuirt feadhainn eile gun robh ath-sgrùdaidhean gu tric aig oilthighean fhèin air teagasg is ionnsachadh, agus gun robh modhan-obrach aca airson dearbhadh càileachd le cothroman gus measadh a dhèanamh air neartan agus raointean far an robh leasachadh a dhìth, me, am pròiseas aig QAA, Ath-sgrùdaidhean air Ionadan le Prìomhachas air Leasachaidhean. A-rithist, bhathar dhen bheachd nach bu chòir iad sin atharrachadh.

Mar sin, bhathar dhen bheachd nach fheumadh HMIe a bhith an sàs ann an sgrùdaidhean air CFL, bhiodh cus biurocrasaidh ann agus ath-obair 's dòcha. Chaidh a ràdh cuideachd gum faodadh seo cron a dhèanamh air obair nan daoine a tha a' measadh càileachd san raon seo mu thràth:

> "A thaobh ciad fhoghlam luchd-teagaisg, dh'fheumadh siostam sgrùdaidh sam bith taic a chumail ris na modhan-obrach a th' ann a-cheana taobh a-staigh is taobh a-muigh nan ionadan airson dearbhadh càileachd is sgrùdaidhean… Nuair a thig e gu dleastanasan airson dearbhadh càileachd is sgrùdaidhean ann an Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg, feumar beachdachadh air mar a bheir sin taic do leasachaidhean…" (Aonaidhean-ciùird/ Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Thug beagan dhaoine beachd seachad le mìneachadh a bharrachd, thuirt iad nam biodh a' bhuidheann-sgrùdaidh ùr a' sgrùdadh CFL, nach obraicheadh sin ach le modhan-obrach co-obrachail (a' gabhail a-steach luchd-compàirt a th' ann a-

cheana) gan cur an sàs, agus dh'fheumte na slatan-tomhais, inbhean agus slatan-tomhais airson coileanaidh a th' ann an-dràsta a chleachdadh.

Bha luchd-freagairt eile a' moladh gum bu chòir dleastanasan taice a bhith aig HMIe a thaobh sgrùdaidhean air pròraman CFL, ach bha iad ag iarraidh gum biodh luchd-proifeiseanta bho roinn an Fhoghlaim Àrd-ìre le eòlas dreuchdail freagarrach is eòlas sònraichte air roinnean an sàs annta, mar eisimpleir, dh'fhaodadh riochdaire CFL a bhith air an co-thaghadh dhan sgioba sgrùdaidh airson gach Ionad Foghlaim Àrd-ìre. Bhathar dhen bheachd gum biodh feum air sin gus dèanamh cinnteach gun deigheadh ealla a ghabhail ri suidheachadh sònraichte gach ionad sna sgrùdaidhean.

Nuair a bha daoine a' cur taic ris a' mholadh gum biodh HMIe a' dèanamh sgrùdadh air CFL, bhathar a' smaoineachadh a-rithist gum biodh sin glè chudromach airson dèanamh cinnteach gum biodh pròraman trèanadh luchd-teagaisg buadhach, freagarrach airson an latha an-diugh, agus a' cur nan cleachdaidhean as fheàrr an sàs a thaobh feallsanachd teagaisg. Bhathar cuideachd dhen bheachd gum bu chòir sgrùdaidhean air CFL a bhith a' gabhail a-steach trèanadh practaigeach a bharrachd air dìreach eòlas acadaimigeach, le sin bhite a' cur ri comasan nan tidsearan fo dhearbhadh, ag ionnsachadh sgilean do dh'oileanaich a thaobh a bhith a' stiùireadh clas, agus gheibheadh iad eòlas air diofar mhodhan-teagaisg. San fharsaingeachd, b' e am prìomh adhbhar a bh' aig daoine airson taic a chur ri sgrùdaidhean HMIe air CFL, gun cuidicheadh sin le bhith a' leasachadh phròraman agus le bhith a' dèanamh cinnteach gum biodh luchd-teagaisg uidheamaichte ann:

> "Tha e riatanach gum bi modhan leantainneach ann gus measadh a dhèanamh is molaidhean a thoirt seachad gus an urrainnear pròraman foghlaim luchd-teagaisg a leasachadh agus luchd-oideachaidh ullachadh airson dleastanasan toinnte an neach-teagaisg san latha an-diugh." (An Roinn Iar-sgoile/Colaistean/Oilthighean)

San fharsaingeachd, ge-tà, b' e am beachd a bu chumanta a fhuaras gum feumadh siostam sgrùdaidh 'ùr' sam bith taic a chumail ri modhan-obrach a th' ann mu thràth taobh a-staigh is taobh a-muigh ionadan san roinn a thaobh dearbhadh càileachd is sgrùdaidhean.

Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne

Bha aonta farsaing ann gun robh sgrùdaidhean air ionadan tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne (TCC) cudromach oir bha leithid a dh'àiteachan mar bhun-stèidh làidir do dh'fhoghlam na cloinne. Ann an àiteachan TCC, chaidh a mholadh gum bu chòir, le sgrùdaidhean, prìomhachas a chur air a bhith a' dèanamh measadh air càileachd a' chùraim, mar a thathar a' stèidheachadh ghnìomhan ionnsachaidh a tha freagarrach airson aois na cloinne, agus air cho sàbhailte is in-ghabhalach 's a tha na h-àrainneachdan.

Ge-tà, chaidh a dhèanamh follaiseach a-rithist (an seo agus air feadh a' cho-chomhairleachaidh) nach bu chòir obair dhùbailte a bhith ann a thaobh

sgrùdaidhean air ionadan TCC le HMIe agus Buidheann-sgrùdaidh a’ Chùraim (tha dleastanasan aig na dhà dhiubh a thaobh seo an-dràsta), oir bha e cus siostam sgrùdaidh le dà bhuidhinn a bhith ann:

> “Thathar dhen bheachd fhathast gum bu chòir aon bhuidheann a stèidheachadh gus sgrùdaidhean a dhèanamh air tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne… ’S e aon bhuidheann an dòigh as fheàrr cuidhteas fhaighinn dhen eallach, uallach is uallaichean obrach a tha an siostam a th’ ann an-dràsta a’ fàgail air tòrr san roinn agus gu dearbh a bhiodh orra fhathast fon cho-fhrèam sgrùdaidh ùr a thathar a' moladh.” (Ùghdarrasan Ionadail)

Thuirt daoine a ghabh pàirt sna tachartasan gum feumte dèanamh cinnteach nach robh dùblachadh/ath-obair ann eadar buidhnean-sgrùdaidh/dleastanasan sgrùdaidh, agus gu h-àraidh eadar HMIe is Buidheann-sgrùdaidh a’ Chùraim (ged a bha sin cuideachd fìor a thaobh HMIe is ùghdarrasan ionadail). Bha an luchd-freagairt seo a’ smaoineachadh gum biodh e cudromach dèanamh cinnteach gum biodh an siostam soilleir agus gun robh a h-uile duine ga thuigsinn, agus mar phàirt de sin bhite ga dhèanamh soilleir cò aig a bhiodh diofar dhreuchdan is dleastanasan gus nach biodh leithid a dh’obair dhùbailte ann.

Gu dearbh, b’ e am beachd a bu chumanta a bh’ aig daoine a thaobh ionadan TCC gum feumte an siostam le dà bhuidhinn-sgrùdaidh atharrachadh. Thug cuid a luchd-freagairt iomradh air mar a bha co-chomhairleachadh ga chumail air frèam càileachd TCC aig an aon àm, agus thuirt iad gun tug iad freagairt seachad airson sin, agus iad a’ cur cèill nan draghan a bh’ orra a thaobh an t-siostaim a th’ ann an-dràsta agus an t-siostaim ùir a bhathar a’ moladh airson sgrùdaidhean TCC.

Nuadh-phreantasachdan

Cha tug mòran luchd-freagairt beachd seachad a bha gu h-àraidh a’ buntainn ri dleastanasan HMIe ann a bhith a’ sgrùdadh nuadh-phreantasachdan. Am measg na feadhna a thug, mar bu trice bha iad a’ bruidhinn air na h-adhbharan a bu chòir a bhith ann airson leithid a sgrùdaidhean agus ciamar a bu chòir an dèanamh, an àite a bhith a’ beachdachadh air a’ cheist fharsaing a bu chòir dleastanasan a bhith aig a’ bhuidhinn-sgrùdaidh ùir san roinn seo.

Ge-tà, bha aon rud a thog tòrr dhiubh, gum feumar dèanamh cinnteach nach bi nuadh-phreantasachdan air am measadh no air an sgrùdadh le dà bhuidhinn fa leth, mar eisimpleir, SDS, SQA agus HMIe. Rinn luchd-freagairt follaiseach a-rithist gum biodh e cudromach gum bite ag ionnsachadh bhon obair a tha SDS/Foghlam Alba air a dhèanamh le ath-sgrùdaidhean com-pàirteach gus dèanamh cinnteach nach biodh obair dhùbailte ann agus gum biodh dleastanasan is adhbhar nan diofar bhuidhnean soilleir.

Thuirt àireamh gu math beag de luchd-freagairt nach robh iad cinnteach am bu chòir dleastanasan a bhith aig HMIe a thaobh nuadh-phreantasachdan, agus gur dòcha gum biodh buidhnean no dòighean-obrach eadar-dhealaichte a dhìth airson nuadh-phreantasachdan a tha ceangailte ri buidhnean gnìomhachais no aig a bheil

riatanasan a tha ceangailte ris na buidhnean sin. Thuirt àireamh bheag de luchd-freagairt gum biodh sgrùdaidhean san roinn seo ‘doirbh’.

Beachdan Eile

Thog àireamh bheag de luchd-freagairt air beachdan a thug iad seachad mu thràth agus iad ag ràdh gum bu chòir sgrùdaidhean a bhith ann airson sgoiltean a-mhàin no gum bu chòir prìomhachas a chur air na sgrùdaidhean sin. Thuirt cuid a-rithist gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh fhèin a bhith cunntachail. Thuirt cuid a luchd-freagairt nach robh iad a’ cur taic ri sgrùdaidhean san fharsaingeachd. Thuirt iad gur e pròiseas dùbhlanach is sàrachail a bh’ ann a bha a’ dèanamh cron air slàinte-inntinn nan daoine a bha fo sgrùdadh, agus gum bu chòir dòighean-obrach nas taiceil a chur an sàs a thaobh mar a thèid cùisean a leasachadh.

Làn-bhuannachdan bho Sgrùdaidhean Foghlaim

Chaidh trì prìomhachasan a chur an cèill sa phàipear cho-chomhairleachaidh gus piseach a thoirt air obair is buaidh nan sgrùdaidhean ann an siostam an fhoghlaim, b’ iad sin:

1. A’ dèanamh cinnteach gum bi earbsa aig clann, daoine òga, inbhich a tha ag ionnsachadh, pàrantan/luchd-cùraim, luchd-teagaisg agus luchd-obrach eile, agus aig a’ mhòr-shluagh, ann an obair buidheann-sgrùdaidh an fhoghlaim.

2. A’ dèanamh cinnteach gum bi luchd-teagaisg is luchd-obrach eile, clann, sgoilearan is oileanaich, pàrantan/luchd-cùraim, ùghdarrasan ionadail agus luchd-solair an sàs ann an sgrùdaidhean; agus

3. A’ dèanamh cinnteach gun dèanar làn-fheum de dh’fhianais bho sgrùdaidhean gus: (a) dearbhachd is cunntachalachd phoblach a thoirt seachad; (b) piseach a thoirt air cùisean agus cur ri comasan dhaoine; agus (c) gus cuideachadh le bhith a’ dealbh dhòighean-obrach is phoileasaidhean.

C9: A bheil sibh ag aontachadh ri no a’ dol an aghaidh nam prìomhachasan? A bheil sibh airson gum bi obair no dleastanasan sgrùdaidh a’ gabhail a-steach dad eile?

A-rithist, dh’aontaich mu dhà thrian (67%, àir.=259) de luchd-freagairt ris na prìomhachasan san sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh

	Àireamh	Ceudad	Ceudad Dligheach
Ag aontachadh	259	67%	87%
An aghaidh	38	10%	13%
Fo-àireamh Iomlan (Fhreagair iad)	**297**		
Cha do fhreagair iad	89	23%	

Ged a bhathar a’ nochdadh taic do na prìomhachasan (a tha a rèir nan adhbharan a chaidh a stèidheachadh) sa mhòr-chuid de bheachdan a thugadh seachad, thug grunn dhaoine iomradh sònraichte air cho feumail ’s a bhiodh Prìomhachas 2 (sin gum bite a’ dèanamh cinnteach gum biodh luchd-teagaisg is luchd-obrach eile, clann, sgoilearan is oileanaich, pàrantan/luchd-cùraim, ùghdarrasan ionadail agus luchd-solair an sàs ann an sgrùdaidhean):

> “Le bhith a’ dèanamh ath-leasachadh air sgrùdaidhean, tha cothrom againn co-chonaltradh nas fheàrr a dhèanamh leis a h-uile duine agus cothrom a thoirt dhaibh pàirt a ghabhail ann an sgrùdaidhean foghlaim. Tha sin a’ gabhail a-steach luchd-teagaisg, clann, daoine òga, inbhich a tha ag ionnsachadh agus pàrantan is luchd-cùraim… Cha bu chòir gun toir beachdan nan daoine a tha fo sgrùdadh cus buaidhe air co-dhùnaidhean na buidhne-sgrùdaidh. Ge-tà, bu chòir dhuinn daonnan dèanamh cinnteach gun tèid ealla a ghabhail ris na suidheachaidhean is beachdan aca a thaobh nan dòighean sam bithear a' dèanamh agus a’ stiùireadh sgrùdaidhean.” (Ùghdarrasan Ionadail)

Bhathar dhen bheachd gum biodh e gu h-àraidh cudromach gealladh a bhith ann gus cothrom a thoirt do chloinn, daoine òga, pàrantan is luchd-cùraim gus pàirt a ghabhail ann an cùisean ma bha daoine gu bhith a’ cur earbsa ann an obair na buidhne-sgrùdaidh (le sin bhite a’ coileanadh Prìomhachas 2 agus a’ cuideachadh le bhith a’ coileanadh Prìomhachas 1). Ge-tà, bha daoine aig na tachartasan dhen bheachd gun robh barrachd fiosrachaidh a dhìth a thaobh ciamar a dheigheadh sgoilearan is pàrantan a bhrosnachadh gu bhith a’ dol an sàs ann an sgrùdaidhean.

Bhathar cuideachd a’ smaoineachadh gur e an aon dòigh piseach dha-rìribh a thoirt air an t-siostam a th’ ann an-dràsta sgrùdaidhean taiceil is co-obrachail a bhith ann:

> “Ma tha dòighean-obrach nas co-obrachail ann a tha ag amas air cur ri comasan dhaoine faodaidh sinn an taic a tha dhìth a thoirt do thidsearan is ceannardan sgoile. Leis a’ mhodail a th’ ann an-dràsta faodaidh sin tòrr uallaichean fhàgail air daoine a tha fo sgrùdadh agus tha e cumanta gu leòr a bhith a’ cluinntinn gu bheil daoine a’ smaoineachadh nach eil na co-dhùnaidhean a nithear sna sgrùdaidhean cunbhalach.” (An Roinn Iar-sgoile/Colaistean/Oilthighean)

A-rithist, mhol grunn dhaoine gum bu chòir barrachd cuideim a chur air dòighean-obrach co-obrachail airson fèin-mheasadh is sgrùdaidhean (le cothroman do bhuill dhen sgioba stiùiridh pàirt a ghabhail ann an sgrùdadh na sgoile aca agus do Luchd-measaidh Com-pàirteach pàirt nas motha a ghabhail ann an cùisean):

> “’S e puing ro chudromach a th’ ann, agus cha bhithear a’ toirt fa-near dha seo mar a bu chòir, gu bheil e na chomas do shiostam foghlaim na h-Alba barrachd fèin-mheasaidh a dhèanamh air ìrean-

> coileanaidh an t-siostaim a thaobh a bhith a’ toirt foghlam seachad. Feumaidh e a bhith mar phrìomh amas dhan bhuidhinn-sgrùdaidh cur ri comasan dhaoine, agus a bhith a’ dèanamh dearbhadh air gnìomhan a thathar a’ dèanamh air feadh an t-siostaim gus piseach a thoirt air an fhoghlam. Gun an t-amas sin, dh’fhaodadh nach bi e na chomas dhan bhuidhinn-sgrùdaidh na trì prìomhachasan a choileanadh.” (Ùghdarrasan Ionadail)

Thuirt cuid a dhaoine a dh’aontaich ris na prìomhachasan gun robh na trì dhiubh caran farsaing agus gun gabhadh sealltainn gun robh iad a’ togail air na bha a’ tachairt sa mhodal sgrùdaidh a th’ ann an-dràsta, an àite a bhith a’ toirt amasan ‘ùra’ no ‘lèirsinneach’ seachad airson buidheann-sgrùdaidh ùr. Mar an ceudna, bha daoine dhen bheachd nach robh cus feum ’s dòcha sa phrìomhachas a thaobh ‘earbsa ann an obair buidheann-sgrùdaidh an fhoghlaim’, agus thuirt cuid a luchd-freagairt gum biodh e nàdarra a bhith a’ sùileachadh sin bho bhuidheann phoblach sam bith.

Nuair a bha luchd-freagairt **a’ dol an aghaidh** nam prìomhachasan no nuair nach robh iad a’ cur mòran taice riutha, b’ e an t-adhbhar bu mhotha airson sin na faclan a chaidh a chleachdadh airson na prìomhachasan a chur an cèill. Bhathar a’ smaoineachadh gun robh cuid de na faclan a’ dol an aghaidh nan dòighean-obrach co-obrachail is taiceil a bhathar a’ miannachadh, mar eisimpleir, a thaobh a bhith a’ toirt piseach air cùisean agus a’ cur ri comasan dhaoine. Bhathar dhen bheachd gun robh na faclan sin a’ cur taic ris an dòigh-smaoineachaidh gur iad an luchd-sgrùdaidh a-mhàin a bheir piseach air cùisean agus gun tèid ‘sparradh’ air luchd-teagaisg is sgoiltean piseach a thoirt air cùisean (mar sin, bha na faclan a’ cur an cèill mar a nithear leasachaidhean fo stiùir na feadhna a th’ aig mullach an t-siostaim).

Cuideachd, cha robh daoine toilichte leis mar a bhathar a’ cur cuideam air ‘buaidh’ is ‘fianais’, mura bite a’ coimhead air soirbheachas bho shealladh na b’ fharsaing nach robh cho acadaimigeach no poilitigeach, mar eisimpleir, sealladh far nach eilear a’ coimhead dìreach air slatan-tomhais coileanaidh. Bhathar a’ moladh gum bite a’ coimhead air feumalachdan nan sgoilearan/oileanach san fharsaingeachd, agus air soirbheachas le sùil ris an ùine fhada. Bhathar a’ moladh cur às dhan mhodail sgrùdaidh stèidhichte air ìrean is sgòraichean.

Thuirt daoine eile nach e facal brosnachail a th’ ann an ‘cunntachalachd’ agus nach bu chòir dha sin, uair sam bith, a bhith mar phrìomhachas an lùib sgrùdaidhean (bhathar dhen bheachd gun robh cus cuideim ga chur air ceasnachadh is breithneachadh sna modhan-sgrùdaidh):

> “Bu chòir cuideam a chur air càileachd an fhoghlaim, an àite cunntachalachd. Chan eil adhbhar sam bith soilleireachd a bhith ann, ma thathar a’ fàilligeadh anns gach raon de dh’fhoghlam.” (Neach fa leth)

> “Tha sgrùdadh fhathast na phròiseas a tha ga dhèanamh ‘air’ sgoiltean. Ged a tha sinn a’ cur fàilte air an amas gum bi luchd-ionnsachaidh, luchd-oideachaidh agus luchd-ùidhe eile an sàs sa

> phròiseas, tha sinn a’ togail ceist mu mar a thathar fhathast a’ cleachdadh cainnt co-cheangailte ri ‘cunntachalachd’ – le sin thathar a’ stèidheachadh suidheachadh le ‘iadsan is sinne’, agus tha sinn a’ smaoineachadh gum biodh e na b’ fheàrr gluasad air falbh bhon dòigh-smaoineachaidh sin.” (An Treas Roinn)

Cuideachd, bha beachdan ann nach bu chòir uiread cuideim a chur air cunntachalachd sna prìomhachasan san fharsaingeachd:

> “Bu chòir prìomhachas a chur air taic airson piseach a thoirt air cùisean, a bhith a’ cur ri comasan dhaoine agus a’ cuideachadh le bhith a’ dealbh dhòighean-obrach an àite air cunntachalachd. Tha an t-òrdugh san deach na prìomhachasan fhoillseachadh a’ sealltainn gu bheilear air a’ cur cus cuideim air cunntachalachd ann an sgrùdaidhean." (Ùghdarrasan Ionadail)

San fharsaingeachd, bhathar gu mòr dhen bheachd gum bu chòir do na prìomhachasan a bhith a’ bruidhinn air modhan-sgrùdaidh a tha nas com-pàirtiche agus nas co-obrachail, agus gum bu chòir dhaibh barrachd cuideim a chur air mar a thèid sàr fhoghlam a thoirt seachad:

> “Tha coltas ann gur e prìomhachasan an riaghaltais a th’ annta seo an àite nam prìomhachasan a th’ aig clann, daoine òga agus na teaghlaichean aca.” (Neach fa leth)

Am measg an luchd-fhreagairt air fad, cha d’ fhuaras mòran mholaidhean a thaobh barrachd phrìomhachasan, an àite sin mhìnich cuid a luchd-freagairt mar a bu toil leotha sgrùdaidhean a bhith air an dèanamh/dè bu chòir a bhith mar phàirt de sgrùdaidhean. Am measg nam beagan bheachdan a dh’fhaodadh a bha a-mach air mar a dh’fhaodar na prìomhachasan ùrachadh, bha:

- bu chòir dha a bhith mar am prìomh amas foghlam sàr-mhath a thoirt seachad/cumail ri inbhean foghlaim freagarrach;
- bu chòir prìomhachas a chur air mar a nithear leasachaidhean leantainneach le bhith a’ comharrachadh is a’ co-phàirteachadh dheagh mhodhan-obrach san roinn;
- bu chòir do na prìomhachasan a bhith a’ togail air mar a tha barrachd co-obrachaidh air a bhith ann o chionn beagan bhliadhnaichean eadar a’ bhuidheann-sgrùdaidh agus riaghaltas ionadail, a’ gabhail a-steach a’ mhodail leasachaidh cho-obrachail; agus
- cuideachd feumaidh a’ bhuidheann-sgrùdaidh prìomhachas a chur air a bhith a’ comharrachadh nan dòighean-obrach as fheàrr agus mar a ghabhas iad sin a chur gu feum ann an suidheachaidhean eile.

Chaidh moladh na b’ fharsainge a thoirt seachad cuideachd, gum bu chòir, mar phàirt de na prìomhachasan, cuideam a chur air co-ionannachd, còraichean is cultar an lùib foghlaim.

Mhol beagan luchd-freagairt cuid de na faclan atharrachadh, ged nach robh ann mar bu trice ach neach-freagairt no dhà a bha a' moladh gach atharrachadh. Am measg nam molaidhean bha:

- bu chòir iomradh a bhith sa chiad phrìomhachas air 'tuigse' cuideachd, le sin bhathar a' ciallachadh gum bu chòir gum bi diofar luchd-ùidhe 'a' tuigsinn obair buidheann-sgrùdaidh an fhoghlaim agus a' cur earbsa innte'. (Gu dearbh, chaidh a mholadh gum bu chòir prìomhachas eile a bhith ann, gum bi a' bhuidheann-sgrùdaidh ga dèanamh fhèin nas aithnichte, nas fhosgailte agus nas so-ruigsinn am measg an t-sluaigh agus do phàrantan is teaghlaichean. Chaidh a mholadh cuideachd gum bu chòir iomradh a bhith air 'aonaidhean luchd-teagaisg' sa phrìomhachas seo);
- bu chòir iomradh a bhith air colaistean san dàrna prìomhachas, mar sin, bhiodh '…colaistean agus luchd-solair eile an sàs ann an sgrùdaidhean' agus chaidh a mholadh gum faodadh, sa phrìomhachas seo, iomradh a thoirt air fèin-mheasadh, meòrachadh is leasachadh mar phàirt dhen obair gus piseach a thoirt air cùisean. Chaidh a mholadh cuideachd gum bu chòir dhan phrìomhachas atharrachadh gus a bheil e a' leughadh mar seo, '…an sàs ann an dòigh bhrìoghmhor ann an sgrùdaidhean agus a' chom-pàirt sin stèidhichte air còraichean dhaoine'; agus
- a thaobh an treas prìomhachais, bu chòir an t-òrdugh atharrachadh gu (a) piseach a thoirt air cùisean agus cur ri comasan dhaoine; (b) dearbhachd is cunntachalachd phoblach a thoirt seachad; agus (c) gus cuideachadh le bhith a' dealbh dhòighean-obrach is phoileasaidhean. Chaidh a mholadh cuideachd gum faodte ceathramh fo-phuing a chur ann, "piseach a thoirt air na builean a th' ann do chloinn is daoine òga", agus chaidh a mholadh gum bu chòir sin a bhith aig toiseach na liosta.

Mhol àireamh bheag de luchd-freagairt gum bu chòir iomradh a bhith sna prìomhachasan air coimhearsnachdan is buidhnean coimhearsnachd, a thuilleadh air luchd-compàirt co-cheangailte ris na h-àiteachan far an tèid sgoilearan às dèidh na sgoile leithid fhastaichean, colaistean agus oilthighean (ach cha tuirt luchd-freagairt ciamar a bu chòir sin a dhèanamh).

Bhathar cuideachd ag iarraidh barrachd soilleireachd a thaobh nam prìomhachasan. Mar eisimpleir, airson Prìomhachas 1, chaidh a mholadh gum biodh e feumail barrachd mìneachaidh a dhèanamh air dè bhiodh 'earbsa' a' ciallachadh do luchd-ùidhe, agus le sin bhiodh barrachd soilleireachd ann 's dòcha air na h-adhbharan sgrùdaidh. Cuideachd, bhathar ag iarraidh barrachd soilleireachd air dè bhathar a' ciallachadh le 'gus piseach a thoirt air cùisean agus cur ri comasan dhaoine'. Thuirt cuid a dhaoine gun còrdadh e riutha barrachd fiosrachaidh a bhith aca air ciamar a dheigheadh na prìomhachasan a choileanadh agus dè a' bhuaidh a bhiodh aca air na modhan-riaghlaidh a th' ann an-dràsta.

Chaidh a thogail cuideachd, ged a bhathar a' cur fàilte mhòr air mar a bhiodh luchd-teagaisg is luchd-obrach proifeiseanta eile an sàs sna sgrùdaidhean, cha bhiodh an cothrom com-pàirt sin gu leòr a thaobh na taice a tha a dhìth air luchd-teagaisg. An

àite dìreach sin, bhathar ag iarraidh barrachd fiosrachaidh air agus gun dèanar barrachd beachdachaidh air mar a ghabhadh taic na b' fheàrr a chur air dòigh do luchd-teagaisg.

Thuirt grunn luchd-freagairt, ged a bha iad ag aontachadh gum feumar làn-fheum a dhèanamh dhen fhianais, gum biodh feum cuideachd air modhan-obrach buadhach gus dàta a cho-phàirteachadh (chaidh bruidhinn air seo aig na tachartasan cuideachd), agus dh'fheumadh na modhan-obrach sin a bhith soilleir agus dh'fheumadh an fhianais uile a bhith soilleir/furasta a tuigsinn is a faighinn. Cuideachd, dh'fheumte dèanamh cinnteach gum bite a' dèanamh feum dhen fhianais sgrùdaidh ann an dòigh fhreagarrach agus chan ann mar ghoireas:

> "Cuideachd, feumaidh soilleireachd a bhith ann a thaobh farsaingeachd is càileachd na fianaise agus feumar fianais fhaighinn air na tha sinn ag iarraidh a mheasadh, an àite air na tha furasta a mheasadh. Bu chòir leis na modhan-sgrùdaidh gum faigh na h-ionadan cothrom fianais a thoirt seachad air a' chuid as fheàrr dhen obair aca agus cha bu chòir gum bi iad air an cuingealachadh air sàillibh an t-seòrsa fianaise a thathar a' sireadh." (An Roinn Iar-sgoile/Colaistean/Oilthighean)

Chleachd daoine eile an cothrom a-rithist leis a' cheist seo gus sealltainn mar nach robh iad ag aontachadh ri sgrùdaidhean san fharsaingeachd agus/no gus beachd a thoirt seachad gu bheil fèin-mheasadh na mheadhan nas freagarraiche agus nas buadhaiche gus piseach a thoirt air cùisean. Mu dheireadh, chaidh beachdan a thoirt seachad a-rithist air cho cudromach 's a bhiodh e gum biodh na modhan-sgrùdaidh a' buntainn ri builean airson clann is daoine òga, chan ann dìreach ri leasachaidhean san t-siostam.

A' Coileanadh nam Prìomhachasan

San earrainn mu dheireadh dhen phàipear cho-chomhairleachaidh bhathar a' sireadh bheachdan air dòighean eadar-dhealaichte gus na prìomhachasan bho C9 a choileanadh – an dàrna cuid tro reachdas ùr no tro dhòighean eile leis an reachdas a th' ann an-dràsta. Bha na trì ceistean mu dheireadh dhen cho-chomhairleachadh a' toirt sùil shònraichte air na trì prìomhachasan.

C10: A bheil beachdan agad air na roghainnean gus modhan-sgrùdaidh ùra a stèidheachadh?

Chaidh iarraidh air luchd-freagairt am beachdan a thoirt seachad air ciamar as fheàrr Prìomhachas 1 (fiosrachadh mionaideach air fo C9 gu h-àrd) a choileanadh. Bhathar gu h-àraidh a' sireadh bheachdan air na leanas:

1. am bu chòir na dleastanasan sgrùdaidh a thoirt air falbh bho Fhoghlam Alba gus buidheann fa leth, ùr a stèidheachadh gun feum air reachdas ùr. Bhiodh a' bhuidheann-sgrùdaidh sin fhathast cunntachail do Mhinistearan na h-Alba; no

2. am bu chòir reachdas a thoirt air adhart gus an dreuchd ‘Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam ann an Alba’ a stèidheachadh fon lagh mar neach-dreuchd neo-eisimeileach. Nan tachradh sin, dh’fhaodadh e a bhith mar phrìomh uallach air Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh clàran-ama, tricead is prìomh amasan nan sgrùdaidhean a stèidheachadh, an àite an cumhachd sin a bhith fo smachd laghail Mhinistearan na h-Alba.

Bha measgachadh mòr de bheachdan ann mun cheist seo, agus cha do nochd prìomh chuspairean soilleir am measg nam freagairtean. Bhruidhinn grunn luchd-freagairt air na neartan is laigsean a bha iad a’ faicinn leis an dà roghainn (agus thug iad seachad roghainnean eile) an àite a bhith ag innse gu soilleir cò an roghainn a b’ fheàrr leotha. Cuideachd, bha cuid a dhaoine a’ coimhead air a’ cheist seo mar thaghadh eadar dà roghainn agus bha cuid eile a’ smaoineachadh gun robh a’ cheist a’ ciallachadh gun gabhadh an dà roghainn air a chur an sàs còmhla no gum bite a’ dèanamh sin. Leis a’ cheist seo agus le ceistean eile às dèidh seo, bha daoine a bha an làthair aig na tachartasan ag iarraidh soilleireachd air an diofar eadar a bhith a’ cur atharraichean an sàs air reachdas no tro reachdas agus air a’ bhuaidh a bhiodh ann le sin, agus air co-dhiù a ghabhadh no nach gabhadh an dà roghainn a choileanadh còmhla no am feumte roghainn a dhèanamh eatarra.

Roghainn 1: Buidheann Ùr

Thuirt tòrr luchd-freagairt gun robh iad ag aontachadh gum bu chòir buidheann neo-eisimeileach a stèidheachadh a bhiodh fa leth bho Fhoghlam Alba agus an obair aca air a stiùireadh le molaidhean luchd-ùidhe is an rannsachadh as ùire. B’ e an t-adhbhar bu mhotha a bh’ aig daoine airson sin gun dèanadh sin cinnteach gun robh na modhan-sgrùdaidh air stèidh neo-eisimeileach agus nach biodh draghan ann, mar a bha roimhe, a thaobh neo-phàirteachd nan sgrùdaidhean:

> “Tha e deatamach gun tèid a’ bhuidheann a chur air bhonn mar bhuidhinn neo-eisimeilich gus dèiligeadh ri seo agus gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh na dleastanasan aca a choileanadh gu neo-eisimeileach agus gun lethbhreith. Tha seo riatanach gus dèanamh cinnteach gum bi daoine a’ cur earbsa sna modhan-sgrùdaidh a-rithist agus gun tèid measaidhean a dhèanamh gun daoine a bhith a’ toirt buaidh neo-iomchaidh orra, agus le sin bidh siostam sgrùdaidh foghlaim nas làidire is nas earbsaiche ann.” (Neach fa leth)

> “Ma thèid buidheann fa leth a stèidheachadh, bheireadh sin air falbh cothrom sam bith a dh’fhaodadh a bhith ann airson strì eadar com-pàirtean agus dhèante cinnteach gum biodh dleastanasan na buidhne na bu shoilleire.” (An Roinn Iar-sgoile/Colaistean/Oilthighean)

Ged a bhathar a’ coimhead air an roghainn sin mar thè radaigeach, bhathar cuideachd a’ smaoineachadh gun robh feum air gus dèanamh cinnteach nach robh strì eadar com-pàirtean ann, a bhathar a’ smaoineachadh a bha a’ tachairt leis an t-siostam a th’ ann an-dràsta, eadar na dleastanasan airson leasachadh, adhartas agus mheasaidhean.

A thaobh nan daoine a thug taic dhan roghainn seo, thuirt iad, ged nach robh feum air reachdas air an son, gum bu chòir structairean riaghlaidh soilleir a chur air bhonn gus obair na buidhne ùire a stiùireadh agus gus sùil a chumail oirre. Mar an ceudna, bhathar dhen bheachd ged a bhiodh a' bhuidheann fa leth bho Fhoghlam Alba, gum feumte fhathast fiosrachadh is comhairle a cho-phàirteachadh eadar an dà bhuidhinn agus gum biodh sin freagarrach airson dèanamh cinnteach gum biodh siostam co-aonaichte ann fhathast. Le sin, mar eisimpleir, bhiodh luchd-sgrùdaidh a' dèanamh cinnteach gum biodh làn fhios aca air na modailean is modhan-obrach airson càileachd an fhoghlaim a bhiodh Foghlam Alba a' moladh airson sgoiltean:

> "Ma tha dà bhuidhinn ag obair air sgrùdaidhean foghlaim agus gus piseach a thoirt air foghlam, feumaidh prìomh luchd-ùidhe a bhith cinnteach gu bheil amasan is prìomhachasan coitcheann aca." (Ùghdarrasan Ionadail)

A rèir cuid a dhaoine a chuir taic ris a' mholadh airson buidheann fa leth, bha ceistean ann cuideachd a thaobh ciamar a bheirte/cò bheireadh comhairle is taic do luchd-teagaisg – Foghlam Alba no a' bhuidheann-sgrùdaidh ùr?

Thug cuid a dhaoine, a bha ag iarraidh buidheann ùr, rabhadh seachad gum biodh meud is farsaingeachd na buidhne an crochadh air an ìre de cho-obrachadh a bhiodh ann le ùghdarrasan ionadail. Mhol iad: gum bu chòir barrachd feum a dhèanamh de na dòighean-obrach aig ùghdarrasan ionadail airson dearbhadh càileachd; eòlas nan ùghdarrasan ionadail a chleachdadh gus aontachadh cò na sgoiltean a thèid a sgrùdadh leis a' bhuidhinn neo-eisimeilich; barrachd Luchd-measaidh Com-pàirteach a chleachdadh; agus gum bu chòir pàirt na bu mhotha a bhith aig oifigearan nan ùghdarrasan ionadail ann an sgrùdaidhean.

Coltach ris na beachdan a thugadh seachad air a' BhTU, thuirt àireamh bheag de na daoine a chuir taic ris a' mholadh airson buidheann ùr gum biodh e cudromach gum biodh luchd-obrach 'ùr' aig a' bhuidhinn ùir, agus iad ag ràdh nan deigheadh an luchd-obrach bhon t-seann bhuidhinn-sgrùdaidh a ghluasad chun na buidhne ùire gun robh cunnart ann gun cuireadh sin maill air oidhirpean gus dòighean-obrach ùra sam bith a chur an sàs. Mar an ceudna, bha cuid a dhaoine dhen bheachd nach deigheadh cur às do thrioblaidean san t-siostam dìreach le bhith a' stèidheachadh buidheann-sgrùdaidh ùr, mura deigheadh dèiligeadh ri trioblaidean nas bunaitiche a chaidh a chomharrachadh ann an Aithisg Muir cuideachd:

> "Mura tèid dèiligeadh ris na duilgheadasan a chaidh a thogail ann an aithisg Muir (leithid neo-phàirteachd na buidhne-sgrùdaidh), tha e coltach gun lean iad ged a thèid siostam ùr a stèidheachadh an àite Foghlam Alba le tè seach tè de na roghainnean. Feumaidh luchd-ionnsachaidh, luchd-teagaisg proifeiseanta agus luchd-ùidhe earbsa a chur sna pròiseasan fhèin, agus feumaidh a' bhuidheann-sgrùdaidh a bhith gu tur neo-eisimeileach gus an urrainn dhaibh measadh a dhèanamh air buaidh agus coileanadh nan dòighean-teagaisg agus air càileachd an fhoghlaim." (An Treas Roinn)

Thuirt cuid a luchd-freagairt, **a bha a' dol an aghaidh** a' mholaidh airson buidheann-sgrùdaidh ùr, gun robh iad dhen bheachd nach biodh sin a' ciallachadh

gum biodh ‘neo-eisimeileachd’ bhon riaghaltas ann mar a bha luchd-ùidhe ag iarraidh:

> “Bhiodh a’ bhuidheann-sgrùdaidh fon mhodail seo fhathast cunntachail do agus air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba… mar sin cha bhiodh a’ bhuidheann ùr cho neo-eisimeileach sin, agus tha sin a’ cur taic ris a’ bheachd gu bheil Riaghaltas na h-Alba a’ feuchainn air smachd air astar a chumail air na dleastanasan sgrùdaidh agus cha deigheadh cruth-atharrachadh a thoirt air na modhan sgrùdaidh is breithneachaidh, agus cruaidh fheum air sin…” (Aonaidhean-ciùird/ Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Am measg nam prìomh phuingean eile a chaidh a thogail an aghaidh seo bha: nam biodh buidheann eile an sàs ann am foghlam is sgrùdaidhean gun cuireadh sin ris a’ bhiurocrasaidh a th’ ann agus nach biodh innte ach buidheann eile gus rian a chumail air sgoiltean. Cuideachd, thuirt luchd-freagairt gum faodadh cunnart a bhith ann le dà bhuidhinn fa leth airson sgrùdaidhean is taic gum biodh iad a’ gabhail shlighean eadar-dhealaichte nan obair/gun tigeadh sgaradh eatarra (mar eisimpleir, dòighean-smaoineachaidh eadar-dhealaichte), bhathar dhen bheachd ma tha aon bhuidheann ann airson sgrùdaidhean is taic gun cuidich sinn gus cunbhalachd a chur an sàs a thaobh theachdaireachdan is dhòighean-obrach.

Roghainn 2: Neach-dreuchd Neo-eisimeileach

Am measg na feadhna a thug taic dhan mholadh airson neach-dreuchd neo-eisimeileach, thuirt tòrr dhiubh gum biodh barrachd cunntachalachd is neo-eisimeileachd ann agus gum biodh e na b’ fhollaisiche gun robh sin ann, agus mar thoradh air sin bhiodh am mòr-shluagh agus luchd-proifeiseanta a’ cur barrachd earbsa sna modhan-sgrùdaidh:

> “Tha a’ bhuidheann a’ cur taic ris a’ mholadh gus Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam a chur an dreuchd mar neach-dreuchd neo-eisimeileach fon lagh. ’S e an t-adhbhar airson sin gu bheil sinn airson a’ bhuaidh a th’ aig luchd-poilitigs air foghlam ann an Alba a lùghdachadh. Tha sinn dhen bheachd ma thèid an t-Àrd-neach-sgrùdaidh a chur an dreuchd mar neach-dreuchd neo-eisimeileach, gun cuidich sin le bhith a’ dèanamh cinnteach nach toir luchd-poilitigs cus buaidhe air cùisean agus gun tèid siostam sgrùdaidh foghlaim nas làidire agus nas neo-phàirtiche a stèidheachadh.” (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Bha grunn eile ag aontachadh gum biodh barrachd soilleireachd ann leis an dreuchd ùir a thaobh cò ris a tha e an urra clàran-ama, tricead agus prìomh amasan nan sgrùdaidhean a stèidheachadh.

Chaidh a ràdh cuideachd, le neach-dreuchd neo-eisimeileach gum biodh roinn an fhoghlaim air an aon stèidh ri roinnean eile, mar sin, bhiodh Àrd-Oifigear Foghlaim ann, coltach ris na dreuchdan a th’ ann an-dràsta airson Àrd-Oifigear Meidigeach

agus Àrd-Oifigear Banaltrachd. Bhathar dhen bheachd, le seo gum bite a' sealltainn gun robhar a' cur an aon sùim ann an roinn an fhoghlaim 's a thathar ann am prìomh sheirbheisean poblach eile.

A-rithist, bha an fheadhainn a chuir taic ris an roghainn seo a' moladh gu làidir gum bu chòir dhan reachdas a bhith gu math soilleir is mionaideach. Bhathar a' smaoineachadh gum bu chòir a mhìneachadh gu bheil e a' buntainn "ris a h-uile neach-oideachaidh is neach-ionnsachaidh" gus dèanamh cinnteach gum bi co-ionannachd ann, gum bu chòir mìneachadh soilleir a thoirt air an dreuchd, agus fiosrachadh a thoirt seachad air mar a dhèante co-chonaltradh/mar a bu chòir co-chonaltradh a dhèanamh ri luchd-ùidhe.

Chaidh molaidhean sònraichte a thoirt seachad gum bu chòir modhan-obrach a bhith ann gus dèanamh cinnteach gu bheil eòlas freagarrach aig an neach-dreuchd air cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd is còraichean, agus gum bi gealladh follaiseach san reachdas gus còraichean cloinne fon UNCRC a dhìon is a chur air adhart. Bhathar cuideachd dhen bheachd gun robh e cudromach gum biodh an neach-dreuchd mothachail air na feumalachdan sònraichte a th' aig FMG.

Am measg nan daoine a bha **an aghaidh** na roghainn seo, b' e an rud bu mhotha a bha a' cur dragh orra, ciamar a b' urrainnear riaghladh a dhèanamh air aon neach-dreuchd agus ciamar a dhèante cinnteach gun robh iad cunntachail. Bha draghan cuideachd aig daoine, le bhith a' cur atharraichean reachdail an sàs gum bite a' dèanamh an t-siostaim a th' ann nas toinnte agus gun cuireadh sin bacadh air adhartas. Bhathar gu h-àraidh dhen bheachd gum faodadh mì-chinnt a bhith ann a thaobh cunntachalachd:

> "Bu chòir gun gabh seo a choileanadh gun dreuchd neo-eisimeileach a bhith air a stèidheachadh fon lagh, dh'fhaodadh gun adhbhraicheadh sin bacaidhean is ceistean, leithid cò dha a bhiodh leithid a neach cunntachail?" (Ùghdarrasan Ionadail)

Chaidh a mholadh cuideachd gur dòcha gum biodh buannachdan ann, a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gum bite a' cur cuideam air adhartas, nam biodh barrachd co-obrachaidh ann le luchd-ùidhe eile, leithid ùghdarrasan ionadail, ann a bhith a' stèidheachadh chlàran-ama, tricead agus prìomh amasan nan sgrùdaidhean. Mar an ceudna, bhathar a' moladh gum faigheadh an neach-dreuchd taic is stiùir bho Bhuidheann Chomhairleachaidh aig am biodh inbhe reachdail, agus bhiodh riochdairean bho am measg luchd-ùidhe agus buill neo-eisimeileach oirre (chaidh bruidhinn air seo a-rithist ann am freagairtean do cheistean às dèidh seo).

Thuirt àireamh gu math beag de luchd-freagairt gum faodadh cunnartan a bhith ann le aon neach-dreuchd a bhith os cionn sgrùdaidhean agus/no le aon neach a bhith san dreuchd. Bha sin stèidhichte san fharsaingeachd air a' bheachd nach robh dreuchdan coltach ri seo air a bhith èifeachdach agus/no gun robh barrachd teans ann gun dèanadh an neach-dreuchd leth-bhreith nan co-dhùnaidhean:

> "…le bhith a' toirt nan cumhachdan seo do dh'aon neach, dh'fhaodte gun tèid dearmad a dhèanamh air cuid a chùisean seach nach eil

> ùidh aig an neach annta no gu bheil adhbharan aca gun a bhith a' coimhead orra, agus gun tèid cuid a chùisean sònraichte a thoirt fa-near ri linn nan nithean sa bheil ùidh aig an neach-dreuchd gu pearsanta. Ged a dh'fhaodadh na rudan seo tachairt le dòighean-obrach far a bheil dleastanasan air an tiomnadh air feadh buidheann, tha e nas coltaiche gun tèid dòighean-obrach nas iomlanaiche a chur an sàs nuair nach eil aon neach ann mar cheannard follaiseach." (Neach fa leth)

Bha cuid a dhaoine an aghaidh aon neach-dreuchd air sgàth 's gun robh iad a' smaoineachadh nach biodh luchd-ùidhe a' cur earbsa sna modhan-sgrùdaidh, a-rithist, gu h-àraidh a thaobh cunntachalachd. B' e beachd cumanta a bh' ann cuideachd, nam biodh Àrd-neach-sgrùdaidh ann, nach bu chòir luchd-poilitigs a bhith an sàs ann a bhith gan cur an dreuchd – bha neo-eisimeileachd bho phoilitigs cudromach.

Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, bha cuid a luchd-freagairt a' smaoineachadh gun robh a' cheist seo ag iarraidh orra taghadh a dhèanamh eadar dà roghainn, agus bha cuid eile a' smaoineachadh gun robhar a' ciallachadh gun gabhadh na dhà a chur an sàs còmhla no gum bite a' dèanamh sin. Mhol grunn dhaoine an dà roghainn a chur an sàs còmhla – sin, a' toirt nan dleastanasan sgrùdaidh air falbh bho Fhoghlam Alba gus buidheann ùr a stèidheachadh, agus a' cur Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh an dreuchd tro reachdas a bhiodh os cionn na buidhne sin airson dèanamh cinnteach gun robh i neo-eisimeileach bhon riaghaltas (ged a bhathar a' ciallachadh sin le Roghainn 2, cha robh sin daonnan soilleir do luchd-freagairt).

Mhol cuid a luchd-freagairt roghainnean eadar-dhealaichte seach an fheadhainn a bh' ann, agus leis a' mhòr-chuid dhiubh sin bhathar a' coimhead barrachd air cùisean practaigeach co-cheangailte ri bhith a' dèanamh sgrùdaidhean (agus mar sin bithear a' bruidhinn orra san ath-chaibideil). B' e an aon mholadh a bha a' buntainn barrachd ris a' cheist seo, gum bu chòir do dh'Fhoghlam Alba na dleastanasan sgrùdaidh aca a chumail ach gum biodh iad cuideachd gu tur neo-eisimeileach bhon riaghaltas.

Beachdan Eile

Thug grunn luchd-freagairt beachdan na b' fharsainge seachad agus iad a-mach air diofar chuspairean.

Thuirt feadhainn gum bu chòir reachdas làidir a bhith ann, còmhla ris na dòighean-sgrùdaidh ùra, a thaobh dhleastanasan, mar eisimpleir, dleastanasan co-cheangailte ri aithrisean, neo-phàirteachd agus cunntachalachd. Bha daoine eile dhen bheachd, ge-tà, nach robh feum air reachdas ùr airson sgrùdaidhean agus gum bu chòir gun urrainnear tòrr de na bhathar a' moladh a choileanadh gun atharraichean mòra is toinnte air reachdas (agus dh'fhaodadh builean èirigh bho sin ris nach robh dùil):

> "Le bhith a' dèanamh atharraichean tro reachdas, bheir e ùine, agus tha buailteach gun deigheadh cumhachan farsaing a stèidheachadh

> gus nach biodh a’ bhuidheann-sgrùdaidh ùr air a cuingealachadh nuair a bhiodh aca ri dèiligeadh ri suidheachaidhean ùra. Ach nan deigheadh atharraichean a dhèanamh gun a bhith a’ cleachdadh reachdas, b’ urrainnear na h-atharraichean sin a chur an sàs gu math na b’ luaithe gus ealla a ghabhail ri suidheachaidhean ùra, prìomhachasan san t-siostam agus uallaichean buidseit (no cothroman sa bhuidseat) nuair a dh’èireadh iad.” (Aonaidhean-ciùird/ Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)
>
> “Tha mi gu mòr an aghaidh a’ mholaidh gus reachdas a chruthachadh airson buidheann-sgrùdaidh a stèidheachadh a bhiodh fa leth bho shiostam an fhoghlaim. ’S e an aon rud a thachradh le sin gun adhbhraicheadh e gamhlas, còmhstri, agus ioma-fhillteachd… Bhiodh buannachd sam bith a thathar dhen bheachd a thigeadh bho leithid a bhuidheann air a milleadh eadar mì-rùn, cion earbsa agus dòighean-obrach air nach biodh feum agus a chuireadh daoine an aghaidh a chèile.” (Neach fa leth)

Mar an ceudna, bha beachdan eadar-dhealaichte aig daoine a bh’ aig na tachartasan a thaobh an robh feum air reachdas (a thaobh seo agus san fharsaingeachd a thaobh na buidhne-sgrùdaidh ùire). Ged a bha cuid a’ cur taic ri reachdas seach gum faighte buidseatan na bu thèarainte le sin, bha daoine eile a’ smaoineachadh gur dòcha nach biodh feum air reachdas, agus iad ag ràdh gun deach, agus gum b’ urrainnear, adhartas a dhèanamh gun reachdas, no gum faodadh reachdas barrachd biurocrasaidh is dàil adhbharachadh.

Nam bite a’ dol a thoirt reachdas ùr a-steach, bha cuid a luchd-freagairt a’ moladh gu làidir gum bu chòir co-chomhairleachadh a chumail air leis an luchd-ùidhe uile aig am biodh ùidh ann.

Thuirt cuid a dhaoine gun toireadh iad taic dhan mholadh fhad ’s a bhiodh na dòighean-sgrùdaidh co-obrachail, taiceil, onarach, cothromach agus a’ gabhail ealla ris gach suidheachadh sònraichte. Cuideachd, chaidh a mholadh gum bu chòir a chur an sàs gun chus cosgais.

San fharsaingeachd, bha taic làidir ann dhan bheachd gum feum, às bith dè an dòigh-obrach a thèid a chur an sàs, na buidhnean ùra/an neach-dreuchd ùr a bhith fa leth is neo-eisimeileach bhon riaghaltas. Cha robh ann ach àireamh glè bheag de luchd-freagairt a thuirt nach robh iad a’ smaoineachadh gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh a bhith gu tur neo-eisimeileach agus/no a thuirt nach bu chòir na dleastanasan a thoirt air falbh bho Mhinistearan, b’ e na prìomh adhbharan a bh’ aca airson sin gun robh iad a’ togail cheistean mu cho comasach a tha luchd-sgrùdaidh agus na bha iad air fhaicinn o chionn ghoirid a thaobh sgrùdaidhean air ionadan.

Thuirt cuid a-rithist nach robh iad ag aontachadh ris na prionnsapalan airson ‘sgrùdaidhean’ san fharsaingeachd agus bha iad dhen bheachd gun robh an dòigh-obrach sin ‘air a stiùireadh bhon mhullach’ agus seann-fhasanta agus gum bu chòir fèin-mheasadh a dhèanamh an àite sin.

Mu dheireadh, thuirt cuid a luchd-freagairt gun robh iad feumach air tuilleadh fiosrachaidh mus b' urrainn dhaibh beachdachadh ann an dòigh na bu chùramaiche air na molaidhean, gu h-àraidh a chionn 's gun robh iad a' buntainn ri diofar roinnean (mar eisimpleir, cha robh e soilleir dè a' bhuaidh a bhiodh aig fear seach fear de na molaidhean air foghlam luchd-teagaisg is oilthighean). Thugadh beachd eile seachad: mura h-eil mìneachadh soilleir ann air na trioblaidean a th' ann leis an t-siostam a th' ann an-dràsta, tha e doirbh tuigse a bhith aig daoine carson a tha atharraichean a dhìth idir.

C11: A bheil beachd agaibh air ciamar a ghabhadh modhan-riaghlaidh a dhealbh airson na buidhne-sgrùdaidh a bheireadh cothrom na b' fheàrr do luchd-solair, a' gabhail a-steach luchd-teagaisg is luchd-obrach eile, sgoilearan is oileanaich agus pàrantan/luchd-cùraim a dhol an sàs ann an sgrùdaidhean?

A thaobh Prìomhachas 2 (sin, 'A' dèanamh cinnteach gum bi luchd-teagaisg is luchd-obrach eile, clann, sgoilearan is oileanaich, pàrantan/luchd-cùraim, ùghdarrasan ionadail agus luchd-solair an sàs ann an sgrùdaidhean), chaidh faighneachd do luchd-freagairt an robh beachd aca air ciamar a ghabhadh modhan-riaghlaidh na buidhne-sgrùdaidh a dhealbh gus am biodh cothroman na b' fheàrr aig luchd-solair a dhol an sàs ann an sgrùdaidhean.

Am measg nan roghainnean a chaidh a chur an cèill sa cho-chomhairleachadh bha gum faodar beachdachadh air ceumannan ùra a ghabhail, gus na modhan-riaghlaidh a neartachadh agus daoine a riochdachadh gu ìre nas fheàrr, taobh a-staigh nan dòighean-obrach a th' ann an-dràsta (mar eisimpleir, le bhith a' stèidheachadh comhairle chomhairleachaidh a chuireadh prìomhachas air luchd-cleachdaidh). Air an làimh eile, ghabhadh sin a choileanadh tro reachdas, a rèir cuid a dhaoine, le bhith ag iarraidh air an Àrd-neach-sgrùdaidh, mar neach ann an dreuchd neo-eisimeileach a dheigheadh a stèidheachadh fo reachdas, comhairle chomhairleachaidh a chur air chois, le buill a' tighinn bho am measg nan daoine air an toireadh obair an Àrd-neach-sgrùdaidh buaidh mar as trice. Dh'fhaodadh e cuideachd dleastanas reachdail fhàgail air an Àrd-neach-sgrùdaidh gus ealla a ghabhail ri comhairle sam bith a bheireadh a' Chomhairle seachad agus, nuair nach gabhadh iad ris a' chomhairle sin, dh'fheumadh iad adhbharan a thoirt seachad airson sin a dhèanamh.

Coltach ri C10, thuig daoine a' cheist seo ann an diofar dhòighean. Bha grunn luchd-freagairt a' smaoineachadh gun robhar ag iarraidh orra innse cò an roghainn a b' fheàrr leotha, thug cuid molaidhean ùra no eadar-dhealaichte seachad a thaobh mhodhan-riaghlaidh, agus bha daoine eile a' smaoineachadh gun robh a' cheist a' bruidhinn air ciamar a bu chòir luchd-ùidhe a dhol an sàs sa phròiseas sgrùdaidh san fharsaingeachd an àite air modhan-riaghlaidh na buidhne-sgrùdaidh ùire.

Ged a bha feadhainn de na freagairtean beagan dà-sheaghach, san fharsaingeachd, bha taic làidir ann airson a' mholaidh gum bu chòir dhan luchd-ùidhe uile air an liosta a bhith an sàs sna sgrùdaidhean agus sna modhan-

riaghlaidh airson dèanamh cinnteach gun tèid ealla a ghabhail ri beachdan luchd-ùidhe. Bhathar cuideachd dhen bheachd, nam biodh cothrom aig luchd-ùidhe a dhol an sàs ann an cùisean, gum b' e sin an dòigh a b' fheàrr dèanamh cinnteach gum biodh sgrùdaidhean neo-phàirteach ann a fhreagradh air feumalachdan dhaoine agus gum biodh luchd-ùidhe a' cur earbsa sna sgrùdaidhean:

> "Bu chòir dhan luchd-ùidhe, luchd-teagaisg, oileanaich is pàrantan uile a bhith an sàs sna modhan-riaghlaidh airson sgrùdaidhean, a' gabhail a-steach adhbharan nan sgrùdaidhean agus na modhan-obrach a tha mar phàirt dhiubh. Le sin, bhiodh na modhan-obrach na bu shoilleire agus chuireadh e às do chuid de na teagamhan a bhios sgrùdaidhean ag adhbharachadh uaireannan am measg luchd-proifeiseanta, ach cha dèanadh e cron air an obair glè chudromach a bhiodh a' bhuidheann-sgrùdaidh a' dèanamh. Chuireamaid fàilte air Comhairle Chomhairleachaidh le buill bho am measg luchd-ùidhe a tha an sàs sa phròiseas." (An Roinn Iar-sgoile/Colaistean/Oilthighean)

Luchd-teagaisg/Ceannardan-sgoile

Bha daoine (an dà chuid an fheadhainn a thug freagairtean sgrìobhte seachad agus an fheadhainn a bh' aig tachartas) gu h-àraidh a' cur taic ris a' mholadh gum biodh luchd-teagaisg is ceannardan-sgoile an sàs sna modhan-riaghlaidh, oir b' urrainn dhaibh an cuid eòlais a chur gu feum sna modhan-riaghlaidh sin:

> "Mholamaid gu mòr gum bu chòir pàirt mòr a bhith aig ceannardan-sgoile ann am modhan-riaghlaidh na buidhne-sgrùdaidh. Mar dhaoine a tha an sàs ann am foghlam gach latha, tha tuigse phrìseil agus eòlas practaigeach aig ceannardan a dh'fhaodadh a bhith gu math feumail dhan obair gus modhan-sgrùdaidh a dhealbh is a leasachadh. Nam biodh iad an sàs sna modhan-riaghlaidh, dhèanadh sin cinnteach gum bite a' gabhail làn-ealla ri beachdan nan daoine a tha a' stiùireadh is os cionn ionadan foghlaim nuair a bhite a' dèanamh cho-dhùnaidhean." (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Chaidh a ràdh gum biodh e na chuideachadh nam biodh riochdairean ann bho chomainn dhreuchdail luchd-teagaisg agus luchd-solair/oileanaich CFL airson dèanamh cinnteach gum biodh beachdan oileanaich teagaisg air an toirt fa-near an lùib leasachaidhean. Ged a bha e riatanach gum biodh luchd-teagaisg an sàs ann, feumar dèanamh cinnteach gun tèid luchd-teagaisg a thaghadh airson dreuchdan riaghlaidh ann an dòigh chothromach is shoilleir, agus feumar dèanamh cinnteach nach e ballrachd gun bhuaidh a bhios aca agus gum bithear a' gabhail ealla cheart ris na molaidhean aca.

Sgoilearan is Oileanaich/Clann is Daoine Òga

Bhathar cuideachd a' cur taic ris a' mholadh gum biodh sgoilearan is oileanaich air a' chomhairle chomhairleachaidh (agus gum biodh iad a' gabhail pàirt na bu mhotha ann an sgrùdaidhean), agus bha sin gu h-àraidh fìor mun treas-ìre. Bhathar dhen bheachd gum biodh e gu h-àraidh cudromach gum biodh sgoilearan is

oileanach an sàs ann an cùisean, ge-tà, chaidh a ràdh gur dòcha gum biodh iad feumach air taic a bharrachd (a' gabhail a-steach taic ionmhasail) gus pàirt ceart a ghabhail ann an cùisean:

> "Mholadh a' bhuidheann againne do Riaghaltas na h-Alba gum bu chòir luchd-ionnsachaidh a bhith air an riochdachadh an lùib riaghladh na buidhne-sgrùdaidh foghlaim ùire… Bu chòir gum faigh luchd-ionnsachaidh, a bhios nan luchd-riaghlaidh no nam buill de chomataidhean, làn-trèanadh inntrigidh is trèanadh ann an sgilean comataidh gus an urrainn dhaibh taic cheart a chumail ri obair na buidhne. Bu chòir neach-ainmichte a bhith aca cuideachd mar neach ris am faod iad bruidhinn airson cuideachadh leis an dreuchd aca. Tha sinn cuideachd dhen bheachd gum biodh e feumail dhaibh nam faigheadh iad taic-ullachaidh ro choinneamhan gus an cuideachadh le bhith a' tuigsinn nam pàipearan agus gnothaichean nan coinneamhan air am bi iad a' frithealadh." (A' riochdachadh phàrantan/luchd-cùraim agus/no clann is dhaoine òga)

A-rithist, thuirt luchd-freagairt gum feumadh ballrachd bhrìoghmhor is bhuadhmhor a bhith aig clann is òigridh agus gum bu chòir poileasaidhean is modhan-obrach glè shoilleir a stèidheachadh a thaobh ciamar a dheigheadh beachdachadh air na beachdan is molaidhean aca:

> "…dìreach seach gu bheil daoine òga san t-seòmar, chan eil sin a' ciallachadh gum bi cothrom brìoghmhor aca gus pàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean. Bu chòir do Riaghaltas na h-Alba, sna planaichean seo, beachdachadh air ciamar a nì iad cinnteach gun gabhar ealla cheart ri beachdan dhaoine òga an lùib nan co-dhùnaidhean a nithear a thaobh sgrùdaidhean, às bith cò an roghainn a thèid a chur an sàs." (A' riochdachadh phàrantan/luchd-cùraim agus/no clann is dhaoine òga)

Thuirt cuid a luchd-freagairt gum feumte beachdachadh is planadh sònraichte a dhèanamh a thaobh mar a dhèante cinnteach gum bite a' gabhail ealla ri eòlas is foghlam chloinne is dhaoine òga aig a bheil feumalachdan taice a bharrachd.

Pàrantan is Luchd-cùraim

Bha beagan de mheasgachadh de bheachdan ann a thaobh am feum pàrantan is luchd-cùraim a bhith an sàs sna modhan-riaghlaidh. Bha cuid dhen bheachd gun robh iad mu thràth an sàs ann an sgrùdaidhean aig ìre a bha freagarrach, agus thuirt beagan dhaoine gum bu chòir dòighean na bu shoilleire a bhith ann do phàrantan/luchd-cùraim gus a dhol an sàs ann an cùisean.

Nuair a bhiodh pàrantan agus sgoilearan/oileanaich an sàs ann an cùisean, bhathar dhen bheachd gum bu chòir sin tachairt aig ìre ionadail an àite ìre nàiseanta gus am b' urrainn dhaibh barrachd buaidhe a thoirt air cùisean.

Ged a bha na daoine a bh' aig na tachartasan san fharsaingeachd a' cur taic ris a' mholadh gum biodh luchd-teagaisg, sgoilearan/oileanaich agus pàrantan/luchd-

cùraim an sàs ann am modhan-riaghlaidh na buidhne-sgrùdaidh ùire, bha iad a' sireadh tuilleadh fiosrachaidh air ciamar a bhiodh cumhachdan aca gus buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean.

Riochdachadh

Ged a bhathar ag ràdh gun robh e gu h-àraidh cudromach gum biodh luchd-teagaisg, sgoilearan/oileanaich agus pàrantan/luchd-cùraim uile air an riochdachadh an lùib sgrùdaidhean agus nam modhan-riaghlaidh, thugadh fa-near gum faodadh na beachdan aig diofar luchd-ùidhe a bhith gu math eadar-dhealaichte. Chaidh a mholadh gur dòcha gum biodh e na bu fhreagarraiche 'buidhnean' comhairleachaidh fa leth a stèidheachadh an àite aon chomhairle chomhairleachaidh:

> "Dh'fhaodadh gum biodh e na bu fheumaile bùird chomhairleachaidh fa leth a stèidheachadh airson luchd-teagaisg, pàrantan is luchd-cùraim, agus sgoilearan oir tha e coltach gum biodh beachdan eadar-dhealaichte aig na trì buidhnean sin. Bhiodh e an uair sin an urra ris a' bhuidhinn-sgrùdaidh ealla a ghabhail ri beachdan nan diofar dhaoine sin gus sealladh coitcheann, co-aontaiche a stèidheachadh." (Neach fa leth)

Chaidh a mholadh cuideachd buidhnean comhairleachaidh fa leth a chur air bhonn airson roinnean foghlaim sònraichte (me, bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean, foghlam adhartach/àrd-ìre, ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd), dh'fhaodadh sin a bhith feumail gus dèanamh cinnteach gun robhar a' frithealadh air na feumalachdan sònraichte agus a' dèiligeadh ris na dùbhlain shònraichte a bh' aig gach roinn.

Thuirt a' mhòr-chuid de luchd-freagairt gum b' fheàrr leotha farsaingeachd de dhaoine a bhith air an riochdachadh air comataidh chomhairleachaidh sam bith, a' gabhail a-steach riochdairean bho am measg dhaoine air a bheil neo-ionannachd a' toirt buaidh agus a tha fo anacothrom sòisealta, agus riochdairean bho dhiofar roinnean:

> "Tha sinn a' cur fàilte air mar a thathar a' moladh gum bi prìomh luchd-ùidhe a' dol an sàs ann an cùisean gu ìre nas motha. Bu chòir beachdachadh air sin gu cùramach a thaobh cò bhios air an riochdachadh agus obair nan comataidhean seo co-cheangailte ri co-dhùnaidhean agus/no co-chomhairleachadh. Bu chòir farsaingeachd de dhaoine a bhith air an riochdachadh bho air feadh na dùthcha agus bho dhiofar roinnean dhen t-sluagh." (Ùghdarrasan Ionadail)

Thig buannachdan às cuideachd ma tha daoine bho dhiofar ghinealaich an sàs, oir nithear cinnteach le sin gum faigh a' bhuidheann-sgrùdaidh buannachdan bho thaghadh nas fharsainge de sheallaidhean is seòrsaichean eòlais, agus mar thoradh air sin nithear breithneachadh nas fiosraichte agus nas cothromaiche air cùisean.

Mhol cuid a luchd-freagairt gum bu chòir barrachd dhaoine a bhith air an riochdachadh an lùib mhodhan-riaghlaidh is chomataidhean sam bith. Am measg

nan riochdairean a mhol iad bha feadhainn bho am measg fhastaichean is roinnean dreuchdail eadar-dhealaichte; aonaidhean-ciùird; FMG; taic airson luchd-obrach ionnsachaidh; buidhnean bhon treas roinn, gu h-àraidh an fheadhainn a bhios ag obair còmhla ri luchd-cùraim òga agus clann is daoine òga eile gu nàiseanta; agus buill eile dhen choimhearsnachd (ged nach robh molaidhean sònraichte ann a thaobh cò na daoine a bhiodh ann).

A bharrachd air riochdachadh, bha e cudromach gum biodh modhan-taghaidh cothromach is soilleir ann airson na comhairle comhairleachaidh:

> “Cuiribh modhan-obrach soilleir is in-ghabhalach an sàs gus buill dhen Chomhairle Chomhairleachaidh a thaghadh. Bu chòir dhuibh beachdachadh air dòighean fosgailte gus buill a mholadh, airson dèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas taghaidh cothromach, gun leiteachas, agus nach bi daoine a’ toirt buaidh air ann an dòigh neo-fhreagarrach. Bu chòir buill a thaghadh a rèir an cuid chomasan, eòlas, agus dealas airson a bhith a’ toirt piseach air foghlam.” (An Roinn Iar-sgoile/Colaistean/Oilthighean)

Thuirt cuid de na daoine a bha a’ cur taic ri riochdachadh na b’ fheàrr gum feumadh na h-ìrean riochdachaidh/na comasan a bhiodh aig luchd-ùidhe gus molaidhean a dhèanamh a bhith freagarrach agus a’ gabhail ealla ri cò bhiodh an sàs sa phròiseas agus cò air a bheireadh e buaidh, ach cuideachd dh’fheumte earbsachd a’ phròiseas a ghleidheadh. Chaidh a mholadh cuideachd gum biodh e feumail trèanadh inntrigidh is trèanadh soilleir a thoirt do neach sam bith a bha gu bhith an sàs sna modhan-riaghlaidh, gus am biodh tuigse aca air na dleastanasan a bhiodh aca sa bhuidhinn-sgrùdaidh agus dè th’ ann an strì eadar com-pàirtean.

Stèidh Reachdail

Cha tugadh beachdan ro shoilleir seachad a thaobh am bu chòir a’ chomhairle chomhairleachaidh a chur air bhonn air stèidh reachdail. Bha cuid dhen bheachd nam biodh a’ chomhairle chomhairleachaidh air a stèidheachadh fo reachdas gum biodh dleastanasan agus ùghdarras na comhairle comhairleachaidh agus an Àrd-neach-sgrùdaidh air stèidh na bu làidire:

> “Tha sinne dhen bheachd gur e an roghainn as fheàrr, an roghainn far am biodh an t-Àrd-neach-sgrùdaidh a’ stèidheachadh Comhairle Chomhairleachaidh fo reachdas le diofar riochdairean oirre. Neartaichidh e dreuchd an Àrd-neach-sgrùdaidh, ma bhios e mar riatanas fon lagh ealla a ghabhail ri comhairle a bheir a’ Chomhairle seachad (le beagan sùbailteachd ann a thaobh cho-dhùnaidhean co-cheangailte ri sin), agus mar thoradh air sin bidh barrachd ùghdarrais aig a’ bhuidhinn-sgrùdaidh san fharsaingeachd.” (An Treas Roinn)

Bha daoine eile dhen bheachd gum biodh cus biurocrasaidh ann nam biodh inbhe reachdail aig a’ chomataidh chomhairleachaidh:

> “Chan eil a’ bhuidheann seo a’ cur taic ris a’ mholadh gus Comhairle Chomhairleachaidh reachdail a stèidheachadh. Le bhith a’ cur

> reachdas an sàs, ’s dòcha an uair sin gum bite dìreach a’ cluinntinn no a’ gabhail ealla ri beachdan nan daoine air a’ Chomhairle Chomhairleachaidh a-mhàin, agus dh’fhaodadh gum biodh cus biurocrasaidh ann an lùib a bhith a’ toirt cothrom do luchd-ùidhe pàirt a ghabhail ann an cùisean.” (Ùghdarrasan Ionadail)

Ma thèid a’ bhallrachd a stèidheachadh fo reachdas, bhathar a’ moladh gum bu chòir dha a bhith mar riatanas gum bi riochdairean bho riaghaltas ionadail nam buill de chomhairle chomhairleachaidh sam bith. Cuideachd chaidh a ràdh, le modhan-riaghlaidh na buidhne-sgrùdaidh ùire feumar ealla a ghabhail ri saoghal reachdail na h-Alba san latha an-diugh, saoghal a tha a’ sìor atharrachadh.

Thuirt àireamh bheag de luchd-freagairt nach robh iad a’ faireachdainn gun robh eòlas gu leòr aca air mar a tha reachdas ag obair gus beachd fiosrach a thoirt seachad air cho freagarrach ’s a bhiodh e an seo.

Modailean Eadar-dhealaichte

Cuideachd, mhol luchd-freagairt modhan-riaghlaidh eadar-dhealaichte no eile (bha a’ mhòr-chuid dhiubh sin air am moladh le dìreach aon no a dithis luchd-freagairt), leithid:

- bu chòir ‘buidheann stiùiridh’ a bhith ann seach ‘buidheann riaghlaidh’;
- a’ stèidheachadh ‘fhòraman’ luchd-ùidhe an àite chomataidhean;
- bhiodh riochdairean bho chomainn phroifeiseanta air a’ Bhòrd;
- a’ leigeil le daoine dreuchd a ghabhail tro fho-fhastadh gus dèanamh cinnteach gun urrainn do luchd-obrach sgoile a bhith air bùird;
- bhiodh fo-bhuidhnean comhairleachaidh ann le ùghdarrasan ionadail gus taic a chur ri obair na comhairle comhairleachaidh nàiseanta; agus
- an aon seòrsa structair airson na comataidh comhairleachaidh ’s a thathar a’ moladh airson a’ BhTU.

Daoine nach Tug Taic do na Molaidhean

Bha àireamh bheag de luchd-freagairt ann nach robh a’ smaoineachadh gun robh feum air Comhairle Chomhairleachaidh, gu h-àraidh tè le sgoilearan is oileanaich oirre. Bhathar dhen bheachd: gum b’ urrainn do sgoilearan is oileanaich fhathast beachdan is molaidhean a thoirt seachad dhan bhuidhinn-sgrùdaidh ùir ged nach biodh dleastanasan riaghlaidh aca agus nach robh feum aca orra airson sin; gum faodadh leithid a dhleastanasan aire nan sgoilearan is nan oileanach a tharraing bhon ionnsachadh aca; agus nach biodh eòlas freagarrach aca. Bha daoine eile a’ smaoineachadh gun robh diofar luchd-ùidhe a’ gabhail pàirt ann an dòighean foirmeil mu thràth ann an sgrùdaidhean, agus mar sin nach robh feum air atharraichean, no bhathar dhen bheachd gum bu chòir riaghladh sgrùdaidhean a bhith fo sgèith Mhinistearan na h-Alba.

Thugadh beachd na b’ fharsainge seachad nach bu chòir do ‘luchd-cleachdaidh sheirbheisean’ pàirt a ghabhail sna modhan-obrach gus obair-sgrùdaidh a riaghladh oir cha bhiodh na beachdan aca gun leiteachas, agus nam biodh iad an

sàs annta dh'fhaodadh gum biodh co-dhùnaidhean gan dèanamh stèidhichte air eòlas no breithneachadh pearsanta an àite cho-dhùnaidhean fiosraichte stèidhichte air fianais (gu h-àraidh ri linn mar a tha siostam an fhoghlaim cho iomadh-fhillte).

Air an làimh eile, bha àireamh bheag de luchd-freagairt a' smaoineachadh nach robh na molaidhean a bh' ann a' dol fada gu leòr agus gun robh feum air barrachd:

> "'S e briseadh-dùil a th' ann gu bheilear a' moladh modail gu math cuingealaichte sa cho-chomhairleachadh airson co-chonaltradh a dhèanamh ri luchd-ùidhe le bhith a' stèidheachadh Comhairle Chomhairleachaidh. Chan eil sinn a' smaoineachadh gum faighte cothroman tron chomhairle sin gus co-chonaltradh brìoghmhor a dhèanamh an lùib mhodhan-riaghlaidh na buidhne ùire. Ged a ghabhadh dleastanas reachdail fhàgail air an Àrd-neach-sgrùdaidh gus 'ealla a ghabhail ri' comhairle sam bith bhon Chomhairle, tha e soilleir nach fheumadh an t-Àrd-neach-sgrùdaidh gabhail ris a' chomhairle sin… Mholamaid modail riaghlaidh a tha coltach ris an fhear aig an GTCS, a tha gu tur neo-eisimeileach bhon riaghaltas agus sa bheil luchd-teagaisg agus luchd-ùidhe eile air an riochdachadh mar phàirt de na modhan-riaghlaidh." (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Thuirt beagan luchd-freagairt gun robh e doirbh dhaibh a' cheist a thuigsinn, mar a bha i sgrìobhte, agus bha cuid a' smaoineachadh gun robh iad feumach air tuilleadh fiosrachaidh mus b' urrainn dhaibh freagairt fhiosrach a thoirt seachad (bha soilleireachd a dhìth orra a thaobh leithid dè bhathar a' ciallachadh le 'riaghladh' agus am biodh an riaghladh sin air a stiùireadh 'bhon bhonn' no 'bhon mhullach', agus dè bhathar a' ciallachadh le 'a bhith an sàs' oir cha ghabh leithid a chom-pàirteachas a thomhas a rèir shlatan-tomhais cothromach, neo-phearsanta). Ghabh daoine eile cothrom a-rithist leis a' cheist seo innse nach robh iad a' cur taic ri sgrùdaidhean san fharsaingeachd.

C12: A bheil beachd agad air ciamar as urrainn do Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gun dèanar làn-fheum dhen fhianais bho sgrùdaidhean gus piseach a thoirt air cùisean is poileasaidhean a dhealbh, agus air cò dha a bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh aithris a dhèanamh?

Mu dheireadh, chaidh iarraidh air luchd-freagairt beachdan a thoirt seachad mun treas prìomhachas (sin, 'A' dèanamh cinnteach gun dèanar làn-fheum de dh'fhianais bho sgrùdaidhean gus: (a) dearbhachd is cunntachalachd phoblach a thoirt seachad; (b) piseach a thoirt air cùisean agus cur ri comasan dhaoine; agus (c) gus cuideachadh le bhith a' dealbh dhòighean-obrach is phoileasaidhean') agus ciamar as fheàrr am prìomhachas sin a choileanadh. Chaidh roghainnean a thoirt seachad a thaobh structairean is modhan aithris, mar a leanas:

1. A' neartachadh mhodhan-aithris gun feum air reachdas ùr. B' urrainn do Mhinistearan 'dùil' a stèidheachadh gum biodh a' bhuidheann-sgrùdaidh a' foillseachadh taghadh de sgrìobhainnean, agus b' urrainn dhaibh riatanas

sònraichte a stèidheachadh far am feumadh a’ bhuidheann aithrisean cunbhalach a dhèanamh air ìrean-coileanaidh ann an siostam foghlaim na h-Alba san fharsaingeachd. Le sin, bhite a’ toirt dealbh fharsaing air cùisean bho air feadh siostam an fhoghlaim do Mhinistearan, a’ Phàrlamaid, luchd-solair agus dhan phoball; no

2. B’ urrainnear an aon riatanas a thaobh aithrisean a stèidheachadh fo reachdas. Dh’fhaodadh gum biodh e mar riatanas air an Àrd-neach-sgrùdaidh (dreuchd a bhiodh air a stèidheachadh fo reachdas) aithris bhliadhnail a dhèanamh air coileanadh an cuid dhleastanasan agus air ìrean-coileanaidh ann am foghlam na h-Alba. Dh’fhaodadh cuideachd leis an reachdas sin dleastanas a chur air an Àrd-neach-sgrùdaidh gus aithisgean-sgrùdaidh fa leth fhoillseachadh.

A-rithist, thugadh seachad taghadh farsaing de dhiofar fhreagairtean dhan cheist seo, agus bha daoine gu tric a’ coimhead air a’ cheist bho shealladh na b’ fharsainge an àite a bhith a' coimhead gu sònraichte air an dà roghainn a chaidh a thoirt seachad. Am measg nam freagairtean a fhuaras bha daoine a’ comharrachadh agus a’ bruidhinn air cuspairean/cùisean gu math sònraichte a thaobh aithrisean (agus a bhith a’ cruinneachadh fianais/dàta) a dh’fhaodas a bhith feumail, air seòrsaichean aithris (agus modhan-sgrùdaidh) a bhiodh feumail, agus air modhan gus dàta is beachdan a thrusadh. Ged a bha tòrr a’ cur taic ris a’ mholadh gum biodh modhan-aithris foirmeil ann, cha tug ach beagan dhaoine beachd seachad a thaobh dè b’ fheàrr leotha a thaobh a bhith a' cleachdadh reachdas airson sin.

Aithisgean Bliadhnail

Bha daoine san fharsaingeachd a’ cur taic ri aithisgean bliadhnail gus sùil a chumail air obair na buidhne-sgrùdaidh agus gus dealbh fharsaing a thoirt air ìrean-coileanaidh air feadh siostam foghlaim na h-Alba. Bhathar dhen bheachd gum bu chòir gum faighte san aithisg sin dealbh fharsaing air obair is buidseatan na buidhne-sgrùdaidh, toraidhean cudromach sam bith co-cheangailte ris na sgrùdaidhean agus foghlam san fharsaingeachd/aig ìre nàiseanta/aig ìre an t-siostaim, agus fiosrachadh air mar a tha iad a’ toirt taic do sgoiltean/ionadan gus piseach a thoirt air an fhoghlam aca – agus bu chòir dhan aithisg aithris a dhèanamh air foghlam tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig. Thugadh fa-near gum faodadh e a bhith a doirbh uaireannan fiosrachadh fhaighinn mar a tha cùisean an-dràsta agus mar sin gum biodh feum air dòighean-obrach a nì cinnteach gum bi barrachd soilleireachd ann agus gun tèid barrachd fiosrachaidh a cho-phàirteachadh:

> “Aithisg bhliadhnail a bheir còmhla na prìomh phuingean is cùisean a thogas ceann an lùib sgrùdaidhean bho air feadh na dùthcha, agus anns gach ùghdarras ionadail. Mar a tha cùisean an-dràsta, faodaidh e a bhith doirbh leithid a dh’fhiosrachadh fhaighinn/tha coltas ann nach fhaigh a h-uile duine cothrom air. Feumaidh soilleireachd a bhith ann a thaobh sin.” (Neach fa leth)

Bha e cudromach cuideachd, ge-tà, gum biodh aithrisean cunbhalach eile ann mar thaic dhan aithisg bhliadhnail, leithid aithrisean air toraidhean nan sgrùdaidhean, aithisgean sgrùdaidh air cuspairean sònraichte, aithisgean-measaidh bliadhnail air obair-sgrùdaidh, Geàrr-chunntas air Toraidhean Sgrùdaidh, pàipearan poileasaidh msaa. Cuideachd, mhol grunn luchd-freagairt gum bu chòir diofar thionndaidhean de dh'aithisgean ullachadh a bhiodh ag amas air diofar dhaoine (me, ùghdarrasan ionadail is luchd-solair foghlaim, pàrantan/luchd-cùraim, daoine bhon phoball, tionndaidhean a tha freagarrach airson clann, agus tionndaidhean Gàidhlig is BSL):

> "Bu chòir diofar sheòrsaichean de dh'aithisgean ullachadh airson ùghdarrasan (foghlaim), pàrantan, agus airson a' mhòr-shluaigh gus an gabh fianais a cho-phàirteachadh gun cus uallaich a bhith air daoine." (Neach fa leth)

> "Bu chòir beachdachadh air cruth nan aithisgean, airson dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cur cuideam air gnìomhan as urrainn do sgoiltean is ùghdarrasan a dhèanamh gus piseach a thoirt air cùisean. Bu chòir do dh'aithisgean do dh'ùghdarrasan foghlaim is sgoiltean cuideam a chur air mar a ghabhas piseach a thoirt air cùisean agus ciamar a ghabhas leithid a leasachadh a chur an sàs thar dhiofar shuidheachaidhean ceudna. Dh'fhaodadh, le aithisgean airson a' mhòr-shluaigh is pàrantan/luchd-cùraim le clann aig ionad sònraichte, gum bi dòigh-obrach nas traidiseanta, le measadh air an ionad sin, fhathast a dhìth." (Ùghdarrasan Ionadail)

Bhathar dhen bheachd gum bu chòir aithisgean a bhith air am foillseachadh gu poblach, agus mhol cuid a dhaoine gum bu chòir diofar mhodhan conaltraidh a chleachdadh gus aithisgean a sgaoileadh, leithid nam meadhanan sòisealta agus làraich-lìn. Chaidh a mholadh cuideachd gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh obrachadh le buidhnean is comainn phroifeiseanta gus teachdaireachdan is toraidhean a sgaoileadh.

Bhruidhinn grunn luchd-freagairt air modhan-aithris eadar-dhealaichte – ged nach robh e soilleir an robh iad a' bruidhinn air aithisgean-sgrùdaidh no aithrisean riaghlaidh aig ìre nas àirde. Mhol beagan dhaoine gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh aithris a dhèanamh do thidsearan, sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail fa leth, no do dh'Fhoghlam Alba/dhan Ùghdarras Fhoghlaim, agus chaidh grunn bhuidhnean a mholadh agus aon neach a' moladh gach tè dhiubh: leithid Sgrùdadh Alba, Cathraiche ADES, an GTCS, agus aonaidhean luchd-teagaisg. Mhol daoine eile gum bu chòir aithisgean a sgaoileadh am measg barrachd dhaoine an àite dìreach a bhith gan cur gu Riaghaltas na h-Alba/Ministearan, agus mar phàirt de sin bu chòir aithisgean a dhèanamh do chloinn is daoine òga/sgoilearan is oileanaich:

> "Gus piseach cheart a thoirt air an t-siostam, chan e a-mhàin gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh innse dhan Phàrlamaid agus do Riaghaltas na h-Alba mu thoraidhean na h-obrach aca, ach cuideachd do bhuidhnean eile leithid na buidhne ùire aig Foghlam Alba agus dhan Ionad airson Teagasg is Ionnsachadh. Gabhaidh feum a dhèanamh dhen fhiosrachadh sin gus piseach a thoirt air

> cùisean tro obair a tha stèidhichte air frèam coitcheann is aontaichte airson sàr-mhathas ann an teagasg is ionnsachadh.” (Neach fa leth)
>
> “Chan eil iomradh air aithisgean do luchd-ionnsachaidh. Bu chòir a bhith a’ sùileachadh sin, a thuilleadh air aithisgean-measaidh do phàrantan/luchd-cùraim agus dhan mhòr-shluagh.” (A’ riochdachadh phàrantan/luchd-cùraim agus/no clann is dhaoine òga)

Thog an dà chuid daoine a chuir freagairtean sgrìobhte a-staigh agus an fheadhainn aig tachartasan ceist mu cò air a bhiodh e mar uallach dearbhadh a dhèanamh air càileachd obair na buidhne-sgrùdaidh agus nan sgrùdaidhean airson dèanamh cinnteach gun robh obair chunbhalach ga dèanamh.

A’ Cuideachadh le bhith a’ Dealbh Mhodhan-obrach is Phoileasaidhean

Bha luchd-freagairt san fharsaingeachd a’ smaoineachadh gum biodh e feumail fianais bho sgrùdaidhean a cho-phàirteachadh gu fad is farsaing le sgoiltean/ionadan, luchd-teagaisg, pàrantan/luchd-cùraim, ùghdarrasan ionadail, agus riochdairean bho Fhoghlam Alba, agus le Riaghaltas na h-Alba agus luchd-ùidhe eile. Bhathar dhen bheachd gum biodh e gu h-àraidh feumail fios air deagh mhodhan-obrach a sgaoileadh gus cuideachadh le bhith a’ dealbh mhodhan-obrach air feadh a h-uile ionad foghlaim agus chan ann dìreach san fheadhainn a bhathar a’ sgrùdadh.

Bha daoine gu làidir dhen bheachd, ge-tà, nach bu chòir dha a bhith mar dhleastanas air dìreach aon bhuidheann gus feum a dhèanamh de dh’fhianais bho sgrùdaidhean airson modhan-obrach a leasachadh, an àite sin, dh’fheumte an fhianais a cho-phàirteachadh am measg luchd-sgrùdaidh, ionadan foghlaim, luchd-teagaisg/òraidichean, sgoilearan/oileanaich, ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach eile, msaa. Mhol beagan dhaoine cuideachd gum bu chòir dha a bhith mar dhleastanas air ùghdarrasan ionadail fiosrachadh is fianais fhoillseachadh air na nithean air an tàinig piseach, leasachaidhean agus soirbheachas.

Cuideachd, bhathar dhen bheachd gum bu chòir, agus gum b’ urrainnear, feum a dhèanamh de dh’fhianais bho sgrùdaidhean gus poileasaidhean a dhealbh, ach chaidh a ràdh gum feumte dòighean-obrach soilleir a stèidheachadh airson sin. Bhathar cuideachd a’ smaoineachadh gum feumte a bhith faiceallach a thaobh ciamar a dheigheadh sin a dhèanamh, agus gur dòcha gum feumadh barrachd chothroman a bhith aig luchd-ùidhe pàirt a ghabhail ann a bhith a’ dealbh phoileasaidhean:

> “Nam bite a’ cleachdadh fianais mar sin, dh’fheumadh fianais a bhith ann air roinn an fhoghlaim air fad ann an Alba agus air an iomadh seòrsa suidheachaidh, ionad, dùbhlan is cothrom a gheibhear air feadh an t-siostaim gus am faigheadh tu dealbh cheart air na bha a’ tachairt sna h-ionadan.” (Ùghdarrasan Ionadail)

Ge-tà, bha cuid a luchd-freagairt dhen bheachd nach robh na modhan-sgrùdaidh agus an fhianais a bhathar a’ cruinneachadh an-dràsta freagarrach airson a bhith a’ toirt piseach air cùisean. Bhathar ag ràdh gun robh an fhianais agus na molaidhean a bhathar a’ toirt seachad “ro choitcheann”, nach robh iad uabhasach feumail, nach

robh iad mionaideach no math gu leòr. Chaidh a mholadh gum feumte atharraichean a dhèanamh air na modhan-sgrùdaidh an toiseach mus b' urrainnear a bhith cinnteach gum biodh fianais làidir is fheumail ann.

Bha beachd ann am measg nan daoine nach robh a' toirt taic idir do sgrùdaidhean, co-dhiù an seòrsa sgrùdaidhean a th' ann an-dràsta, nach robh piseach cheart a' tighinn air cùisean mar thoradh air na sgrùdaidhean, agus gu dearbh gun robh iad a' toirt droch bhuaidh air cùisean. Thuirt luchd-freagairt (a' gabhail a-steach dhaoine a chuir freagairtean sgrìobhte a-steach agus daoine aig tachartasan) gum biodh am modail a th' ann an-dràsta far a bheil cùisean air an stiùireadh 'bhon mhullach' fhathast ann leis na bhathar a' moladh an seo (agus ann an àiteachan eile), agus mhol iad gum bu chòir dòighean-obrach nas taiceil a bhith ann le sgrùdaidhean. Mar phàirt de sin, bhiodh feum air fèin-mheasadh, obair còmhla ri/taic bho/measaidhean le co-obraichean, co-obrachadh is còmhraidhean com-pàirteach (le luchd-teagaisg/luchd-obrach sgoile, sgoilearan agus pàrantan/luchd-cùraim), molaidhean stèidhichte air mar a ghabhas piseach a thoirt air cùisean agus taic às dèidh nan sgrùdaidhean, bu chòir do luchd-sgrùdaidh deagh mhodhan-obrach a thaisbeanadh is a dhealbh, agus bu chòir cur às dhan structair mheasaidh le aon fhacal:

> "Chan eil mi cinnteach dè feum a th' anns an fhianais bho sgrùdaidhean. Chan fhaighear fianais gu leòr bho bhith a' cur latha no dhà seachad ann an ionad gus breithneachadh èifeachdach a thoirt seachad." (Neach fa leth)

Thuirt daoine eile, ged a bu chòir feum a dhèanamh de dh'fhianais gus poileasaidhean no iomairtean a dhealbh, cha bu chòir feum a dhèanamh dhith gus obair sgrùdaidh, leasachaidhean agus atharraichean a stiùireadh:

> "Bu chòir do phoileasaidhean nàiseanta ealla a ghabhail ri fianais a gheibhear bho aithisgean-sgrùdaidh, ach tha e cudromach gum bi a' bhuidheann-sgrùdaidh neo-eisimeileach agus nach bi i fo rian an riaghaltais. Bu chòir ealla a ghabhail ris mar a tha cùisean ann an sgoiltean agus ri sàr mhodhan-obrach annta nuair a thathar a' beachdachadh air atharraichean, cha bu chòir a bhith ag amas air cinn-uidhe phoilitigeach airson na geàrr-ùine." (Neach fa leth)

Na tha a Dhìth a Thaobh Reachdas

Ged nach do bhruidhinn a' mhòr-chuid de luchd-freagairt air reachdas, bha cuid a dhaoine ann a rinn soilleir dè na beachdan a bh' aca air reachdas. San fharsaingeachd, bha an fheadhainn a bhruidhinn air reachdas buailteach taic a chur ris a' mholadh gus riatanasan aithris a stèidheachadh fon lagh. Rinn daoine follaiseach gun cuireadh sin stad air luchd-poilitigs bho bhith a' toirt buaidh air cùisean. Bha an luchd-freagairt seo dhen bheachd gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh no do dh'Àrd-neach-sgrùdaidh an Fhoghlaim a bhith làn-chunntachail do Phàrlamaid na h-Alba, agus gum bu chòir dha a bhith mar dhleastanas orra/riatanas dhaibh aithris bhliadhnail a dhèanamh do Phàrlamaid na h-Alba (no do Chomataidh an Fhoghlaim), oir bhathar a' smaoineachadh gum b' e sin an dòigh a b' fheàrr a thaobh neo-eisimeileachd. Ged a mhol beagan dhaoine gum bu chòir

dhan bhuidhinn-sgrùdaidh aithris a dhèanamh do Riaghaltas na h-Alba no Ministearan na h-Alba, mhol na bu lugha de luchd-freagairt sin na mhol aithrisean dhan Phàrlamaid, agus bha cuid a dhaoine ann a thuirt nach bu chòir sin a dhèanamh idir. Bhathar dhen bheachd gun robh aithrisean reachdail a dhìth gus am biodh cunbhalachd, soilleireachd, cunntachalachd, agus thar-sgrùdadh ann:

> "Tha a' bhuidheann a' cur taic ris mar a thathar a' moladh gun dèan a' bhuidheann-sgrùdaidh aithris air ìrean-coileanaidh san fharsaingeachd ann am foghlam na h-Alba. Gheibhte fiosrachadh feumail bho na h-aithrisean sin dhan luchd-ùidhe uile… Cuideachd, ma thèid riatanasan reachdail a stèidheachadh dhan Àrd-neach-sgrùdaidh, dh'fhaodadh sin dèanamh cinnteach gum bi cunbhalachd is cunntachalachd ann. Le aithisgean bliadhnail air obair na buidhne-sgrùdaidh agus air ìrean-coileanaidh san fharsaingeachd ann am foghlam na h-Alba, bhiodh barrachd earbsa aig a' phoball san obair aca is ann am foghlam agus gheibhte slatan-tomhais soilleir airson inbhean foghlaim agus leasachaidhean." (Gnìomhachasan is an Roinn Phrìobhaideach)

Chaidh a mholadh cuideachd gum bu chòir na dleastanasan laghail co-cheangailte ri aithrisean a bhith air an co-roinn le luchd-compàirt, gus am biodh an fheadhainn, air a bheil e mar dhleastanas reachdail piseach a thoirt air cùisean, a' dealbh phlanaichean-gnìomh gus ealla a ghabhail ri toraidhean nan sgrùdaidhean agus gus modhan-obrach a leasachadh. Cuideachd, chaidh a ràdh gum biodh feum air dlùth cheanglaichean is co-obrachadh eadar buidheann-sgrùdaidh ùr sam bith a bhiodh ann, a' bhuidheann ùr airson a' churraicealaim/leasachadh (no na roinnean de dh'Fhoghlam Alba a bhiodh air fhàgail), agus an riaghaltas airson dèanamh cinnteach gum bite a' dèanamh feum dhen obair-sgrùdaidh gus piseach a thoirt air cùisean is poileasaidhean a dhealbh:

> "Ma thathar airson neo-eisimeileachd is earbsachd na buidhne-sgrùdaidh a ghleidheadh, dh'fhaodadh gur e an dòigh a b' fheàrr sin a dhèanamh nam biodh iad a' dèanamh aithris fa leth dhan riaghaltas gus cuideachadh le bhith a' dealbh phoileasaidhean agus aithris eile dhan bhuidhinn nàiseanta a bhiodh a' cur taic ri leasachaidhean, agus bhiodh dòighean ann gus molaidhean a dhèanamh dhen bhuidhinn-sgrùdaidh a rèir nan aithrisean aca. Ma tha na trì taobhan dhen triantan seo a' dol a dh'obrachadh mar a bu chòir, bidh e riatanach gum bi raon-ùghdarrais is dleastanasan gach taobh air am mìneachadh gu cùramach agus air an coileanadh gu soilleir." (Ùghdarrasan Ionadail)

Cùisean Eile

Bhruidhinn àireamhan beaga de luchd-freagairt air beagan chùisean eile.

A-rithist, thuirt beagan luchd-freagairt gun robh ceistean aca mun bhriathrachas agus cha robh fiosrachadh mionaideach gu leòr ann air mar a dh'obraicheadh na trì prìomh eileamaidean gu practaigeach, agus ciamar a ghabhadh na bha a dhìth a choileanadh. Mar an ceudna, thuirt luchd-freagairt a-rithist nach robh am

fiosrachadh ann an sgrìobhainn a’ cho-chomhairleachaidh mionaideach gu leòr a thaobh cò ris a bhiodh na pàirtean de dh’Fhoghlam Alba coltach a bhiodh air fhàgail nuair a dheigheadh na dleastanasan sgrùdaidh a thoirt bhuapa (thog na daoine aig na tachartasan an aon dhragh). Cuideachd, chaidh a ràdh nach robh fiosrachadh gu leòr ann a thaobh nan dleastanasan is nan cothroman co-obrachaidh a bhiodh aig buidhnean eile ann an roinn an fhoghlaim. Bhathar dhen bheachd gun robh tuilleadh fiosrachaidh (agus co-chomhairleachaidh) a dhìth air na cùisean sin.

Bha luchd-freagairt aig na tachartasan cuideachd a’ sireadh soilleireachd air adhbhar is modhan-aithris na buidhne-sgrùdaidh ùire, ciamar a bhiodh iad cunntachail, ciamar a dheigheadh sùil a chumail is dearbhadh a dhèanamh air càileachd na h-obrach aca agus ciamar a bheirte taic dhaibh gus piseach a thoirt air an obair aca, agus dè cho neo-eisimeileach ’s a bhiodh iad bhon riaghaltas.

A-rithist, bha beagan luchd-freagairt a’ smaoineachadh nach robh na h-atharraichean a bhathar a’ moladh a’ dol a stèidheachadh dhòighean-obrach ùra agus nach robh iad a’ dèiligeadh ris na prìomh dhuilgheadasan a bh’ ann a thaobh sgrùdaidhean. Bha draghan aig daoine cuideachd gur dòcha nach biodh gu leòr ann, leis na molaidhean agus cunntachalachd phoblach a bhith ann, gus dèanamh cinnteach gun deigheadh piseach a thoirt air cùisean.

Cùisean Obrach is Cùisean Farsaing Eile

Air feadh cheistean a' cho-chomhairleachaidh, bhruidhinn tòrr luchd-freagairt air cùisean obrach is practaigeach na b' fharsainge co-cheangailte ri teisteanasan is sgrùdaidhean (an àite a bhith a' bruidhinn gu h-àraidh air na molaidhean a thugadh seachad ann an sgrìobhainn a' cho-chomhairleachaidh). Am measg nan rudan air an deach bruidhinn bha: ciamar a bu chòir dhan BhTU agus dhan bhuidhinn-sgrùdaidh a bhith ag obair agus cò an luchd-obrach a bu chòir a bhith aca. Cuideachd, thugadh seachad beachdan na b' fharsainge a thaobh theisteanasan, mheasaidhean, agus sgrùdaidhean agus ciamar a dheigheadh an cur an sàs. Thathar air na beachdan sin a chruinneachadh is a chur an cèill gu h-ìosal.

Buidheann Theisteanas Ùr

Rinn luchd-freagairt deagh chuid bruidhne air structair nam measaidhean agus mar a ghabhadh sin atharrachadh, cùisean practaigeach co-cheangailte ri deimhinneachadh theisteanasan, mar a dh'fheumadh luchd-ùidhe pàirt a ghabhail ann an cùisean agus co-chonaltradh riutha, mar a bha feum air co-obrachadh, agus dleastanasan is obair eile a bu chòir dhan BhTU a choileanadh. Cuideachd, thug iad seachad diofar bheachdan air cùisean farsaing co-cheangailte ris a' BhTU.

An Structair Measaidh airson Teisteanasan

Fhuaras measgachadh de bheachdan a thaobh a bhith a' cleachdadh dheuchainnean, dè na th' ann de theisteanas deireannach a bu chòir a bhith stèidhichte air toradh deuchainne no dòighean-measaidh eile, agus na th' ann de roghainnean a th' aig sgoilearan/oileanaich a thaobh sin.

Bha cuid mhath dhen luchd-fhreagairt a bhruidhinn air seo (a' gabhail a-steach feadhainn a bh' aig na tachartasan) a' smaoineachadh gum bu chòir, taobh a-staigh theisteanasan, barrachd dhen chomharra dheireannach a bhith stèidhichte air measaidhean leantainneach no measaidhean aig ìre bloc/aonad, obair-chùrsa, obair-phròiseict, measaidhean practaigeach, taisbeanaidhean, agus pasgain-obrach, le nas lugha cuideim ga chur air an deuchainn dheireannaich. Mhol cuid eile cur às do dheuchainnean deireannach uile-gu-lèir leis mar a bha uiread an crochadh orra. Chaidh a ràdh gum biodh cothrom aig barrachd dhaoine air teisteanasan san dòigh sin, bheireadh e fianais na b' fheàrr is na bu chothromaiche air comasan an sgoileir/an oileanaich, agus bhiodh e na bu cholltaiche ri modhan-measaidh nan colaistean is nan oilthighean, far a bheil tòrr chùrsaichean, a rèir an luchd-fhreagairt, a-nis a' cur nas lugha cuideim air deuchainnean deireannach 'gun taic' no air cur às dhaibh.

B' fheàrr le cuid eile, ge-tà, deuchainnean susbainteach is dùbhlanach mar dhòigh-mheasaidh (agus bhathar a' moladh gum biodh iad mar phàirt de chùrsaichean Nàiseanta 4 dha nach eil deuchainn dheireannach ann an-dràsta). Bhathar a' smaoineachadh gu bheilear a' faighinn shlatan-tomhais nàiseanta le deuchainnean, nach eil cothrom ann airson leiteachas, gu bheil measadh earbsach ann, agus gu bheil iad a' cur ri sàr inbhe is cliù nan teisteanasan.

Mhol beagan luchd-freagairt gum bu chòir roghainn a bhith ann a thaobh dhòighean-measaidh airson dèanamh cinnteach gu bheil na teisteanasan freagarrach airson a h-uile sgoilear is oileanach agus gum bi cothrom aca orra, ach bha cuid eile dhen bheachd gum bu chòir dòighean-measaidh a bhith air an dealbh, agus gum bu chòir beachdachadh orra, a thaobh na tha freagarrach airson gach cuspair/cùrsa.

Cha tug mòran dhaoine beachd seachad a thaobh dè b' fheàrr leotha a thaobh mheasaidhean a bhith air an dèanamh le daoine bhon taobh a-staigh no bhon taobh a-muigh, ach bha measgachadh de bheachdan aig an fheadhainn a thug. Thuirt a' mhòr-chuid a thug beachd seachad air sin gum b' fheàrr leotha measaidhean bhon taobh a-muigh gus dèanamh cinnteach gum biodh siostam làidir ann agus nach biodh uiread uallaich air luchd-teagaisg. Bha beagan dhaoine ann, ge-tà, a thuirt gum bu chòir do luchd-teagaisg a bhith an sàs, gu ìre air choreigin, ann am measaidhean agus ann a bhith a' comharrachadh/a' toirt comharra seachad airson nan sgoilearan aca. Air an làimh eile, bha na buidhnean a bhruidhinn mun chùis seo mar bu trice ag iarraidh gun deigheadh barrachd earbsa a chur ann an comasan measaidh luchd-teagaisg proifeiseanta agus gun deigheadh barrachd feum a dhèanamh gu cunbhalach de, agus leasachadh a dhèanamh air, a' Mhodail Theisteanasan Eadar-dhealaichte (MTE) a chaidh a chleachdadh nuair a bha COVID-19 ann.

Bha beagan luchd-freagairt cuideachd dhen bheachd gun robhar a' dèanamh cus measaidh air sgoilearan, agus gum bu chòir an uiread de mheasaidhean a th' ann a lùghdachadh mar phàirt de na h-atharraichean:

> "Tha luchd-ionnsachaidh ann an Alba am measg na feadhna as trice san t-saoghal a thèid a mheasadh tro dheuchainnean. Feumar an àireamh de dheuchainnean foirmeil a lùghdachadh, fhad 's a ghlèidhear na pìosan as freagarraiche de stuthan a' chuspair." (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Chaidh a mholadh taghadh farsaing de mhodhan-measaidh a thabhann, leithid measaidhean air an taidhpeadh, agus measaidhean didseatach a tha air an cruthachadh is air an dealbh le modhan-measaidh ùra is goireasan TF. Chaidh bruidhinn cuideachd air mar a ghabhadh AI a chleachdadh, an dà chuid a thaobh mar a bu chòir aithneachadh gu bheil e ann agus gum feumar a chleachdadh ann an dòighean iomchaidh, ach cuideachd thaobh nan cunnartan a bh' ann le obair-phròiseict, pìosan-obrach msaa.

Dòighean gus Teisteanasan a Dheimhinneachadh

Bhruidhinn luchd-freagairt air na dòighean practaigeach gus teisteanasan a dheimhinneachadh agus air mar a bu chòir dhan BhTU seo a dhèanamh nam beachd-san.

Bha cuid a luchd-freagairt dhen bheachd gun robh dòighean sa bheilear a' barantachadh theisteanasan an-dràsta math gu leòr agus freagarrach, agus mar sin bha iad ag iarraidh gun cleachdadh am BTU na dòighean sin.

Bha daoine eile ag iarraidh gun deigheadh an siostam a dhealbh as ùr, ach bhruidhinn tòrr luchd-freagairt air na diofar cheumannan/eileamaidean a bha iad airson a dheigheadh fhighe a-steach dhan mhodail bharantachaidh (ach cha tuirt iad an e eileamaidean ‘ùra’ a bhiodh annta no dìreach rudan a bhiodh a’ cur ris na h-eileamaidean a bh’ ann mu thràth). Am measg nan nithean a bu trice a chaidh a mholadh bha:

- a’ cleachdadh no a’ dealbh frèam farsaing a bhiodh a’ comharrachadh gach teisteanas agus a’ sealltainn mar a tha iad co-cheangailte ri chèile, ri diofar ìrean, msaa (mhol a’ mhòr-chuid de dhaoine gum bu chòir an SCQF a chleachdadh fhathast airson sin);
- a’ stèidheachadh inbhean nàiseanta ann an co-bhuinn ri luchd-ùidhe agus a’ tarraing aire dhaoine thuca/a’ cur trèanadh an sàs mu na h-inbhean sin am measg luchd-teagaisg;
- a’ cur siostam deimhinneachaidh is dearbhaidh an gnìomh air an taobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh tro luachaidhean, sgrùdaidhean, oifigearan roinneil a bhios a’ tadhal, coinneamhan air-loidhne, a bhith a’ cruinneachadh shampall, measaidhean sgoilear, agus a’ cleachdadh mhodhan-obrach gus molaidhean a thoirt seachad. Chaidh na modhan-obrach sin a mholadh cuideachd mar dhòigh mhath gus sùil a chumail air mar a thathar a’ lìbhrigeadh theisteanasan;
- bhathar cuideachd a’ smaoineachadh gun robh e cudromach gum biodh co-mheasadh is co-aonta ann, ann an ionadan/air feadh ùghdarrasan ionadail, airson measaidhean/deuchainnean a chur air dòigh is a chomharrachadh; agus
- bha beagan luchd-freagairt dhen bheachd gun robh am bun-shiostam comharrachaidh feumail/na bhuannachd airson dearbhadh càileachd, agus gum bu chòir a chumail.

Cuideachd, bhruidhinn luchd-freagairt air mar a bu chòir frèam soilleir is làidir a stèidheachadh airson dearbhadh càileachd – le bhith a’ cleachdadh an aon fhrèama airson gach teisteanas airson dèanamh cinnteach gum biodh cunbhalachd, èifeachdas agus inbhean co-ionann ann. Thuirt cuid a dhaoine gun robh e cudromach dèanamh cinnteach gum biodh barrachd leantalachd is cunbhalachd ann a thaobh mar a thèid inbhean a chur an sàs ann an sgoiltean/ionadan foghlaim.

Dòighean gus Co-chonaltradh a Dhèanamh ri Luchd-ùidhe

A thuilleadh air riochdairean air a’ Bhòrd agus Comataidhean (air an deach bruidhinn fo C2 is C3), bhathar cuideachd a’ smaoineachadh gun robh e cudromach gum bite a’ dèanamh co-chonaltradh ri luchd-teagaisg agus sgoilearan is oileanaich agus gum biodh iad an sàs sa BhTU ann an dòigh na b’ fharsainge, agus gum biodh frèam làidir air a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gun leanadh co-chonaltradh is co-obrachadh brìoghmhor is in-ghabhalach le luchd-ùidhe.

Am measg nam molaidhean sònraichte a rinn daoine fa leth agus diofar bhuidhnean a thaobh co-chonaltradh ri luchd-teagaisg, bha:

- gum biodh luchd-teagaisg fhathast an sàs ann a bhith a' dealbh/ag ullachadh dheuchainnean;
- cothroman cunbhalach gus molaidhean a thoirt seachad, co-chonaltradh is co-chomhairleachadh cunbhalach, a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh mheadhanan didseatach is fhòraman air-loidhne, ceisteachain, agus cothroman còmhraidh a dh'aona-ghnothach ann an sgoiltean agus buidhnean-breithneachaidh far am faod luchd-teagaisg beachdan/molaidhean a thoirt seachad;
- a' cruthachadh chomataidhean/bhuidhnean a bhios a' dèiligeadh ri raointean agus/no cuspairean sònraichte no a' dèanamh feum dhen fheadhainn a th' ann mu thràth;
- a' stèidheachadh pannal le ballrachd a dh'atharraicheas a dh'fhaodadh a bhith air Buidheann Stiùiridh/Obrach; agus
- a' fo-fhastadh luchd-teagaisg dhan bhuidhinn airson ùine shuidhichte.

Am measg nam molaidhean a rinneadh airson co-chonaltradh nas fharsainge (no a bharrachd) le sgoilearan is oileanaich bha:

- sgrùdaidhean-bheachd;
- goireas air-loidhne/eadar-ghnìomhach trom b' urrainn do luchd-ionnsachaidh beachdan a thoirt seachad;
- a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta;
- coinneamhan/còmhraidhean/cruinneachaidhean/buidhnean-breithneachaidh/seiseanan le Ceistean is Freagairtean, gu h-ionadail, ann an sgoiltean no mu chuspairean sònraichte;
- a' dèanamh co-chomhairleachadh aig ìre an ionaid fhoghlaim;
- a' cleachdadh chomhairlean sgoilear/oileanach a th' ann mu thràth agus/no Pròg ram Thosgairean Sgoile an SCQF;
- a' stèidheachadh bhuidhnean sgoilear, bhuidhnean-obrach agus phannalan luchd-ionnsachaidh co-chaidreach/aig ìre ùghdarrasan ionadail/roinneil;
- a' stèidheachadh fòram nàiseanta; agus
- a' dèanamh feum de dh'agallamhan is ceisteachain le sgoilearan is oileanaich a bhios a' fàgail gus beachdan fhaighinn air teisteanasan.

Cuideachd, chaidh a mholadh gum b' urrainn do ghrunn bhuidhnean a bhith an sàs ann a bhith a' cur air dòigh cothroman gus bruidhinn ri sgoilearan is oileanaich, no a dh'fhaodadh a bhith mar mheadhan gus na beachdan aca a thrusadh. Nam measg bha Pàrlamaid Òigridh na h-Alba, Pàrlamaid na Cloinne, Coimiseanair na Cloinne is nan Daoine Òga airson Chòraichean Cloinne, Young Scot, Òigridh Alba, Pàrlamaid nan Sgoilearan, com-pàirteachasan oileanach ann an sàr Alba (sparqs), Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (ILC), agus Leasachadh Sgilean na

h-Alba (LSA). Chaidh buidhnean nas spèisealta a mholadh cuideachd gus beachdan a shireadh bho mhion-chuibhreannan dhen t-sluagh, daoine air a bheil ciorram, daoine òga a tha niùro-eugsamhail, msaa.

Bha cuid a luchd-freagairt cuideachd dhen bheachd gum bu chòir do phàrantan is luchd-cùraim a bhith an sàs sa BhTU, agus gum bu chòir beachdan iarraidh bhuapa oirre.

Co-obrachadh agus Cothroman Com-pàirt do Luchd-ùidhe

Bha luchd-freagairt dhen bheachd gum feumadh a' bhuidheann theisteanas ùr dòighean-obrach fosgailte a stèidheachadh agus a bhith deònach gabhail ri molaidhean bho dhaoine agus a bhith deònach gun deigheadh breithneachadh agus measadh a dhèanamh air an obair aca gu cunbhalach agus dh'fheumte cothroman a chur air dòigh airson sin. Dhèanadh sin cinnteach gum biodh a' bhuidheann agus na teisteanasan aca freagarrach agus gum b' urrainn dhaibh ealla a ghabhail ri atharraichean, agus gun gabhadh teisteanasan ùrachadh gu luath agus gu h-èifeachdach nuair a bhiodh sin a dhìth:

> "Dòighean-obrach fosgailte le cothroman gus breithneachadh is measadh a dhèanamh – ma tha luchd-teagaisg ag innse dhuibh nach eil rudeigin ag obrachadh no nach eil pàirt de theisteanas math gu leòr, tha e riatanach gun èist sibh riutha agus gun tèid atharraichean a chur an sàs. Seo agaibh dòigh-obrach shùbailte far a bheilear a' gabhail ris gum faod feumalachdan ùra a bhith aig luchd-ionnsachaidh is luchd-teagaisg agus mar sin gur dòcha gum feumar teisteanasan atharrachadh bho àm gu àm." (Neach fa leth)

Thugadh fa-near cuideachd gum feum dlùth cheanglaichean is co-obrachadh a bhith ann eadar daoine a thaobh leasachaidhean sa churraicealam, ùr-ghnàthachadh agus mhodhan-obrach sna h-ionadan airson dèanamh cinnteach gur e an curraicealam a bhios a' toirt stiùir dhan obair mheasaidh, an àite curraicealam a tha stèidhichte air na measaidhean.

Bhathar dhen bheachd gun robh e gu h-àraidh cudromach gum biodh luchd-teagaisg/òraidichean an sàs ann an co-dhùnaidhean a' BhTU aig gach ìre, a' gabhail a-steach co-dhùnaidhean co-cheangailte ri obair gus teisteanasan a dhealbh, a lìbhrigeadh, a sgrùdadh agus ath-sgrùdadh, agus obair gus poileasaidhean is modhan-obrach a dhealbh. Am measg nam puingean sònraichte a thog daoine a thaobh cuin a bu chòir comhairle iarraidh bho luchd-dreuchd proifeiseanta bha: nuair a bhiodh planaichean ann gus cuspairean no measaidhean ùrachadh no atharrachadh; gus bruidhinn air teisteanasan/measaidhean a bhathar a' moladh agus air ciamar a ghabhadh an lìbhrigeadh; gus tuigse fhaighinn air dùbhlain is cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann agus dè ghabhas stiùireadh gu practaigeach sna sgoiltean/ionadan; agus nuair a bhiodh rannsachadh is planadh gan dèanamh airson shiostaman/phlanaichean ùra agus nuair a bhiodh iad sin fo dheuchainn agus gan cur an gnìomh. Thuirt cuid a luchd-freagairt gun robh e cudromach gun deigheadh co-chonaltradh a dhèanamh aig ìre a bhiodh tràth gu leòr sa phròiseas airson cho-dhùnaidhean is sa phròiseas dhealbhachaidh gus am b' urrainn do na molaidhean aig daoine buaidh a thoirt air cùisean.

Bha beachd aig cuid a luchd-freagairt gun robh dòighean-obrach na bu cho-òrdanaichte a dhìth, chan ann dìreach airson a' BhTU, ach airson siostam an fhoghlaim air fad. Bhathar dhen bheachd gun robh sin riatanach air diofar adhbharan, nam measg:

- gus nach biodh dùblachadh ann eadar dreuchdan is dleastanasan; amasan, cinn-uidhe agus poileasaidhean; agus obair/oidhirpean;
- gus dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri clann a bhith a' gluasad eadar ìrean agus gus am biodh dòighean-obrach na bu cho-aonaichte ann airson ionnsachadh aig diofar aoisean is ìrean;
- gus beachdachadh air feumalachdan nan sgoilearan is nan oileanach, slighean-ionnsachaidh, adhartas is soirbheachas, agus air dòighean gus cur às do chnapan-starra;
- gus frèam sgilean cunbhalach/nàiseanta a stèidheachadh agus ceangail nas fheàrr a thogail eadar teisteanasan gus an gabh coimeas a dhèanamh eatarra, agus gus an gabh iad a thuigsinn agus a chleachdadh gus taghadh de theisteanasan eadar-cheangailte a chruthachadh ('s e an dòigh as fheàrr sin a dhèanamh leis a' mhodail aig an SCQF);
- gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile aois is ìre-fhoghlaim air an riochdachadh agus air an toirt fa-near, agus gu bheil na buidhnean ag obair a dh'ionnsaigh nan aon amasan; agus
- gus an urrainnear taghadh farsaing de shlighean a stèidheachadh airson diofar sgoilearan is oileanaich agus gus am bi spèis cho-ionann ann airson diofar shlighean/theisteanasan, agus co-ionannachd ann a thaobh nan cothroman a th' aig daoine orra.

Bha cuid a luchd-freagairt cuideachd airson gun deigheadh barrachd mhodhan-obrach a stèidheachadh airson dàta a cho-phàirteachadh air feadh roinn an fhoghlaim gus am biodh co-obrachadh na b' fheàrr ann.

Chaidh a ràdh cuideachd gun robh barrachd soilleireachd a dhìth a thaobh dhleastanasan is uallaichean nam buidhnean uile, na buidhnean foghlaim is sgilean agus luchd-ùidhe san fharsaingeachd. Bhathar a' smaoineachadh gun robh sin a dhìth gus am biodh soilleireachd agus co-obrachadh buadhach san roinn:

> "Gheibhear soilleireachd gu ìre leis an reachdas a thaobh na buidhne theisteanas ùire, a' bhuidheann-fhoghlaim agus a' bhuidheann-sgrùdaidh ùr ach feumar le ath-leasachaidhean beachdachadh air na dleastanasan is uallaichean aig sgoiltean…, colaistean, oilthighean, luchd-solair trèanaidh, ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach eile… agus buidhnean maoineachaidh, agus luchd-compàirt eile… 'S e an aon dòigh san urrainn dhuinn tuigse cheart fhaighinn air na h-àiteachean far a bheil obair dhaoine a' dol an lùib is fo sgèith a chèile, air na cothroman airson èifeachdas a chur an sàs agus air na h-uallaichean coitcheann a th' aig daoine, ma tha soilleireachd againn air na dleastanasan is uallaichean aig daoine." (Buidhnean Buileachaidh)

Dleastanasan a Bharrachd dhan BhTU

Bha grunn luchd-freagairt dhen bheachd gum feumadh rannsachadh a bhith mar phàirt de dh'obair a' BhTU gus an gabhadh co-dhùnaidhean a dhèanamh stèidhichte air fianais, gus dòighean-ionnsachaidh a leasachadh, agus gus beàrnan is pàtranan a chomharrachadh ann am foghlam. Bhathar cuideachd a' smaoineachadh gun robh e cudromach gum bite a' dèanamh coimeas eadar Alba is dùthchannan eile gus tuigse fhaighinn air modailean eadar-dhealaichte. Bha sin cuideachd cudromach airson dèanamh cinnteach gum biodh siostam foghlaim is theisteanas na h-Alba a cheart cho math ri siostaman na RA agus eadar-nàiseanta agus gum biodh cliù eadar-nàiseanta aig ar siostam.

Chaidh a mholadh cuideachd aig cuid de na tachartasan gum bu chòir dhan BhTU sàr chomhairle, stuthan-teagaisg agus measaidhean a thoirt seachad a bhiodh feumail is furasta an cleachdadh, agus gum bu chòir dhaibh a bhith ag amas gu h-àraidh air dèanamh cinnteach gu bheil inbhean àrda aca, earbsachd agus gu bheil am poball a' cur earbsa annta.

Trèanadh do Luchd-teagaisg

B' e puing chumanta eile a thog luchd-freagairt gun robh feum air barrachd chothroman/stuthan trèanaidh agus barrachd leasachadh proifeiseanta leantainneach (CPD)/ionnsachadh proifeiseanta fad-beatha dreuchdail (CLPL) airson luchd-teagaisg. Am measg nam molaidhean sònraichte a thugadh seachad bha: a' toirt cothrom do bharrachd dhaoine air seiseanan sam bith coltach ri seiseanan airson Tuigse air Inbhean, barrachd trèanaidh bhliadhnail airson gach cuspair, agus trèanadh riatanach do luchd-obrach mu gach cùrsa is pìos-obrach ùr airson dèanamh cinnteach gun robh cunbhalachd ann eadar sgoiltean/ionadan.

A' Tarraing Aire Dhaoine gu Atharraichean sam Bith air Teisteanasan

Coltach ri beachdan luchd-freagairt ann an Caibideil 2, chaidh a ràdh an seo a-rithist gun robh feum air barrachd conaltraidh is oidhirpean gus aire dhaoine a tharraing airson dèanamh cinnteach gum biodh fios aig a h-uile duine air na th' ann de theisteanasan a tha rim faotainn agus air luach nan teisteanasan sin. Bha sin a' gabhail a-steach sgoiltean/luchd-teagaisg, luchd-ionnsachaidh, pàrantan/luchd-cùraim, foghlam adhartach is àrd-ìre, agus fastaichean. Chaidh a ràdh, ge-tà, gum feumte gu h-àraidh barrachd a dhèanamh airson dèanamh cinnteach gun gabhadh oilthighean ri taghadh na b' fharsainge de theisteanasan nuair a bhiodh iad a' beachdachadh air àite a thoirt do dhaoine air cùrsa.

Beachdan Eile

Fhuaras taghadh farsaing de bheachdan eile air puingean na b' fharsainge. Bha iad sin a' buntainn ri structair nan teisteanasan agus a' BhTU, beachdan leithid:

- bu chòir ath-sgrùdadh a dhèanamh air pròiseas nan tagraidhean, oir bhathar dhen bheachd gun robh am pròiseas caran cuingealaichte a thaobh mar a ghabhadh a chur gu feum;
- bu chòir breithneachadh is beachdachadh a dhèanamh air na dòighean-obrach eadar-dhealaichte a th' aig dùthchannan eile airson teisteanasan –

am measg nan dùthchannan air an tugadh iomradh bha Fionnlainn, Nirribhidh, An t-Suain, Canada, cuid a stàitean sna Stàitean Aonaichte, Sealan Nuadh, Astràilia, Èirinn, agus a' Chuimrigh;

- bu chòir aithne is barantachadh a thoirt do mheata-sgilean, agus bu chòir tòiseachadh air meanbh-theisteanasan a chleachdadh;
- bu chòir teisteanasan a thoirt seachad le susbaint a ghabhas atharrachadh airson dèanamh cinnteach gun gabh an ùrachadh gus freagairt air suidheachaidhean ionadail/roinneil no gus ealla a ghabhail ri atharraichean ann an cuspairean no ri sgilean no margaidhean ùra;
- tha feum air co-mheasadh buadhach, làidir eadar sgoiltean/ionadan;
- bu chòir barrachd cunbhalachd a bhith ann le measaidhean airson chuspairean eadar bliadhnaichean, agus a thaobh nan ìrean-comharra a gheibh luchd-ionnsachaidh le sgilean ceudna ann an diofar chuspairean is thairis air diofar bhliadhnaichean;
- bu chòir measadh a dhèanamh air a h-uile teisteanas a th' ann an-dràsta;
- bu chòir làn-ealla a ghabhail ri feumalachdan luchd-teagaisg is luchd-ionnsachaidh nuair a thathar a' barantachadh theisteanasan;
- bu chòir dèanamh cinnteach nach bi am BTU cho an urra ri luchd-dreuchd bhon taobh a-muigh 's a tha a' bhuidheann a th' ann an-dràsta agus bu chòir gluasad gu siostam far am bi e an urra ri luchd-obrach na buidhne barantachadh a chur an sàs: agus
- bu chòir dèanamh cinnteach gum bi luchd-obrach sàr-mhath, le deagh thrèanadh is eòlas air am fastadh aig a' BhTU.

Am measg nam beachdan no nam molaidhean a bha a' buntainn ri roinn an fhoghlaim san fharsaingeachd bha:

- bu chòir ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' churraicealam agus an Curraicealam airson Sàr-mhathais agus dèiligeadh ris mar nach eil dàimh mar bu chòir eadar teisteanasan agus an ìre Foghlam Farsaing Coitcheann (FFC);
- bu chòir cuideam a chur air a bhith a' toirt piseach air sgilean bunaiteach, me, leughadh, sgrìobhadh is matamataig;
- bu chòir spèis cho-ionann a bhith ann eadar diofar chuspairean is sheòrsaichean teisteanais;
- bu chòir cur às do chlàran soirbheachaidh airson sgoiltean agus beachdachadh air dòighean eile gus soirbheachas a chomharrachadh; agus
- tha cus bhuidhnean ann am foghlam no le dleastanasan a thaobh foghlam, agus tha na dleastanasan is uallaichean aca a' dol an lùib a chèile – bhathar ag ràdh nach robh na bhathar a' moladh an-dràsta a' dol a thoirt fuasgladh dhuinn airson na trioblaid seo.

Ath-leasachadh air Sgrùdaidhean Foghlaim

Sna ceistean sa cho-chomhairleachadh a bha a’ coimhead air sgrùdaidhean is a bhith a’ stèidheachadh buidheann-sgrùdaidh ùr, bha luchd-freagairt gu tric a’ bruidhinn air cùisean na bu phractaigiche agus cùisean obrach co-cheangailte ris na modhan-sgrùdaidh an àite a bhith a’ freagairt nan ceistean sònraichte a chaidh a chur. Chithear mìneachadh air na prìomh phuingean a chaidh a thogail gu h-ìosal.

Dòighean-obrach nas Taiceil is nas Co-obrachail airson Sgrùdaidhean

B’ e a’ phrìomh phuing a thog luchd-freagairt a-rithist is a-rithist a thaobh na bha cudromach ann an sgrùdaidhean agus ciamar a bu chòir an dèanamh, gun robh feum air sgrùdaidhean nas taiceil, agus gum feumte cuideam a chur air cothroman leasachaidh seach sgrùdaidhean ceasnachail.

Bhathar dhen bheachd gum bu chòir dleastanas a bhith air a’ bhuidhinn-sgrùdaidh ùir taic a chur ri daoine, às bith cò thathar a’ sgrùdadh, agus gum bu chòir na h-uallaichean a tha air an fheadhainn a tha gan sgrùdadh a lùghdachadh cho fad 's as urrainnear (gu h-àraidh nuair a bhiodh buidhnean air an sgrùdadh le buidhnean eile a thaobh dearbhadh càileachd cuideachd).

Bha grunn luchd-freagairt ag iarraidh gum biodh barrachd fèin-mheasaidh is measadh le luchd-oideachaidh eile ann mar phàirt de na sgrùdaidhean a thuilleadh air na sgrùdaidhean bhon taobh a-muigh, ach bha daoine eile ag iarraidh gum biodh modail nas ealanta ann stèidhichte air siostam far am biodh fèin-mheasaidhean dearbhte ann.

Cuideachd, thuirt grunn luchd-freagairt gum b’ fheàrr leotha modhan-sgrùdaidh nas co-obrachail/gun robh feum air an leithid, far am biodh luchd-sgrùdaidh ag obair gu dlùth còmhla ri ionadan gus taic a chur ri leasachadh leantainneach:

> “Tha sinne a’ moladh dhòighean-obrach nas com-pàirtiche is nas co-obrachail eadar sgoiltean agus a’ bhuidheann-sgrùdaidh gus cuideachadh le bhith a’ toirt piseach air cùisean. Tha sinn dhen bheachd gum bu chòir do na modhan-sgrùdaidh a bhith mar phàirt glè chudromach de na h-oidhirpean aig sgoiltean gus leasachadh leantainneach a chur an sàs, le planadh cùramach is obair ro-innleachdail gan dèanamh thar ùine. Tha obair le luchd-compàirt, a dh’fhaodas comhairle mhionaideach is taic a thoirt seachad, glè fheumail nuair a thig e gu bhith a’ toirt piseach air an fhoghlam a gheibh ar daoine òga gach latha.” (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Mar a Thèid Sgrùdaidhean a Dhèanamh

Air feadh nan ceistean mu sgrùdaidhean agus a bhith a’ stèidheachadh buidheann-sgrùdaidh ùr, thug luchd-freagairt beachdan seachad air dè a b’ fheàrr leotha a thaobh ciamar a bu chòir na sgrùdaidhean fhèin a dhèanamh. Fhuaras caochladh bheachdan is mholaidhean, leithid:

- bu chòir cur às dhan dòigh-obrach far am bi luchd-sgrùdaidh a’ tadhal gun a bhith a’ cur fios ro-làimh (cha robh a h-uile duine a’ moladh sin, ge-tà, agus bha cuid a’ smaoineachadh gun robh e cudromach gum biodh luchd-sgrùdaidh a’ tadhal gun innse ro-làimh);
- bu chòir leudachadh air na dleastanasan aig ùghdarrasan ionadail a thaobh dearbhadh càileachd gus am bi iad ag obair ann an com-pàirt ris a’ bhuidhinn-sgrùdaidh ùir;
- barrachd co-obrachaidh eadar luchd-stiùiridh sgoiltean is a’ bhuidheann-sgrùdaidh gus breithneachadh a dhèanamh air na modhan-obrach airson ullachadh airson sgrùdadh, gus cur ri comasan dhaoine, agus gus barrachd tuigse a thoirt do dhaoine air a’ phròiseas;
- bu chòir barrachd pàirt a bhith aig àrd-luchd-stiùiridh nan ionadan sna sgrùdaidhean;
- bu chòir oidhirpean a dhèanamh gus beachdan nan oileanach is nam pàrantan a shireadh agus a thoirt fa-near sna modhan-sgrùdaidh, mar eisimpleir, dh’fhaodadh pàirt a bhith aig pàrantan/luchd-cùraim/sgoilearan ann a bhith a’ cur mholaidhean a-steach airson sgoiltean a bhith air an sgrùdadh;
- bu chòir, mar phàirt de sgrùdaidhean, measadh a dhèanamh air cho math ’s a tha ionadan air na dòighean-obrach aca atharrachadh gus dèiligeadh ri teicneòlas ùr is feumalachdan ùra aig a’ chomann-shòisealta; agus bu chòir beachdachadh air barrachd teicneòlais/AI a chleachdadh sna modhan-sgrùdaidh fhèin, leithid gus mion-sgrùdadh a dhèanamh air slatan-tomhais is dàta coileanaidh, feuch am bi barrachd èifeachdais ann agus gus sheataichean-dàta nas fharsainge a chruinneachadh;
- bu chòir sgrùdaidhean cunbhalach a dhèanamh air feadh nan ionadan a tha gan sgrùdadh agus bu chòir obair-sgrùdaidh chunbhalach/cho-aonaichte a chur an sàs air feadh gach roinn is leis gach sgioba-sgrùdaidh;
- bu chòir feum a dhèanamh de dh’fharsaingeachd de dh’fhianais ann an sgrùdaidhean (chaidh seo a mholadh aig na tachartasan), fianais a dh’fheumas a bhith fosgailte, onarach, neo-mhearachdach, agus i air a cruinneachadh thar ùine nas fhaide bho sgoilearan/oileanaich, pàrantan/luchd-cùraim agus luchd-teagaisg/luchd-oideachaidh;
- bu chòir ealla a ghabhail ri deagh obair agus luach a bharrachd ann an sgrùdaidhean agus bu chòir cuideam a chur air leasachaidhean is a bhith a’ co-phàirteachadh dheagh mhodhan-obrach, agus a bhith a’ comharrachadh nithean a ghabhas leasachadh;
- le sgrùdaidhean, feumar ealla a ghabhail ri cùisean co-cheangailte ri suidheachadh gach sgoil/ionad fa leth leithid far a bheil iad, cùisean deamografach, goireasan, uallaichean obrach, msaa;
- bu chòir neach-ainmichte/neach-conaltraidh bhon bhuidhinn-sgrùdaidh a bhith ann airson ionadan/ùghdarrasan ionadail a dh’fhaodadh taic leantainneach a thoirt dhaibh às dèidh an sgrùdaidh, agus/no a

dh’fhaodadh tadhal orra às dèidh làimh gus dèanamh cinnteach gun deach leasachaidhean buadhach a chur an sàs;

- bu chòir barrachd sgrùdaidhean a dhèanamh gach bliadhna gus am bi sampall nas fheàrr ann airson an t-siostaim, agus gus dèanamh cinnteach gun tèid deagh mhodhan-obrach a chomharrachadh is a cho-phàirteachadh gu luath;
- bu chòir barrachd ionnsachadh bho ath-sgrùdaidhean-raoin; agus
- bu chòir ionnsachadh proifeiseanta a thoirt seachad stèidhichte air prìomh thoraidhean/cuspairean sgrùdaidh agus air sàr mhodhan-obrach gus daoine a chuideachadh le bhith a’ toirt piseach air cùisean.

Mhol beagan luchd-freagairt gum bu chòir beachdachadh air modailean sgrùdaidh eadar-dhealaichte, leithid:

- a’ dèanamh sgrùdaidhean aig ìre an ùghdarrais ionadail an àite aig ìre na sgoile;
- a’ cruthachadh mhodailean far am bi luchd-dreuchd foghlaim a tha stèidhichte ann an ionad mar phàirt cudromach de na modhan-sgrùdaidh;
- a’ cruthachadh mhodailean far am bi Prìomh Oifigearan Sgìreil an sàs ann an sgrùdaidhean/far a bheilear a’ cur cuideam air co-obrachadh eadar a’ bhuidheann-sgrùdaidh agus ùghdarrasan ionadail/far a bheil ùghdarrasan ionadail a’ stiùireadh ghnothaichean;
- a’ cleachdadh dhòighean-obrach coltach ris an fheadhainn a gheibhear ann an Sasainn far am bi buidhnean a’ dèanamh sgrùdaidhean;
- bu chòir beachdachadh air a’ mhodail airson cholaistean far nach eil measaidhean fa leth ann air comharran càileachd tuilleadh, an àite sin bithear a’ measadh chomasan an luchd-stiùiridh gus leasachaidhean a chur an sàs/gus fèin-leasachadh a chur air adhart; agus
- bu chòir sgrùdaidhean a chleachdadh mar phàirt de mhodhan-obrach nas fharsainge airson dearbhadh càileachd/bu chòir beachdachadh air mar a dh’fhaodadh dleastanasan a bhith aig buidhnean a thaobh a bhith a’ dearbhadh càileachd.

Cuideachd, thug luchd-freagairt iomradh air diofar chùisean sònraichte air am bu chòir prìomhachas a chur, nam beachd-san, ann an sgrùdaidhean. Nam measg bha:

- bu chòir barrachd beachdachaidh a dhèanamh air a’ bheàrn eadar ìrean-coileanaidh;
- bu chòir beachdachadh air na buannachdan iomlanach a gheibh luchd-ionnsachaidh an àite dìreach a bhith a’ coimhead air taic is toraidhean acadaimigeach, mar sin, bithear a’ cur cuideam air builean is sgilean nan sgoilearan/oileanach an àite cia mheud teisteanas a gheibh iad agus dè an ìre aig a bheil na teisteanasan;

- bu chòir prìomhachas a chur air mar a nithear cinnteach gum bi clann is daoine òga air an dìon bho chron a ghabhas seachnadh/dìon air math dhaoine;
- bu chòir prìomhachas a chur air co-ionannachd is còraichean cloinne/bu chòir dèanamh cinnteach gum beachdaichear, an lùib sgrùdaidhean, air feumalachdan eadar-dhealaichte nan oileanach agus air na modhan-obrach in-ghabhalach a tha luchd-solair foghlaim air a chur an sàs (an lùib sin bithear a' measadh buaidh nan ro-innleachdan gus dèiligeadh ri eugsamhlachd am measg dhaoine a thaobh cultar, cànan, agus chomasan ionnsachaidh);
- bu chòir dèanamh cinnteach gun tèid ealla a ghabhail ri niùro-eugsamhlachd agus comasan dhaoine gus freagairt a thoirt seachad;
- bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh a-muigh agus Ionnsachadh a dh'Ionnsaigh Seasmhachd air am fighe a-steach anns gach raon dhen churraicealam;
- bu chòir beachdachadh air mar a thathar a' gabhail ealla ri beachdan an luchd-ionnsachaidh an lùib coileanadh a' churraicealaim agus ann an coimhearsnachd na sgoile san fharsaingeachd;
- bu chòir measadh a dhèanamh feuch a bheil sgoiltean a' toirt chothroman gu leòr seachad do luchd-teagaisg gus ionnsachadh proifeiseanta a dhèanamh co-cheangailte ri cuspairean sònraichte;
- bu chòir dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air agus a' cur dìon air slàinte, math agus uallaichean-obrach luchd-ùidhe (gu h-àraidh luchd-teagaisg, luchd-obrach eile, sgoilearan agus oileanaich, ach cuideachd pàrantan/luchd-cùraim, ùghdarrasan ionadail agus luchd-solair eile);
- bu chòir feallsanachd a chur an sàs far a bheilear a' gabhail ealla ris mar a tha cuid a dhaoine air uabhas no cron mòr (*trauma*) fhulang nam beatha agus ri eugsamhlachd is eadar-dhealachaidhean am measg dhaoine; agus
- bu chòir frèamaichean sgrùdaidh a bhith a' co-fhreagairt air Cinn-uidhe nan Dùthchannan Aonaichte airson Leasachadh Seasmhach (CLS).

Chaidh a mholadh cuideachd gum bu chòir eòlas a bhith aig luchd-sgrùdaidh air a bhith ag obair ann am foghlam, eòlas a choisinn iad o chionn ghoirid, agus bhathar gu h-àraidh a' moladh gum bu chòir fèin-fhiosrachadh, eòlas agus tuigse a bhith aca air an t-seòrsa seirbheis a tha iad a' sgrùdadh. Cuideachd, thuirt luchd-freagairt gun robh e cudromach gum biodh luchd-sgrùdaidh a' mothachadh dha co-ionannachd.

Bhathar a' smaoineachadh gum bu chòir sgrùdaidhean a dhèanamh ann an dòigh nach eil cho eagallach do dhaoine/a' cur uiread uallaich orra, agus gum bu chòir fios mu thoraidhean nan sgrùdaidhean a chur gu daoine nas trice agus a chleachdadh aig ìre ionadail a' mhòr-chuid dhen ùine. Am measg nam beachdan mun seo, chaidh a ràdh nach bu chòir coimeas a dhèanamh eadar toraidhean nan sgrùdaidhean aig diofar sgìrean, no gum bu chòir moladh do dhaoine gun sin a

dhèanamh, airson dèanamh cinnteach gum bite daonnan a' beachdachadh air toraidhean bho shealladh ionadail:

> "Gus ealla a ghabhail ris na h-eadar-dhealachaidhean a gheibhear a thaobh ìrean coileanaidh is adhartais eadar sgoiltean ann an sgìrean beairteach is bochda agus bu chòir sin a thoirt fa-near gu follaiseach ann an sgrùdaidhean sgoiltean." (Neach fa leth)

Mar sin, bhathar a' moladh mhodhan-sgrùdaidh sùbailte:

> "Bu chòir sùbailteachd a bhith ann airson mhodhan-sgrùdaidh gus ealla a ghabhail ri suidheachaidhean is feartan sònraichte gach ionad foghlaim. Le aon dòigh-obrach airson a h-uile duine, dh'fhaodadh nach bite a' toirt an aire do na neartan is dùbhlain shònraichte a bhiodh aig gach ionad fa leth." (An Roinn Iar-sgoile /Colaistean/Oilthighean)

Molaidhean is Aithisgean Sgrùdaidh

Bhathar dhen bheachd gum bu chòir, ann an aithisgean sgrùdaidh, molaidhean feumail a thoirt seachad, cuideam a chur air neartan is sàr mhodhan-obrach, raointean a ghabhas leasachadh agus molaidhean no fuasglaidhean practaigeach, agus gum bu chòir goireasan is daoine a chomharrachadh a chuidicheas gus na leasachaidhean a tha a dhìth a chur an sàs.

Am measg nam molaidhean a bu chumanta a bh' aig daoine bha cur às dha na h-ìrean-soirbheachaidh ann an aithisgean sgrùdaidh. Bhathar dhen bheachd nach robh iad sin uabhasach buadhach, gun robh iad a' tarraing aire dhaoine bho shusbaint nan aithisgean, agus gun robh iad a' brosnachadh farpais eadar ionadan, agus bhathar dhen bheachd gun robh feum air molaidhean na bu mhionaidiche a chuidicheadh le leasachaidhean (an àite dìreach aithris air coileanadh), agus gun robh feum air barrachd co-obrachaidh gus modhan-obrach a cho-phàirteachadh:

> "Chan eil na h-ìrean-soirbheachaidh a' cuideachadh dhaoine agus tha aithrisean-measaidh tòrr nas fheumail agus stèidhichte air comasan dhaoine gus piseach a thoirt air cùisean. Feumar dòigh nas fheàrr a lorg gus dearbhachd shoilleir a thoirt seachad. Tha aon fhacal car lom agus tha e gu math furasta tuigse cheàrr a thogail às, agus faodaidh e cron mòr a dhèanamh no moladh ro mhòr a dhèanamh air àite." (Ùghdarrasan Ionadail)

Bhathar cuideachd a' smaoineachadh gum bu chòir dha a bhith furasta dhan phoball aithisgean sgrùdaidh fhaicinn agus gum bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile pàrant/neach-obrach bhon ionad am faicinn.

Cothroman Co-chonaltraidh is Com-pàirt do Luchd-ùidhe an Lùib obair na Buidhne-sgrùdaidh/Sgrùdaidhean

Fhuaras taghadh farsaing de mholaidhean a thaobh nan dòighean as fheàrr gus cothroman co-chonaltraidh is com-pàirt a stèidheachadh do luchd-ùidhe an lùib obair na buidhne-sgrùdaidh ùire agus sgrùdaidhean (mar bu trice cha robh ann ach

neach-freagairt no dhà a bheireadh gach moladh fa leth seachad). Am measg na chaidh a mholadh bha:

- dòighean gus co-chonaltradh a dhèanamh ri luchd-ùidhe gu cunbhalach – Buidheann Chomhairleachaidh bhon taobh a-muigh gus cuideachadh le bhith a' beachdachadh air agus a' foillseachadh fios air modhan-sgrùdaidh; co-chomhairleachaidhean cunbhalach is rianail le diofar luchd-ùidhe; a' cleachdadh mheadhanan didseatach gus co-chonaltradh air-loidhne a dhèanamh le luchd-ùidhe; a' cruthachadh dhòighean airson beachdan/molaidhean fhaighinn gu cunbhalach bho dhaoine; agus
- dòighean gus cothroman a thoirt do dhiofar bhuidhnean a dhol an sàs sna sgrùdaidhean – a' cleachdadh chomhairlean phàrant; caipteanan sgoile/prìomh sgoilearan a' gabhail pàirt ann an cuairtean air an sgoil agus còmhraidhean; saor-thoilich òga a' cuideachadh le sgrùdaidhean no daoine a' cur taic ri sgrùdaidhean; a' cleachdadh phàrantan mar luchd-sgrùdaidh neo-dhreuchdail gus beachdan phàrantan/luchd-cùraim a thrusadh; co-chomhairleachaidhean poblach; agus coinneamhan co-obrachail le pàrantan, luchd-teagaisg agus clann.

Mhol grunn luchd-freagairt gun ceisteachain a chleachdadh (a tha gan cleachdadh an-dràsta) mar mheadhan gus beachdan luchd-ùidhe a chruinneachadh an lùib nan sgrùdaidhean. Bhathar dhen bheachd nach robh iad a' toirt saorsa gu leòr do dhaoine beachdan a chur an cèill, nach robh iad mionaideach gu leòr, nach robh sùbailteachd gu leòr ann (cha fhreagair an aon seòrsa ceisteachain air a h-uile àite) agus gun robh iad seann fhasanta. Mar an ceudna, cha robhar a' smaoineachadh gun robh na buidhnean-breithneachaidh a gheibhear sa mhodail a th' ann an-dràsta daonnan a' riochdachadh an luchd-ùidhe mar a bu chòir.

A' Cleachdadh Luchd-measaidh Com-pàirteach

Chuir daoine fàilte air a' mholadh gus barrachd chothroman a thoirt do Luchd-measaidh Com-pàirteach mar dhòigh gus na h-uallaichean a bhios air daoine a lùghdachadh agus gus cur ri comas an t-siostaim san fharsaingeachd. Gu dearbh, thuirt grunn luchd-freagairt gun robh cothrom ann Luchd-measaidh Com-pàirteach a chleachdadh nas trice ann an sgrùdaidhean, agus mhol iad sin gu làidir (bha sin cudromach do dhaoine a thug freagairtean sgrìobhte seachad agus do dh'fheadhainn a bha aig tachartas):

> "Mholamaid cuideachd barrachd feum a dhèanamh de luchd-measaidh com-pàirteach, agus gu h-àraidh cothroman a thoirt do bharrachd cheannardan-sgoile a bhith an sàs. Le sin, chan e a-mhàin gum biodh luchd-dreuchd fiosrach le eòlas proifeiseanta an sàs sna sgrùdaidhean, ach cuideachd chuireadh e ri comasan dhaoine ann an siostam an fhoghlaim. Le bhith a' toirt cothrom do cheannardan-sgoile a bhith nan luchd-measaidh com-pàirteach nithear cinnteach gu bheil an obair-sgrùdaidh a' gabhail ealla ris na rudan ris am feum ceannardan-sgoile dèiligeadh gach latha san sgoil, agus mar sin gheibhear sgrùdaidhean nas mionaidiche is nas fiosraiche." (Aonaidhean-ciùird/Buidhnean Riochdachaidh airson Luchd-dreuchd)

Co-obrachadh is a’ Co-phàirteachadh Dàta

Mhol cuid a luchd-freagairt gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh ùir deagh mhodhan-obrach a cho-phàirteachadh tro dhiofar dhòighean, leithid a bhith a’ toirt eisimpleirean dhiubh seachad fhad ’s a bhite a’ dèanamh sgrùdaidhean, a’ foillseachadh aithisgean air/eisimpleirean de shàr mhodhan-obrach, agus tro ionnsachadh proifeiseanta. Chaidh a mholadh cuideachd gum faodadh a’ bhuidheann-sgrùdaidh ùr cuideachadh le bhith a’ foillseachadh is a’ co-phàirteachadh ghoireasan matha, gum faodadh iad sealltainn cò ris a bhiodh “sàr-mhath” coltach, agus gum faodadh iad geàrr-chunntasan de dh’aithisgean air colaistean is toraidhean sgrùdaidh airson ionadan Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd a cho-phàirteachadh gus taic a chur ri ionnsachadh san fharsaingeachd. Bhathar dhen bheachd gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh fianais air sàr mhodhan-obrach a chruinneachadh is a sgaoileadh ann an dòigh cho-òrdanaichte agus chunbhalach, agus iad a’ comharrachadh eisimpleirean agus gan co-phàirteachadh ann an deagh àm (thugadh iomradh air sin sna freagairtean sgrìobhte agus aig na tachartasan).

Bhathar cuideachd a’ moladh gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh obrachadh ann an dòigh na bu dlùithe/na bu cho-obrachail le prìomh luchd-ùidhe, luchd-compàirt agus ionadan foghlaim gus stiùir is taic a thoirt do dh’atharraichean gu cunbhalach, agus chan ann dìreach tro sgrùdaidhean a thachras an-dràsta is a-rithist. Am measg nam molaidhean sònraichte a fhuaras bha: daoine a bhith a’ gabhail pàirt ann an comataidhean nàiseanta, fòraman, buidhnean-obrach, agus buidhnean-comhairleachaidh, agus a’ stèidheachadh lìonraidhean co-ionnsachaidh eadar ionadan foghlaim gus an cuideachadh le bhith ag ionnsachadh bho chèile is a’ co-phàirteachadh shàr mhodhan-obrach, agus coinneamhan co-inbheil mu phoileasaidhean gus bruidhinn air toraidhean nan aithisgean sgrùdaidh agus gus cuideachadh le bhith a’ dealbh phoileasaidhean.

Thuirt grunn luchd-freagairt gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh ùir obrachadh còmhla ri agus dàta a cho-phàirteachadh le buidhnean eile. Mar phàirt de sin bhiodh iad a’ cur mhodhan-obrach air dòigh gus dàta a cho-phàirteachadh le buidhnean eile a tha an sàs ann an dearbhadh càileachd.

Cunntachalachd airson an Fhrèam Sgrùdaidh

Chaidh a mholadh gum bu chòir frèam sgrùdaidh ùr sam bith a bhith air a mhìneachadh is a chur an cèill gu soilleir gus nach biodh teagamhan is mì-chinnt ann am measg nan daoine a bhiodh air an sgrùdadh, no gus nach biodh uiread theagamhan is mì-chinnt ann. Cuideachd, bha luchd-freagairt dhen bheachd gum bu chòir an tuigse choitcheann a th’ ann air an diofar eadar riaghladh is sgrùdadh a dhaingneachadh, agus gum bu chòir slatan-tomhais soilleir is brìoghmhor a bhith ann airson cunntalachd:

> “Feumaidh barrachd soilleireachd a bhith ann a thaobh dè th’ ann an cunntachalachd agus ciamar a bhiodh e follaiseach gun robh e ann.” (Neach fa leth)

> “Ged a tha sinn ag aontachadh, san fharsaingeachd, ris na h-adhbharan, tha feum air barrachd soilleireachd a thaobh cò ris a bhios am frèam sgrùdaidh ùr coltach agus ciamar a nì e barrachd feum a thaobh leasachaidhean.” (Ùghdarrasan Ionadail)

Cuideachd, bhathar a’ moladh gum biodh modhan-sgrùdaidh na bu bhrìoghmhoire ann, agus gum bu chòir barrachd breithneachaidh a dhèanamh air a’ phròiseas gus poileasaidhean a chruthachadh mar thaic do na h-atharraichean a thèid aontachadh (ceanglaichean nas làidire eadar toraidhean sgrùdaidh agus an obair gus poileasaidhean is co-dhùnaidhean a dhèanamh). Gu dearbh, chaidh a mholadh gum bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh ùir barrachd uallaich a ghabhail os làimh airson a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil an obair aca a’ cuideachadh le bhith a’ stèidheachadh mhodhan-obrach is phoileasaidhean, agus gum bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gun deach na molaidhean aca a chur an sàs, no gum bu chòir ceangal na bu làidire a bhith ann eadar sgrùdaidhean agus leasachaidhean air feadh an t-siostaim. Bha cuideachd àireamh bheag de dhaoine a bha ag iarraidh gum biodh Foghlam Alba agus a’ bhuidheann-sgrùdaidh ùr na bu chunntachaile.

Cùisean Sgrùdaidh Co-cheangailte ri Roinnean Sònraichte

Thug cuid a dhaoine beachdan seachad a bha a’ buntainn ri roinnean sònraichte, an dà chuid a thaobh mar a dheigheadh sgrùdaidhean a dhèanamh ann an diofar sheòrsaichean ionaid agus a thaobh briathrachas co-cheangailte ri diofar roinnean sònraichte.

A thaobh **Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne (TCC)**, chaidh a ràdh gun robh feum air co-obrachadh na b’ fheàrr/na bu lugha dùblachaidh nuair bhiodh Buidheann-sgrùdaidh a’ Chùraim agus HMIe a’ dèanamh sgrùdaidhean air ionadan TCC. Thuirt grunn luchd-freagairt gum feumte barrachd èifeachdais a chur an sàs airson sgrùdaidhean air ionadan TCC, ’s e a b’ fheàrr aon bhuidheann-sgrùdaidh ag obair san roinn an àite Buidheann-sgrùdaidh a’ Chùraim agus HMIe ag obair innte. Bha sin a dhìth gus am biodh na bu lugha dùblachaidh ann agus gus nach biodh uiread de dh’uallach air daoine san roinn. Nam bite a’ cumail a’ dol le dà bhuidhinn, bhathar a’ smaoineachadh gum bu chòir, leis na modhan-sgrùdaidh, am feum a bu mhotha a b’ urrainnear a dhèanamh de na cothroman airson modailean co-aonaichte a chur an sàs, agus na buidhnean a’ co-phàirteachadh ghoireasan sgrùdaidh agus ag obrachadh gu dlùth còmhla.

Cuideachd, bhruidhinn daoine air na duilgheadasan a bh’ ann obrachadh a-mach cò na h-ionadan air am bi HMIe a’ dèanamh sgrùdadh no cò na h-ionadan dha bheil dleastanasan sgrùdaidh aca ann an roinn an TCC, agus thugadh iomradh air an neo-ionannachd a bh’ ann ri linn nan diofar mhodhan-sgrùdaidh airson diofar sheòrsa luchd-solair:

> “An-dràsta bidh Foghlam Alba a’ dèanamh aithris air cùram do chloinn òga nach eil a’ faighinn TCC maoinichte. Ged nach eilear a’ dèanamh measadh foirmeil air a’ chùram sin seach gu bheil e taobh a-muigh raon-obrach Foghlam Alba, faodaidh e mì-chinnt adhbharachadh air feadh na roinne. Dh’fhaodadh atharraichean air reachdas airson na buidhne-sgrùdaidh ùire cuideachadh le bhith a’

> toirt soilleireachadh air an reachdas a tha a’ ceadachadh obair-sgrùdaidh ann an diofar raointean.” (Buidhnean Nàiseanta/ Buidhnean Poblach)

Cuideachd, thuirt luchd-freagairt gum feum daoine a bhith nas fhaiceallaiche is nas mionaidiche le briathrachas mu roinn an TCC, mar eisimpleir, na cleachd ‘nursery schools’ agus, bu chòir ‘funded provider’ a chleachdadh an àite ‘funder partner provider’. Cuideachd, thugadh fa-near gun robhar a’ cleachdadh ‘cùram-chloinne’ gu tric ann am pàipear a’ cho-chomhairleachaidh gus bruidhinn air ionadan TCC, ach bu chòir do sgrìobhadairean sgrìobhainnean dèanamh cinnteach gun cleachd iad tràth-ionnsachadh no tràth-fhoghlam cho math ri cùram-chloinne.

Cha deach cus bruidhne a dhèanamh air **Nuadh Phreantasachdan**, ge-tà, fhuaras beachdan mu adhbharan sgrùdaidh, modhan-obrach nan sgrùdaidhean, agus mu chùisean farsaing co-cheangailte ri bhith a’ lìbhrigeadh Nuadh Phreantasachdan. Seach nach deach mòran bruidhne a dhèanamh air an roinn seo, bha tòrr de na molaidhean gu h-ìosail air an togail le dìreach aon neach-freagairt. Chaidh na leanas a mholadh:

- bu chòir dhan bhuidhinn-sgrùdaidh ùir measadh a dhèanamh air mar a tha prògraman trèanaidh a’ co-fhreagairt air inbhean gnìomhachais agus mar a ghabhas na sgilean a thathar ag ionnsachadh a chur gu feum gu practaigeach agus a bheil iad freagarrach airson feumalachdan fhastaichean/àiteachan-obrach a tha a’ sìor atharrachadh;
- bhiodh feum air modhan-sgrùdaidh na bu mhionaidiche agus na bu fhreagarraiche airson na roinne gus sgrùdadh a dhèanamh air nuadh phreantasachdan airson dèanamh cinnteach gum biodh iad a’ coileanadh shlatan-tomhais foghlaim coitcheann agus riatanasan nan roinnean gnìomhachais; agus
- ged a thathar a’ tuigsinn gu bheil taghadh farsaing de dh’ionadan a’ tairgse nuadh phreantasachdan, bu chòir modhan-sgrùdaidh cunbhalach a chur an sàs thar dhiofar bhuidhnean.

Cha d’ fhuaras ach beagan bheachdan eile, mu chùisean farsaing, a thaobh nuadh phreantasachdan. Leithid, bhathar a’ moladh gum bu chòir modhan-obrach airson dearbhadh càileachd a bhith a’ dol còmhla ri dleastanasan maoineachaidh, agus gum bu chòir cunntachalachd is dearbhachd airson nuadh phreantasachdan a bhith air am fighe a-steach do mhodhan-obrach co-cheangailte ri foghlam treas-ìre. Mhol beagan dhaoine beachdachadh air modailean lìbhrigidh eile, mar eisimpleir, gum bu chòir nuadh phreantasachdan a lìbhrigeadh tro mhodalan an àite thairis air prògram dà-bhliadhna airson gum biodh iad na bu tharraingiche. Fhuaras aon bheachd air cuspair gu math sònraichte, gum feum a’ bhuidheann-sgrùdaidh ùr sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air gnìomhan gus dèiligeadh ri sgaraidhean a rèir gnè ann an nuadh phreantasachdan.

A thaobh **Foghlam Treas-ìre**, b’ fheàrr le daoine gum fuiricheadh na dleastanasan airson dearbhadh càileachd aig an SFC/QAA agus bu chòir dha a bhith fo raon-ùghdarrais aon bhuidhne-maoineachaidh a bhiodh ag obair còmhla ri Foghlam Alba. Thugadh fa-near, nam biodh a’ bhuidheann-sgrùdaidh ùr a’ dol an àite nam

modhan-obrach a th’ ann an-dràsta san roinn airson Cholaistean a Gheibh Maoineachadh Poblach, gum feumadh iad dleastanasan na b’ fharsainge a ghabhail os làimh a bharrachd air na dleastanasan sgrùdaidh is aithris aca. Dh’fheumadh iad sin a bhith a’ gabhail a-steach dearbhachd bhon taobh a-muigh air càileachd agus a’ cur taic ri leasachaidhean ann an roinn nan colaistean (mar a bhios an SFC a’ dèanamh an-dràsta).

San fharsaingeachd, chaidh a ràdh gum feumte breithneachadh a dhèanamh air dleastanasan na buidhne-sgrùdaidh ùire, SFC, QAA agus SDS gus dèanamh cinnteach gum biodh siostam co-aonaichte ann.

Thugadh diofar bheachdan na b’ fharsainge seachad a thaobh **Ciad Fhoghlam Luchd-teagasig (CFL)** no mu chùisean obrachaidh co-cheangailte ri sgrùdaidhean air CFL. Nam measg bha:

- chan eil mòran fios an-dràsta aig luchd-teagaisg is luchd-stiùiridh sgoiltean air dleastanasan na buidhne-sgrùdaidh a thaobh a bhith a’ beachdachadh air ciad fhoghlam luchd-teagaisg agus dh’fhaodadh gun dèanadh barrachd conaltraidh feum a thaobh sin;
- bu chòir sgrùdaidhean CFL tòrr cuideim a chur air co-ionannachd is còraichean airson dèanamh cinnteach gum bi luchd-teagaisg ùra uidheamaichte gus leithid a chùisean a cheasnachadh le misneachd;
- bu chòir, le sgrùdaidhean CFL, dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach ùra stiùireadh air bun-mhodhan teagaisg a bharrachd air cuspairean sònraichte;
- bu chòir, le sgrùdaidhean, a bhith a’ coimhead airson fianais air a’ bhuaidh a dh’fhaodadh a bhith ann air sgoiltean nuair a bhios luchd-teagaisg ùra ag obair annta às dèidh dhaibh ceumnachadh;
- bu chòir, le sgrùdaidhean air CFL, aithris a dhèanamh air na diofar mhodhan-obrach a thathar a’ cleachdadh gus cothrom a thoirt do luchd-solair CFL ionnsachadh bho chèile/gus daoine a bhrosnachadh gu bhith ag amas air piseach a thoirt air foghlam;
- bu chòir dreuchdan comhairleachaidh sònraichte a chruthachadh airson luchd-teagaisg aig a bheil eòlas air teagasg gus taic leantainneach a thoirt do luchd-teagaisg ùra;
- dh’fhaodadh an t-ionnsachadh a thathar a’ toirt seachad a thaobh Saoranachd na Cruinne agus chòraichean a bhith na bu chunbhalaiche air feadh ionadan CFL;
- bu chòir coimhead air carson a tha an àireamh de luchd-iarrtais airson CFL air a dhol sìos sna beagan bhliadhnaichean a dh’fhalbh; agus
- bha draghan aig daoine mu cho comasach ’s a bhiodh a’ bhuidheann ùr dleastanasan airson CFL a ghabhail os làimh.

Mu dheireadh, bha àireamh bheag de luchd-freagairt a’ smaoineachadh nach robh an CFL a gheibhear an-dràsta freagarrach no math gu leòr agus/no gun robh eadar-dhealachaidhean mòra ann an CFL air feadh nan diofar ionadan a tha ga

thoirt seachad. Bha cuid dhen bheachd gun robh sgaradh ann san t-siostam eadar an CFL agus na modhan-teagaisg a gheibhear sna sgoiltean an-dràsta. Bu chòir CFL a bhith air a riaghladh is air a sgrùdadh gu ìre tòrr nas teinne, chaidh a ràdh, gus dèanamh cinnteach gum biodh luchd-teagaisg làn-uidheamaichte airson slatan-tomhais a chur an sàs san àm ri teachd:

> "Chuireamaid fàilte air sgrùdaidhean air luchd-solair CFL, gu h-àraidh a thaobh ìrean coileanaidh is toraidhean cunbhalach. Bhiodh e feumail ceangal a dhèanamh eadar seo agus am fiosrachadh sgrùdaidh bho sgrùdaidhean sgoile air luchd-teagaisg ùra gus am biodh measadh na b' fharsainge againn thar ùine na b' fhaide air cho buadhach 's a tha CFL, ùine-dhearbhaidh agus air a' bhuaidh a th' aig nithean eile, leithid luchd-teagaisg comhairleachaidh, air mar a thèid do luchd-teagaisg ùra agus air an oideachadh a gheibh iad." (Ùghdarrasan Ionadail)

Cuspairean a Nochd gu Cunbhalach is An Ath Cheum

Beachdan bho Mhion-chuibhreannan dhen t-Sluagh

Rè ùine a' cho-chomhairleachaidh fhuaras measgachadh de bheachdan is freagairtean a bha a' riochdachadh no a' toirt iomradh air fèin-fhiosrachadh is feumalachdan mhion-chuibhreannan dhen t-sluagh. Gu tric cha bhiodh ann ach neach-freagairt no dhà a bha a' bruidhinn orra, no bhite a' bruidhinn air cùisean gu math sònraichte nach robh a' buntainn ris na ceistean, agus ri linn sin cha robh na beachdan sin daonnan air an cur an cèill sa mhion-sgrùdadh gu h-àrd. Ge-tà, tha e cudromach gun tèid beachdachadh air na cùisean sin (gu h-àraidh a thaobh a bhith a' cur às dhan bheàrn eadar ìrean-coileanaidh). Am measg na chaidh a thogail bha:

- **Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig**: Feumar dèiligeadh ri FMG air stèidh gu tur co-ionann ri foghlam Beurla air feadh roinn an fhoghlaim, nuair a thathar a' cruthachadh bhuidhnean no shiostaman ùra, agus nuair a thèid atharraichean/ath-leasachadh sam bith a chur an sàs. Bu chòir gum bithear a' làn-fhrithealadh air FMG an lùib na leanas agus gum bi FMG air fhighe a-steach annta: an curraicealam, modhan-measaidh, thar gach teisteanas, agus san fhrèam agus sna modhan sgrùdaidh;
- **Solar airson Feumalachdan Taice a Bharrachd agus niùro-eugsamhlachd**: bu chòir làn ealla a ghabhail ri foghlam airson luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taice a bharrachd (de gach seòrsa) agus ris mar a bhios iad air an gabhail a-steach ann am foghlam nuair a thathar a' beachdachadh air molaidhean, ath-leasachadh is seirbheisean foghlaim;
- **Luchd-ionnsachaidh bodhar no le duilgheadasan claisneachd**: bu chòir BSL a bhith mar mheadhan foghlaim (mar a tha FMG), agus bu chòir làn ealla a ghabhail ri foghlam airson luchd-ionnsachaidh bodhar

agus ris mar a bhios iad air an gabhail a-steach ann am foghlam nuair a thathar a' beachdachadh air molaidhean is ath-leasachadh;

- **Duilgheadasan fradhairc**: bu chòir làn ealla a ghabhail ri foghlam airson luchd-ionnsachaidh dall agus le duilgheadasan fradhairc agus ris mar a bhios iad air an gabhail a-steach ann am foghlam an lùib mholaidhean is ath-leasachadh sam bith;
- **Slàinte-inntinn**: bu chòir beachdachadh air is iomradh a thoirt air slàinte-inntinn sna molaidhean, airson dèanamh cinnteach gu bheil beachdan dhaoine le fèin-fhiosrachadh air sin air an gabhail a-steach ann am Bùird, Comataidhean, fòraman, sgrùdaidhean agus gnìomhan co-chonaltraidh sam bith, agus bu chòir foghlam mu shlàinte-innte fhighe a-steach ann am foghlam;
- **Cùisean LGBT**: bu chòir dèanamh cinnteach gu bheilear a' cur ionnsachadh a tha in-ghabhalach a thaobh LGBT air adhart an lùib a' churraicealaim is mheasaidhean;
- **Co-ionannachd Ghnèithean**: bu chòir beachdachadh air co-ionannachd ghnèithean agus air cùisean co-cheangailte ri fòirneart an aghaidh bhoireannach;
- **Co-ionannachd Chinnidhean**: bu chòir beachdachadh air co-ionannachd a thaobh chinnidhean is fhreumhan cinneachail, an lùib susbaint chùrsaichean, mheasaidhean, agus sgrùdaidhean;
- **Luchd-cùraim Òga**: bu chòir dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air luchd-cùraim òga, agus gun tèid dòighean a stèidheachadh airson dèanamh cinnteach gun tèid èisteachd ris na beachdan aca agus gun tèid frithealadh air na feumalachdan aca;
- **Luchd-ionnsachaidh a tha air a bhith fo chùram**: bu chòir dòighean-obrach a chur an sàs far a bheilear mothachail air mar a dh'fhaodas daoine uabhas no cron mòr fhulang nam beatha, agus bu chòir ealla a ghabhail ris an t-seòrsa beatha a th' aig luchd-ionnsachaidh a tha air a bhith fo chùram agus ris a' bhuaidh a dh'fhaodas sin a thoirt air an cuid fhoghlaim – bu chòir modhan-obrach a stèidheachadh a bhios a' frithealadh air feumalachdan luchd-ionnsachaidh a tha air a bhith fo chùram agus nì cinnteach gum bi co-ionannachd ann;
- **Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (ILC)**: bu chòir làn-aithne a thoirt do dh'ILC agus fhighe a-steach anns na molaidhean, gu h-àraidh an fheadhainn a tha a' buntainn ri teisteanasan agus am BTU.

Chaidh a dhèanamh follaiseach cuideachd aig na tachartasan agus ann am freagairtean sgrìobhte gur dòcha gum bi feum air taic a bharrachd gus co-chonaltradh a dhèanamh ri coimhearsnachdan air nach eil e furasta ruighinn, agus gum feum buidhnean oidhirpean a bharrachd a dhèanamh gus beachdan leithid a dhaoine a chruinneachadh agus gus an cuideachadh le bhith a' gabhail pàirt.

Ceanglaichean ri Reachdas a th’ ann Mu Thràth

Thuirt grunn luchd-freagairt (ann am freagairtean sgrìobhte agus aig tachartasan) gum feum na molaidhean agus Bile an Fhoghlaim iomradh soilleir a thoirt air reachdas buntainneach, aig a bheil ceangal riutha, agus gum feum iad cumail ri leithid a reachdas, agus gum bu chòir dha a bhith mar riatanas do na buidhnean ùra obrachadh ann an dòigh a tha a’ cur taic ri agus a’ cumail ri reachdas. Am measg an reachdais air an tug luchd-freagairt iomradh bha:

- Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte airson Chòraichean Pàiste (UNCRC);
- Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba);
- Achd na Co-ionannachd;
- Dleastanas Co-ionannachd na Roinne Poblaiche (PSED), a’ gabhail a-steach gum bi buidheann theisteanas no sgrùdaidh ùr sam bith air an liosta airson PSED agus nan dleastanasan sònraichte Albannach;
- reachdas co-cheangailte ri ILC; agus
- reachdas airson phàrantan corporra.

Cùisean Eile

Thuirt beagan luchd-freagairt (ann am freagairtean sgrìobhte agus aig tachartasan) air feadh nan earrainnean mu theisteanasan is sgrùdaidhean sa cho-chomhairleachadh, gum bu chòir na nithean a leanas a ghleidheadh bho na siostaman is buidhnean a th’ ann an-dràsta agus a ghluasad chun a’ BhTU ùr agus chun na buidhne-sgrùdaidh ùire: rudan feumail, eòlas an luchd-obrach, deagh mhodhan-obrach agus eileamaidean a tha ag obrachadh gu math.

Cuideachd, thuirt cuid mhath dhaoine gum bu chòir do Riaghaltas na h-Alba beachdachadh air taic is goireasan. Bhathar a’ smaoineachadh gum biodh na buidhnean ùra feumach air maoineachadh is taic cheart ma bha iad gu bhith soirbheachail, ged a bhathar a’ gabhail dragh gur dòcha nach biodh sin cho furasta leis mar a tha an eaconamaidh an-dràsta. Mar an ceudna, bhathar dhen bheachd gum feumte beachdachadh air taic is goireasan air feadh roinn an fhoghlaim, thoradh bhiodh taic is maoineachadh a dhìth airson sgoiltean is luchd-dreuchd proifeiseanta, ma bha iad gu bhith a’ dol an sàs ann am modhan-riaghlaidh nam buidhnean ùra, agus an sàs ann an ath-leasachaidhean agus gus na h-ath-leasachaidhean sin a chur an gnìomh. Cuideachd, bhathar a’ smaoineachadh gum biodh sgoilearan is oileanaich feumach air taic, an dà chuid taic ionmhasail gus am b’ urrainn dhaibh frithealadh air Bùird, Comataidhean agus Fòraman, agus taic gus cur ris na comasan aca agus gus trèanadh fhaighinn feuch am b’ urrainn dhaibh làn-phàirt a ghabhail sna modhan-obrach is pròiseasan ùra.

Cuideachd, chaidh puingean a thogail sa cho-chomhairleachadh co-cheangailte ri trèanadh, an dà chuid a thaobh CFL agus ionnsachadh proifeiseanta fad-beatha dreuchdail (CLPL). Bhathar dhen bheachd gum bu chòir conaltradh freagarrach a dhèanamh ri luchd-dreuchd mu leasachaidhean ùra a thaobh theisteanasan agus

sgrùdaidhean, agus gum bu chòir trèanadh a thoirt dhaibh mu choinneimh nan leasachaidhean sin.

Ged nach robh e 's dòcha mar aon de na h-uallaichean aig a' BhTU no a' bhuidheann-sgrùdaidh ùr, chaidh a mholadh sna freagairtean dhan cho-chomhairleachadh gum bu chòir 'Dè cho Math 's a tha ar Sgoil?' (HGIOS4) ùrachadh. Bha luchd-freagairt (ann am freagairtean sgrìobhte agus aig tachartasan) dhen bheachd gun robh sin a dhìth gus am biodh an stiùireadh na bu fhreagarraiche às dèidh COVID, agus a thaobh na h-eaconamaidh an-diugh agus na h-iomairt airson in-ghabhalachd, agus gus am biodh barrachd soilleireachd is cunbhalachd ann airson sgrùdaidhean.

Ceistean mun Cho-chomhairleachadh is Duilgheadasan leis

Mar a thugadh fa-near fo na ceistean, thogadh ceistean grunn thursan agus chaidh barrachd soilleireachd iarraidh a thaobh a' bhriathrachais a chleachdadh ann an sgrìobhainn a' cho-chomhairleachaidh. Bhathar ag iarraidh barrachd fiosrachaidh air dè bha cuid a dh'fhaclan is abairtean a' ciallachadh, agus air cò ris a bhiodh e an urra cuid a bhun-bheachdan aontachadh agus slatan-tomhais airson soirbheachadh aontachadh is a mheasadh. Bhathar a' sireadh barrachd soilleireachd mu na buidhnean ùra, an raon-ùghdarrais aca, na cumhachdan a bhiodh aca, ciamar a dh'obraicheadh iad. Bhathar ag iarraidh barrachd fiosrachaidh a thaobh na buaidhe a bhiodh ann air roinnean sònraichte, buidhnean eile, agus an dàimh a bhathar a' sùileachadh eadar na buidhnean ùra is daoine eile (leithid Riaghaltas na h-Alba).

Bha cuid a luchd-freagairt (ann am freagairtean sgrìobhte agus aig tachartasan) dhen bheachd nach biodh na molaidhean, airson a' BhTU agus na buidhne-sgrùdaidh, a' toirt fuasgladh dhuinn air na prìomh dhuilgheadasan, a thaobh theisteanasan is sgrùdaidhean, agus ann an roinn an fhoghlaim san fharsaingeachd. A thaobh a' BhTU, bhathar a' smaoineachadh gum biodh iad ag obair ann an dòigh a bhiodh an ìre mhath coltach ris an SQA, agus mar sin nach biodh atharrachadh radaigeach ann. Thuirt luchd-freagairt gun robhar a' call cothrom leis na molaidhean gus atharrachadh a thoirt air dòighean-smaoineachaidh, agus susbaint, co-cheangailte ris an t-siostam/teisteanasan/measaidhean.

Mar an ceudna, bha daoine a' gabhail dragh gum biodh siostam sgrùdaidh 'bhon mhullach' fhathast ann leis na bhathar a' moladh, agus nach bite a' dèiligeadh ris na duilgheadasan sna modhan-sgrùdaidh fhèin. Bha e gu math follaiseach gun robh luchd-freagairt ag iarraidh gun deigheadh modhan-sgrùdaidh na bu thaiceil a chur an sàs, leithid oidhirpean gus co-obrachadh a chur air adhart, measadh le luchd-oideachaidh eile, agus molaidhean bho luchd-sgrùdaidh air mar a ghabhadh piseach a thoirt air cùisean agus taic do dh'ionadan às dèidh nan sgrùdaidhean, agus bhathar a' moladh cur às dhan structair chomharrachaidh le aon fhacal.

Bhruidhinn beagan luchd-freagairt air mar a bha iad a' fàs sgìth de cho-chomhairleachaidhean. Thugadh fa-near gun robh co-chomhairleachaidhean a chaidh a chumail roimhe air dèiligeadh ris na cùisean a bha fon phrosbaig an seo,

agus bhathar a’ miannachadh gun deigheadh atharraichean a chur an sàs an àite tuilleadh co-chomhairleachaidh/bruidhne.

Mu dheireadh, thuirt cuid a bhuidhnean gun robh e air a bhith doirbh dhaibh beachdan a shireadh bho na buidhnean a tha iad a’ riochdachadh ri linn na h-ùine a bh’ ann airson a’ cho-chomhairleachaidh (sia seachdainean) agus ri linn cinn-latha a’ cho-chomhairleachaidh (oir chrìochnaich e gu math faisg air an Nollaig). Chaidh a ràdh cuideachd, air sàillibh na h-ùine a bh’ ann airson a’ cho-chomhairleachaidh, cho toinnte ’s a bha tòrr dhen t-susbaint, agus cion fiosrachaidh a bharrachd mu na molaidhean, nach bite a’ faighinn mòran bheachdan/fhreagairtean bho dhaoine òga is pàrantan/luchd-cùraim.

An Ath Cheum

Thèid beachdachadh air toraidhean a’ cho-chomhairleachaidh seo cho math ri fianais a fhuaras mar thoradh air co-chonaltradh air feadh roinn an fhoghlaim is nan sgilean gus cuideachadh le bhith ag ullachadh dreachd dheireannach de Bhile an Fhoghlaim. Thathar an dùil gun tèid am Bile sin a thoirt a-steach nas fhaide air a’ bhliadhna Phàrlamaid seo.

Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2024

OGL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu **nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3** no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: **psi@nationalarchives.gsi.gov.uk**.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri faighinn aig **www.gov.scot**

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3DG

ISBN: 978-1-83601-290-0 (air-loidhne a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Ògmhios 2024.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1418054 (06/24)